



H.M. 305.



Cogadh mòr na h-Eòrpa

SGAIL CHALBHARI

MAIRTINN



Agus gabhaibh
clogad
na slàinte.

Iadsan a théid sìos
do'n fhaige air longan;
Chi iadsan gnìomharan
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Rìgh

Cò sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomnochduidh, no cunnart, no claidheamb?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Chrìosd ar Tighearna.

Rom. viii. 35, 37-39,

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

Talsb. xxii. 4.

Cogadh mòr na h-Eòrpa

SGAIL CHALBHARI

MAIRTINN



Printed by OLIVER AND BOYD, Edinburgh, *for*
The Church of Scotland,
The United Free Church of Scotland, and
The Free Church of Scotland.

“The Shadow of Calvary,” by the Rev. Hugh Martin, D.D., carefully condensed and translated, and printed under the authority of a Joint Committee of the Churches, for the use of Highland Sailors and Soldiers in H.M.’s Forces.



**LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION**

INTRODUCTION

IT seems a long long time since the thunder of the guns broke the peace of the nations, and the struggle began which will decide the fate of the world. In the hour of battle it was never the way of the Highlander to keep to the back of the fray, and in our day the manhood of the Scottish Highlands has flocked to the colours. In every battle on sea and land our countrymen have borne a noble share. Where men fell thickest, there the tartan gleamed; where the enemy fled, there the piobrochd thrilled the blood. As the Highland Brigade breasted the slopes of the Alma, stern silence fell on the ranks until Sir Colin Campbell lifted his bonnet and they rushed on the foe with the slogan of victory; but all the glories of the days of old fade before the glory of our day. The mightiest military power in the world burst in mighty flood, wave after wave, seeking to over-

Introduction

whelm that line of soul and iron that barred its way to world dominion, but, before the heroism that never flinched, it broke and wavered and crumbled. In those great hours when the soul of the world was saved, we are proud that our race bore nobly its part. When at Waterloo, Napoleon saw his ranks yield before the onslaught of the Highlanders, he did not restrain his admiration for his enemies, but exclaimed, "Les braves Ecosais"—"Brave, brave Scotsmen." As we think of the men who have died that we may live, what can we say but just that: "Brave, brave Fellow-Countrymen." And we say it with love and tenderness and a great feeling of gratitude in our hearts.

Which to admire most, the men who went forth to face death, or the parents and wives who gave them at their country's call, I know not. There was a boy of eighteen years from the Isle of Skye who gained the D.S.O. at Loos, and who, a year later, was killed. Regarding him the father wrote to a friend:—"His mother and I both know that though our boy had been spared to the threescore years and ten, he could never have achieved anything greater or nobler than he

Introduction

achieved dying." And that was the spirit of all our Highland people. In no part of the British Empire has there been more losses of brave men than in the Highlands, but the sorrowing hearts are sustained by the overshadowing God. In these days men and women into whose hearts the iron has pierced are realising, as never before, "The Comforter which is the Holy Ghost."

It was to keep our men at the front in living touch with that life of the Spirit, which is the inheritance of their race, that a small Committee was formed in Edinburgh to supply them with Gaelic devotional literature. There was but little available of suitable form, so books were translated, or edited, representing what is best in the religious literature of the Gael. The burden of the work fell on the Rev. Donald Maclean, Free St Columba Church, Edinburgh, and the Rev. Malcolm MacLennan, D.D., St Columba U.F. Church, Edinburgh. To them the Highland sailors and soldiers owe the booklets which brought the message of the Everlasting Gospel in the language they love. They will not lose their reward.

Those who undertook the work of sending forth

Introduction

the booklets will be amply rewarded if through the printed word there may come to the sailors on the deep or the soldiers in the trenches the fuller sense that God is with them. This terrible scourge of War has not been sent without a purpose. It is in the night that the stars arise and shine, and it is in the day, dark with affliction, that the vision of God arises on the soul. We had given ourselves to pleasure and to Mammon and were forgetting God, but our laughter has been hushed and our Mammon seen to be dross when the great and terrible day of the Lord dawned. We have learned once more through blood and tears that nothing is of any value in the world except to love God and to serve Him. There has come a new sense of the value of the power of prayer. We have cried to God like our fathers of old and He has heard us. At Bannockburn six hundred years ago, the Scots "full devoutly knelt down to pray; and a short prayer they made to God to help them in that fight." They prayed and they conquered. Thus has it always been. If, at the front, the men have prayed, at home prayer has ascended without ceasing. At the hour of worship, in the stillness of the quiet glen, the prayer has risen to the Father that the sons far

Introduction

away might be shielded from the enemy of the body and the enemy of the soul. And because of these prayers in the Church and the home, the hearts of our soldiers have been garrisoned by the Spirit of God. They have not been forsaken nor have they been overwhelmed, and at last victory will be theirs.

When the battle for the soul of the world has been gained and the great army comes home again, it is our hope and our confidence that the men who have faced death for freedom and righteousness will, in the after days, prove themselves good soldiers of Jesus Christ. There will come, through this great visitation of God, many changes. Evils which have gnawed like a canker at the heart of the nation, we must destroy. The places which have been solitary and desolate must again be peopled. The altars of our God must again be reared in our homes. And it is the men who have looked death in the face, and have saved the Empire on the battle-field, who shall lead the nation hereafter into the promised land of love and righteousness. But there will be no promised land for any except for those who see the ancient guiding fires burn and shine, leading them on.

Introduction

Our prayer at home for the men at the front is just this, that their eyes may not grow dim to the vision of God, and that, in life and death, the Everlasting Arms may be around them, and that, at last, should God spare them to come home, they may set themselves to establish the Kingdom of God and build up Jerusalem in this our beloved land.

NORMAN MACLEAN.

EDINBURGH,

November 1916.

*A sheòldairean agus a shaighdeirean
Gàidhealach !*

ANN an ainm an Tighearna Iosa Crìosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searmonachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmunn, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beò
Ar dòchas chur an Dia ;
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Crìosd.

David Paul, D.D., LL.D.

Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.

Alas. R. MacLennan, D.D.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.

J. MacDonald.

Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.

An Clar-innsidh.

<i>Getsemane—</i>	PAGE
An Sgeula	Eòin xviii. 1-2 . . . 3
Ambghar a' Bhròin	Mat. xxvi. 38 . . . 16
Cruaidh-ghleachd Urnuigh	Luc. xxii. 44 . . . 28
Luchd-faire Faoin	Mat. xxvi. 40 . . . 35
Seòmar-Urnuigh	Eòin xviii. 2 . . . 51
 <i>An Glacadh—</i>	
Urnuigh 'S an Uaigneas	Eòin xviii. 3-9 . . . 61
Am Prìosonach a' Toirt Breith	Mat. xxvi. 47-55 . . . 72
Toirt Bruid am Braighdeanas	Eòin xviii. 12, 13, 24 . . . 80
 <i>Am Mod—</i>	
Clìù a' Bhreithimh	Eòin xviii. 14 . . . 97
Bheirear Dhuibh 'S an Uair Sin Féin	Mat. x. 19 . . . 110
Leagaibh an Teampull So	Mat. xxvi. 59-62 . . . 118
Gidheadh—'Na Dheidh So	Mat. xxvi. 63, 64 . . . 130
Air A Dhìtheadh	Mat. xxvi. 65, 66 . . . 138

GETSEMANE

I

AN SGEULA

“An uair a labhair Iosa na briathran so, chaidh e maille ri dheisciobuil thairis air sruth Chedroin, far an robh lios, do 'n deachaidh e féin agus a dheisciobuil. Agus b'aithne do Iudas, a bhrath esan, an t-àite: oir thainig Iosa gu tric an sin maille r'a dheisciobuil.”—EOIN xviii. 1-2.

AN t-àite anns an do chuir Iosa an cath bu chruaidhe a chuir e 'n a eachdraidh, b' e sin an t-àite anns an robh e gu tric ann an gleachd na h-ùrnuigh —an comhludair agus an co-chomunn diamhair ri Dia. Bha e air mhodh sonruichte 'n a fhear-ùrnuigh. B' ann tre ùrnuigh a chum e suas a cho-chomunn ri Athair. B' ann tre ùrnuigh a chuir e fo chis gach deuchainn agus bròn agus àmhghar a bha air a chur a mach dha ré a chuairt anns an fheadil. B' ann tre ùrnuigh a ghléidh e a chreideamh ann sàbhailteachd a phearsa agus aobhair ann an gràdh agus an dilseachd Athar.

Getsemane

B' ann tre ùrnuigh a fhuair e coimhlionadh air uile gheallaidhean a chùmhnannt ri Athair. B' e so riaghailt irioslachaidh agus a dhuais :

“*Iarr orm, 's mar oighreachd bheir mi dhuit,
Na fineacha gu léir ;
'S mar sheilbh ro dhèilas bheir mi dhuit,
Fad iomal crìch gach tìr.*”

Agus anns an t-seadh so, mar air dòighean eile, feumaidh a shluagh a bhì air an co-chumadh ris, a chum gu 'm bi e 'n a cheud-ghin am measg mòran bhràithrean. Anns a' Ghàradh aig an àm so chuir e a' chlach-mhullaich air ni a bha aige air a dheanamh 'n a bhith-chleachdadh. “Thàinig Iosa gu tric an sin.”

Agus bha fhios aig Iudas air an àite. Air an aobhar sin cha b' ann a' teicheadh o na bha an dàn dha a chaidh Iosa do Ghetsemane. Bha e le làn-thoil a' dol an coinnimh a' chlaidhimh a bha agus a bhualadh, mar a thuir e fhéin. Mur biodh a bhàs le làn-thoil cha bhiodh e aon chuid taitneach do Dhia no luachmhor mar iobairt air son peacaidh. B'fheumail cuideachd gu 'm biodh e air *fhaicinn* leis na deisciobuil nach ann dh'a aindeon a chaidh e an coinnimh a' bhàis a chum nach fhaigheadh iad oibheum ann gu tur. Air iomadh dòigh chuir

An Sgeula

e an céill dhaibh roimh làimh gur ann le saorsa a thoile a bha e gu fulang :

“Air an aobhar so is ionmhuinn leis an Athair mise, air son gu ’n leig mi sios m’anam, chum gu ’n glac mi e a rìs. Cha ’n ’eil neach air bith ’g a thoirt uam, ach tha mi ’g a leigeadh sios uam féin : tha cumhachd agam a leigeadh sios, agus tha cumhachd agam a ghlacadh a rìs.”—
EÒIN x. 15-18.

Agus a nise, an uair a thàinig an uair, cha ’n ann do àite-falaich a tha e deanamh a shlighe, a chum car mu chnoc a thoirt do ’n bhrathadair, ach do ’n àite air an robh e làn-eòlach, ’s e air a bhi ann gu tric còmhla ris.

An uair a ràinig e an Gàradh thuirt e ris an ochdnar, “Suidhibhse an so gus an teid mise a dheanamh ùrnuigh an sud.” Tha “Ceannard an slàinte” a’ dol ann an òrdugh catha, agus tha e furasd fhaicinn air a ghnùis gu ’n robh fhios aige gu ’m bu chath fuileachdach a bhiodh ann.

“Agus thug e Peadair leis agus dithis mhac Shebede, agus thòisich e air a bhi brònach agus ro-dhoilghiosach.”

A’ fàgail a’ chuid bu mhò dhe na deisciobuil chaidh Iosa an coinnimh a’ nàmhaid ’s a thriùir chàirdean sgairteil còmhla ris. Cha ’n e gu ’n

Getsemane

robh mòr earbsa aige 'n an cobhair, ach b' iad an triùir bu treise dhe dheisciobuil—roghadh a threud bhig. Is iad a bha còmhla ris air a' bheinn, agus a bha 'n an sùil-fhianuisean air a mhòrachd. Chunnaic iad e air a chruth-atharrachadh, agus aghaidh mar a' ghrian, agus a thrusgan geal mar an sneachda. Chual' iad an guth as a' ghlòir òirdhearc ag radh, “Is e so mo Mhac gràdhach, éisdibh ris.” Agus a nis bha iad gu fhaicinn 'n a shìneadh air an talamb, brùite fo bhròn, a' sìleadh deòir àmhghair, a' sìleadh fala na h-éigin. Mar so tha àrd-shochair ag ullachadh fa chomhair deuchainnean gorta.

B' iomchuidh gu 'm biodh iadsan a chunnaic am barrachd de ghlòir an t-Slànuighir air an taghadh gu bhì faicinn am barrachd de àmhghair. Bhiodh dùil gu 'n seasadh an creideamh a chaidh a neartachadh leis a' ghlòir an deuchainn mhòr tre 'n deachaidh an Slànuighear 'n a irioslachadh. Uime sin an uair a thòisich e air a bhì brònach agus ro-dhoilghiosach, dh'fhosgail e chridhe dhaibh agus “thuirt e riu, Tha m'anam ro-bhrònach, eadhon gu bàs.” Tha bhròn a' cur thairis, agus ged nach b'abhais dha a bhì gearan ri daoine, tha e 'g a dhòirteadh ann am broilleach a chàirdean.

An Sgeula

Ach dé b'aobhar dh'an bhròn dhoilghiosach a ghluais agus a shàruich Mac Dhé? Cha 'n 'eil teagamh nach b' e aobhar a bhròin a' nì gu sonruichte air son an robh e ag ùrnuigh—sealladh air a' chopan a bha e gu fhaotann a làimh Athar. Mallachd Dhé, o 'n robh e gus a shluagh taghta a shaoradh—claidheamh feirge agus dioghaltais an Tighearna—an tréigsinn peanasach air a' Chrann—mothachadh air fearg Dhé air a leagadh air mar fear-ionaid agus urras muinntir a bha luchdaichte le aingidheachd—sin na nithean a bha lionadh copan a' chriothnachaidh a bha nis gu bhi air a chur 'n a làimh; agus lion an sealladh e le bròn a' bhàis.

Agus dh'innis e do 'n triùir e, oir air dha bhi 'n a dhuine, bha co-fhaireachdan a bhràithrean milis dha. Ach feumaidh e a dhòirteadh am broilleach Athar, oir cha toir ni as lugha na sin faothachadh no neart dha. Mar sin tha e cur an triùir as fhaisge air a chridhe an ionad na faire, agus tha e fhéin a' dol an teis-meadhon a' ghleachd ri uair is cumhachd an dorchadais 'n a aonar.

“Agus dh'imich e beagan air adhart, agus thuit e air aghaidh, a' deanamh ùrnuigh, agus ag radh, O m' Athair, ma dh'fhaodas e bhi,

Getsemane

rachadh an copan so seachad orm ; gidheadh, na biodh e mar is àill leamsa, ach mar is toil leatsa.”

Nach uamhasach an sealladh—gu 'm biodh an Dia beò, a tha riaghladh deich mìle saoghal o chathair a ghlòire, Iehobhah uile-fhoghainteach, aig a bheil a bhith ann fhéin, 's a dhiadhachd a' gabhail còmhnuidh ann an cruth anmhuinn nàdur daonna, 's e 'n a shìneadh air an talamh fhuar an cruth na h-irioslachd as diblidhe agus na h-ùrnuigh as cràbhaiche. Cia mar a b'urrainn Iehobhah-Iosa, Mac sìorruidh an Tì as àirde, a bhi air a thoirt gu inbhe cho brònach? Nach 'eil e labhairt mar neach 's a chreideamh air chrith—mar neach 's eagal air a dhùsgadh? Tha e mar neach fo eagal, ach cha 'n 'eil mar neach a chaill a chreideamh. An uair a tha e ag osnaich 'n a spiorad is ann le spiorad a' Mhic, ag radh, “*Athair*, ma dh'fhaodas e bhi.” Ach nach 'eil an glaodh so a' ciallachadh gu bheil e gabhail aithreachas as a chùmhant, agus a' tarruing air ais o 'n fhulangas a tha 'n a chois? Cha 'n 'eil: is e tha ann cainnt na h-ùmhachd as coimhlionta.

Ach nach 'eil so a' ciallachadh gu 'n robh miann dùrachdach air a dhol as o fhulangas. Tha e sin. Mur b' e sud toil Athar, a chum tre fhulangas

An Sgeula

gu 'n saoradh e a shluagh, bhiodh e iomchuidh gu leòr nach biodh aige ri coinneachadh ri fulangas. Am b'urrainn corp fìor agus anam reusonta a bhi aige gun fheòil a bhi air chrith roimh “uamhasan an Tighearna”? Am b'urrainn anam a bhi naomh—fìor eagal Dhé a bhi air—gun a bhi air chrith le bròn agus àmhghar ri aghaidh fearg Dhé? Agus cionnus a b'urrainn e “ùmhachd fhoghlum tre na nithean a dh' fhuiling e” ach le bhi toirt fo cheansail a ghràin nàdurra agus neo-chiontach air a bhi giùlan fulangais, agus mar sin le féin-àicheadh agus féin-iobradh?

Gidheadh, nach robh e coltach ri anmhuinneachd agus neo-iomlanachd ann an Iosa gu 'n labhradh e mar gu 'n smaoinicheadh e gu 'n robh e comasach gu'n rachadh an copan seachad air? Cha 'n 'eil e ri àicheadh nach 'eil Iosa air fhoillseachadh dhuinn ann an so 'n a anmhuinneachd, eadhon mar a tha an Spiorad Naomh a' deanamh fianuis, gu 'n “cheusadh e tre anmhuinneachd.” Ach is còir dhuinn an aire a thoirt do nàdur na mì-iomlanachd so. An robh ann ach mothachadh, car tiota, air an aon smuain—miann a dhol as o dhoimhneachd na truaighe a bha fosgladh roimhe ann am mallachd Athar? Bha am miann

Getsemane

sin nàdurach do a nàdur daonna, 's e naomh, faireachail, reusonta. Mur biodh miann mar sin aige, an àite a bhi 'n a naomhachd do 'n Tighearna, 's e bhiodh ann, ged is dàna dhuinn a radh, tàir ladurn air fearg agus toil na Diadhachd. Ni h-eadh; na 'm b'urrainn a leithid a shealladh uamhasach a bhi aig Iosa air corruich Athar, agus gun a bhi aig a' cheart àm air a lionadh le miann a dhol as uaithe, 's e bhiodh ann an sin dearbhadh air e bhi dh'easbhuidh fìor nàdur an duine, leis na h-anmhuinneachdan a bhuineas dha. Cha robh e an cumhachd fhìor anam, mar dhuine le buadhan crìochnaichte, làn bhrìgh an t-suidheachaidh 's an robh e a ghabhail a steach a bhuille a shùla. Bha a bhuidhean nàdurra air an slugadh suas le bròn agus uamhas do-labhairt, agus sgàil na buille air laighe air. Uime sin cha robh e aon chuid mi-nàdurach no mi-naomh, mi-reusonta no mi-dhleasdanach, gu 'n éireadh am miann 'n a anam, agus gu 'm briseadh e mach an dian dhùrachd—"O m' Athair, ma dh'fhaodas e bhi rachadh an copan so seachad orm." Ach air ball, 's e glacadh sealladh air a' Chomhairle shiorruidh, air Sgriobturan nach fhaodar a bhriseadh, air geallaidhean nach fàilnich am feasd, tha e tionndadh nam briathran agus a' mhiann

An Sgeula

sin gu ùmhlachd choimhionta, agus ag radh, “gidheadh, na biodh e mar is àill leamsa, ach mar is toil leatsa.” Agus nach fhaod sinn fhaicinn anns na briathran sin doimhneachd a ghràidh shiorruidh araon do Athair agus do Eaglais. Mur do theich e o ’n fhearg ri teachd cha b’ann a chionn nach robh mothachadh beò aige air uamhas na feirge sin, ach a chum gu ’m biodh aig peacaich dìdeann agus dòchas a chum teicheadh o ’n fheirg. Cha do theich e, a chionn nach b’fhear-tuarasdail e, ach a chionn gu ’m b’e am Buachaille maith, a tha leigeadh sìos a bheatha air son nan caorach.

Tha Lucas a’ deanamh iomradh air nì iongantach a thachair aig an àm sin :

“Agus dh’fhoillsicheadh dha aingeal o néimh g’ a neartaichadh.”—LUC. xxii. 43.

Cha ’n iongantach ged fhritheileadh na spioradan-frithealaidh ud do ’n Bhràthair as sine, neach a chomharraich Dia mar oighre nan uile nithean. Dh’fhoillsich iad a theachd do ’n t-saoghal mar naoidhean Bhethlehem—fhritheil iad dha ’s e air a bhuaireadh ’s an fhàsach—fhritheil iad dha aig an uaigh air maduinn as-eirigh. Tha seirbhis mar sin do phearsa an t-Slànuighir, ’s e ag oibreachadh

Getsemane

a mach saorsa a shluaigh, 'n a choimhlionadh air facal glòrmhor an Athar :

“Agus a rìs, an uair a tha e toirt a cheud-ghin a steach do 'n t-saoghal, tha e ag radh, Agus deanadh uile ainglean Dhé aoradh dha.”—EABH. i. 6.

Cha 'n 'eil e air innseadh dhuinn *ciamar* a neartaich an t-aingeal an Slànuighear, 's e 'n a éigin aig an àm so. Tha aon nì cinnteach bha feum mhòr aige air neartachadh, 's e air a chuirteachadh le anmhuinneachd agus le dorchadas neul na feirge, a bha gu briseadh air a cheann naomh mar thàirneanaich Shinai. Aig amannan eile bha buadhan a Dhiadhachd an cleachdadh a thoirt fianuis air mar am Messias. Ach a nis bha na buadhan sin fo chlos, a chum gu'm biodh irioslachadh air a dheanamh coimhlionta. B' e so mar a dh'fhoillsich e doimhneachd irioslachaidh: cha do mheas e mar reubainn a bhi co-ionnan ri Dia, ach chuir e e féin ann an dìmeas. Ged a bha e 'n a Dhia neo-chaohlaidheach ghabh e air féin cruth seirbhisich, ag àicheadh air fhéin cleachdadh a bhuidhean agus a chumhachd mar Dhia, a sgriosadh ann am priobadh na sùla deich mìle saoghal agus ifrinn de nàimhdean, a chum gu 'm blaiseadh e air anmhuinneachd

An Sgeula

creutair cruthaichte. Anns an àicheadh sin bha an dearbhadh agus an deuchainn air iomlanachd ùmhlachd do chuing Athar anns a' chorp a dh'ullaich e dha.

B' ann, 's e anns a' chàs sin a thainig an t-aingeal agus a neartaich e e. Nach robh e 'n a thogail agus 'n a neart dha, 's e fo 'n sgàil dhorch sin, air a ghlacadh ann an amhuinneachd a dhaonnachd, gu 'n tigeadh aingeal a fhrithealadh dha le aoradh, a chum a bhi soillseachadh an dorchadais le glòir a phearsa 's an Trianaid uile-bheannaichte? ' B' e so an dearbh thogail agus neartachadh a bha feumail aig an àm—gu 'm biodh aoradh air a dheanamh dha le gràdh agus urram le aingeal á glòir, an uair a bha e fo dhimeas agus fo thàir aig daoine, lag agus diblidh 'n a chorp, làn àmhghair agus bròin 'n a anam, a' giùlan dioladh agus mallachd—toilteanas peacaidhean sluagh do-àireamh—mar Urras na h-òighreachd. Bha so dha mar roimh-bhlas na glòire bha gu thighinn, an uair a bhiodh ainglean agus uachdranachdan agus cumhachdan air an deanamh umhail dha, agus a lùbadh gach glùn do 'n ainm Iosa. Bha an t-aingeal so ag aoradh dha mar theachdaire o Athair, ag innseadh dha, 's e anns an staid a b'isle, mu 'n àirdeachadh a bha

Getsemane

gu leantuinn. Bha am freagradh so dh'a ùrnuigh mar ghuth Dhé, ag radh ris an duine anmhuinn an Getsemane: “Tha do chaithir, O Dhé! gu saoghal nan saoghal.”

Ach mo thruaighe! Mu astar urchuir claiche, am fianuis an ionaid anns a bheil cumhachdan an t-saoghail neo-fhaicsinnich an dian ghleachd—cùird a' bhàis agus piantan ifrinn, air an darna làimh, agus aoradh agus glòir néimh nan néimhean, air a' làimh eile—tha na deisciobuil air fuarachadh 'n an co-fhaireachdan cho mòr 's gu bheil iad air tuiteam 'n an cadal!

“Agus thainig e chum nan deisciobuil, agus fhuair e 'n an cadal iad, agus thuirt e ri Peadair, An ann mar sin nach b'urrainn sibh faire a dheanamh aon uair a mhàin maille riumsa?”

Tha leithid a nì ann agus àmhghar agus fulangas Chrìosd a bhi fa chomhair ar sùla, a bhi faicinn Chrìosd air a cheusadh gu follaiseach air son peacaidh, agus gidheadh a bhi fantuinn an suain a' pheacaidh—marbh ann an euceartaibh agus ann am peacadh—'s gun a bhi teicheadh o 'n olc ghràineil, a thug air Chrìosd uile àmhghair; 's gun a bhi teicheadh o 'n fhearg a chuir a leithid a dh'uamhas air Iosa, ach a dh'fhuiling e ann am meud a ghràidh air son pheacach. O a

An Sgeula

pheacaich mhì-chùramaich! 'n a do chadal ann an saoghal anns an do shaoithrich Mac Dhé 'n a spiorad, agus an do bhàsaich e mar éric air son peacaidh—'n a do chadal, faodaidh e bhi, na 's fhaisge air an t-siorruidheachd na bhà na deisciobuil chadalach air Iosa. Dùisg agus teich le aithreachas agus le creidimh a chum an dòchais a chuir fulangas an t-Slànuighir romhad. Na dean moille, air eagal gu faigh an claidheamh gréim ort, 's tu a mach à Criosd, agus gu marbh e thu leis an darna bàs!

Ach nach fhaod creidmheach cuideachd a bhi 'n an cadal? B' e *deisciobuil* a fhuair Iosa 'n an cadal an uair a thill e o àmhghair agus o ùrnuigh. Nach tric a tha deisciobuil fhathast agus cadal mì-iomchuidh air an anam? Cò an criosduidh dùrachdach air nach 'eil nàire air son anmhuinneachd agus caochlaidheachd a ghràidh—cho cearbach agus ainneamh 's a tha a sheirbhis dh'an rìoghachd—cho mall agus seachranach 's a tha cheuman air slighe Chrìosd—cho fann 's a tha chreideamh, 's cho fuar 's a tha dhùrachd, ann a bhi cumail co-chomunn naomha ri Criosd 'n a òrduighean? Bhiodh criosduidhean na b'fheàrr 'n an dùisg na 'm biodh iad na bu trice còmhla ri Criosd ann an Getsemane—na bu mhiannaiche air a bhi dol a

Getsemane

steach ann an inntinn agus an gràdh an t-Slànuighir 'n a fhulanagas—na bu dìchiollaiche air a bhì an co-chomunn fhulangais, agus air a bhì faotainn geur-mhothachadh air glòir dhiamhair an saorsa fhéin, mar a tha sin ag éirigh á doimhneachdan neo-chrìochnach àmhghairean Mhic Dhé.

Dùisgibh uime sin a chlann Dhé gu creidimh as beothaile, gu gràdh as aithreachaile, dhàsan a bhàsaich air 'ur son agus a dh'éirich a ris. Thig esan a bha 'n a shìneadh an Getsemane agus suidhidh e air a' chaithir mhòr ghil. Dùisgibh agus deanaibh seirbhis dha, ann an creidimh agus ann an gràdh. Deanaibh seirbhis dha, agus cuiribh cath air a shon, fo bhratach a shaor ghràidh agus a ghràidh naomhachaidh—an gràdh a thug buaidh ann an Getsemane agus air Calbhari.

II

AMHGHAIR A' BHRÒIN

“Tha m'anam io bhrònach, eadhon gu bàs.”—
MAT. xxvi. 38.

Bha bròn a' ghàraidh a' sruthadh o bhròn a' Chrainn-cheusaidh, mar nì a bha air tighinn am

Amhghar A' Bhròin

fradharc agus am fagus. Is e a bha ann an tiugh-dhorchadas Ghetsemane sgàil Chalbhari. Ma thuigeas sinn sin tuigidh sinn na 's fhearr uamhasan do-labhairt nam fulangasan troimh an deach an Slànuighear, an uair a thug e e fhéin mar éirig air son peacaidh.

Chì sinn so gu soilleir ma ghabhas sinn beachd air ùrnuighean anns a' ghàradh, oir is ann gun teagamh mu na nithean a bha 'n a bhròn dh'a spiorad a bha e ag ùrnuigh. Tha sinn a' togail o na h-ùrnuighean sin nach robh Iosa idir *ag òl* copan fearg Athar aig an àm so. Cha do dh'òl e an copan sin gus an robh e air a' Chrann, an uair a ghiùlan e ar peacaidhean 'n a chorp fhéin—gus an robh e air a dheanamh 'n a mhallachd air ar son, agus a dh'fhuiling e aon uair air son peacaidhean, am firean an àite nan neo-fhirean. Ach a nis, an Getsemane, tha gleachd na h-ùrnuigh, agus a bhròn ro mhòr timchioll air a' so: cha 'n ann air searbas a' chopain, *'s e 'g a òl*, ach air do 'n Athair a bhi cur copan na feirge *'n a làimh*—copan searbh a bha e gus òl an coimhlionadh na h-aimsir. Cha 'n urrainn dhuinn sgeula air Getsemane a leughadh le aire gun a bhi faicinn gu bheil àmhghar agus bròn agus gleachd an t-Slànuighir ag éirigh, cha 'n ann idir o 'n chopan

Getsemane

a bhi ri bhilean, ach o shealladh a fhuair sùilean anam air na bha anns a' chopan a bha Athair a' cur 'n a làimh a chum òl—sealladh roimh 'n àm air an àmhghar uamhasach—an t-saoithir dolabhairt—troimh an roimh aig anam ri dhol aig àm a bhi 'g òl a' chopain. Agus air an dearbh aobhar sin cha robh ni a b'ion-mhiannaichte le anam reusonta na gu 'n rachadh an copan seachad air. Ach, air a' làimh eile, cha mhò a b'urrainn fianuis a bhi na bu ghlòrmhora a r meud a ghràidh do thoil Athar agus do shlàinte a shluaigh na so: “Na biodh e mar is àill leamsa, ach mar is toil leatsa.”

Chaidh na h-ìonghannan uamhasach ud seachad, cha 'n ann leis a' chopan a bhi air òl, ach le e bhi air a chur 'n a làimh, le toil an Athar, agus le e bhi air a ghabhail le Iosa, ann an ùmhlachd choimhlionta do thoil Athar. Tha e air a dheanamh cinnteach dhuinn gur ann mar so a bhà an uair a tha Iosa fhéin a' cronachadh eud dall Pheadair leis na briathran so: “Cuir do chleidheamh 's an truail: an copan a thug m' Athair dhomhsa, nach òl mi e?”

Bha an copan ud air a lionadh le toillteanas a' chiontaich, agus e fhéin air a mheas mar chiontach. O 'n dearbh àm ud cha 'n 'eil Iosa air fhaicinn

Amhghar A' Bhròin

tuilleadh am measg dhaoine, gus an d'éirich e o na mairbh, ach an riochd ciontaich. Tha e air a ghlacadh—tha casaid air a dheanamh air—tha bhinn air a thoirt a mach leis a' bhreithimh—tha e air a chrochadh. B'e so an copan a dh'òl 's a dh'fhalamhaich e air a' Chrann mhallaichte. Tha fhios againn cho eucorach 's a bha Iosa beannaichte air éigneachadh le daoine gu bhi giùlan cliù fear droch-bheart. Tha fhios againn gu 'n robh an glacadh gun aobhar—gu 'n robh a' chasaid breugach—a' chùirt 'n a culaidh mhagaidh—an fhianuis 'n a mionnan-eithich—a' bhinn eucorach agus gamblasach—am bàs 'n a mhòrt. Tha fhios againn air a' so uile, agus gidheadh, ma sheallas sinn beagan na 's doimhne chì sinn an fhireantachd a bha gliocas neo-chriochnach ag oibreachadh a mach troimh na nithean so, a réir a chomhairle chinnteach agus a roimh-eòlas. Chì sinn an sin, anns a' chopan feirge a tha Criosd ag òl, dealbh air fulangas-réite an urrais. A bhi 'g a fhaicinn air a ghlacadh, air fheuchainn, air a dhiteadh, air a tharruing gu bàs mar fhear droch-bheart sonruichte, is e sin mar an ceudna a bhi faicinn, mar ann an sgàthan, cas-cheuman Ceartas an Tì as àirde, 's e air a thighinn a mach le ùghdaras a ghlacadh, le craicionn air a bheil cùis-chasaid a

Getsemane

tha uamhasach air a sgrìobhadh, le ùghdaras o bhreithimh nan uile a dhiteadh, le claidheamh lìobhta fearg néimh a chum diolaidh—Ceartas nach leig air a cheum gus a faigh e riarachadh air pearsa Fear-ionaid a' chiontaich—Fear-siridh agus Fear-saoraidh na muinntir chailte.

Cha 'n 'eil nì a tha nise a' tachart gu follaiseach dh'a thaobh, eucorach 's mar a tha iad uile, nach 'eil, a réir an rùin shiorruidh, 'n a chomharra faicsinneach air na ceuman falaichte spioradail a tha Ceartas naomha a' gabhail ann an dioladh air an duine “chaidh àireamh am measg nan ciontach.” Tha sinn a' faicinn eadhon ann an roghainn an t-sluaigh air Barabbas, an àite Iosa, samhladh agus seula air dìteadh Chrìosd mar Fhear-ionaid nam peacach—bha e neo-chiontach mar an t-uan, gidheadh chaidh eallach a leagadh air bu truime gu mòr na eallach Bharabbais. Mar a dh'fhuiling e le roghainn dhaoine an àite a' mhortair, Barabbas, mar sin dh'fhuiling e a réir rùn gràis Dhé an àite “clann na feirge.”

Mar sin tha sinn a' faicinn a' chopain a dh'òl an Slànuighear, an dìteadh ris an do ghabh e, suidheachadh agus duais fear droch-bheart, air a *shamhlachadh* anns gach àmhghar a dh'fhuiling e fo làmhan dhaoine aingidh, ach air a *choimhlionadh*

Amhghar A' Bhròin

anns a' chunntas a bha aige ri dheanamh ri Dia, agus anns an fhearg a chaidh a dhòrtadh a mach air le Dia.

Ma 's e so an copan, dé bu chiall do bhi 'g a ghabhail, ach gu 'n irioslaicheadh Iosa e fhéin gu bhi air a dheanamh 'n a pheacadh air ar son—gu bhi air àireamh am measg nan ciontach—chum gu 'm biodh peacaidhean a shluaigh air an leagadh air. B' e so an gnothuich air an robh Getsemane 'n a fhianuis eadar an t-Athair agus am Mac. An coimhlionadh na h-aimsir tha an t-Athair ag iarraidh air Iosa cionta na h-Eaglais a ghabhail air fhéin. An coimhlionadh na h-aimsir tha Iosa a' gabhail agus a' daingneachadh na bha air a rùnachadh leò le chéile ann an comhairle na sìth o shiorruidheachd. 'Tha e a' daingneachadh nan cumhachan leis an do chòrd e gu 'n seasadh e mar urras a shluaigh thaighte, agus gu 'n iocadh e am fiachan uile. “Cha 'n e mo thoil-sa ach do thoil-sa gu 'n robh deanta.”

Tha an t-Athair a' leagadh air uile aingidheachd na muinntir a thug e dha. Tha e a' meas dha cionta nan uile bhios air an teàrnadh. Tha e 'g a dheanamh-san do nach b'aithne peacadh 'n a pheacadh air ar son. Tha e 'g a àireamh am measg nan ciontach, mar neach a tha giùlan 'n a

Getsemane

phearsa fhéin peacaidhean mhòrain. Is ann a thaobh nithean mar so a thuir Iosa: “Do thoil gu ’n robh deanta.” Uime sin tha e gabhail air fhéin, an ùmblachd do thoil Athar, na peacaidhean a tha e gus a ghiùlan ’n a chorp fhéin air a’ chrann, agus tha am baisteadh fala a tha leantuinn mar chomhar agus mar sheula air a’ chùmhnannt leis a bheil esan air a dheanamh mar gu ’m b’ e ceannfeadhna nam peacach—mar neach air a bheil an t-eallach as truime a tha ann.

An urrainn sinn a bhi ann an teagamh a nise a thaobh gné agus crìoch an fhulangais ud ’s a’ ghàradh? Smaoinich air Iosa anns an t-suidh-eachadh uamhasach sin fa chomhair Breitheamh nan uile — fa chomhair Dhé agus Athar — fa chomhair-san anns an robh iomlanachd aoibhneis agus a ghlòire! Smaoinich air agus e ag aontachadh gu ’m biodh peacaidhean dheich mìltean air am meas dha le Athair. Smaoinich air agus e deònach gu ’n cuireadh breitheanas Athar as a leith a’ h-uile seòrsa agus tomhais uile—a’ h-uile gné agus suidh-eachadh aingidheachd ghràineil. Bha leabhar-cuimhne Dhé, anns a bheil uile pheacaidhean an taghaidh air an sgrìobhadh mar a tha iad ann an sealladh Dhé, air fhosgladh fa chomhair sùilean Iosa an Getsemane — “aingidheachd gach aon

Amhghar A' Bhròin

dinn," a bha Dia a nis a' dol a leagadh air, air an nochdadh dha 'n an gràinealachd. Faodaidh tu smaoineachadh am bròn a bha ann dha e fhéin a bhi air a mheas ciontach dhe na bha anns an leabhar uamhasach ud, agus e fhéin a bhi ceangailt ann an cùmhnant làn riarachadh a thoirt air an son gu léir do Lagh naomha Dhé. B' ann an uair sin a chuir Criosd e fhéin an céill, ann an Sgriobturan na fàidhdeireachd, mar Sheirbhiseach cùmhnant le uile chridhe :

“Feuch, tha mi teachd ; ann an rola an leabhair tha e sgrìobhta ormsa ; is e mo thlachd do thoil a dheanamh, a Dhé ; seadh, tha do lagh an taobh a stigh de mo chridhe.”—SALM xl. 7-8.

An uair sin ghlaodh e, mar neach fo throm uallach, is peacaidhean a' càrnadh air a mhuin, 's e air chrith agus fo nàire, agus 'g a fhéin-dhìteadh dh' an cionn :

“Oir dh'iadh uile gun àireamh mu 'n cuairt orm ; ghlac m'eucairtan mi, agus cha 'n 'eil e an comas dhomh sealltuinn suas : na's lionmhoire tha iad na falt mo chinn, agus thréig mo chridhe mi.”—SALM xl 12.

Thòisich e air a bhi brònach agus ro dhubhach, agus thuirt e r'a dheisciobuil :

“Tha m'anam ro bhrònach eadhon gu bàs.”

Getsemane

Cha do thachair nì ann an eachdraidh a bha ann an seadh sam bith coltach ri fulangas an t-Slànuighir. Cha 'n 'eil mar sin nì as urrainn dhuinn a ghabhail mar shamhla, a chum solus a chur air àmhghair agus bròn neach a tha gu h-ìomlan naomh, an uair a tha Breitheamh nan uile 'g a mheas ciontach, agus a' dòirteadh air fearg agus dioladh a réir toillteanas a' chionta sin.

Ach ged nach urrainn dhuinn solus a chur air le *samhla*, is urrainn dhuinn òl as a shaoibhreasan òirdhearc le bhi cur suidhichidhean eile *m' a choinnimh*. Faodar bròn peacaidh, mar a bha e air a mheas do Chrìosd, a thuigsinn ann an tomhais le aoibhneas na fìreantachd, mar a tha e air a mheas do 'n pheacach. Mar sin, tre fhìreantachd a' chreidmhidh agus na h-Eaglais — fìreantachd Chrìosd air a mheas dhaibh—faodaidh sinn nì-eigin a thuigsinn de 'n nàire uamhasach agus an dìteadh eagalach tre 'n deachaidh esan a thug riarachadh seachad air son peacaidhean na h-Eaglais. Tha an Spiorad Naomh e fhéin a' cur solus dhuinn air an diamhaireachd so air an dearbh dhòigh so, an uair a tha e ag radh :

“Oir rinn e esan do nach b'aithne peacadh 'n a ìobairt pheacaidh air ar son-ne, a chum gu 'm biomaid-ne air ar deanamh 'n ar fìreantachd Dhé ann-san.”—2 COR. v. 21.

Amhghar A' Bhròin

“Oir is aithne dhuibh gràs ar Tighearna Iosa Criosd, ged a bha e saoi bhir, gidheadh gu 'n rinneadh bochd e air 'ur son-se, a chum gu 'm biodh sibhse saoi bhir tre a bhochdainn-san.”—
2 COR. viii. 9.

Tha e air a chur an céill gu soilleir anns an earrainn mu dheireadh, ge b' e nì a tha air fhilleadh a steach anns a' bhochdainn leis an robh Criosd air a dheanamh bochd, gu bheil a chaochladh sin air a sheilbheachadh leinne anns an t-saoibhreas leis a bheil a bhochdainn-san 'g ar deanamh saoi bhir. Ma bha peacadh agus bròn, nàire agus bàs, ann dhà-san, bha fireantachd agus aoibhneas, uaisleachd agus beatha shiorruidh, ann dhuinne.

Anns an earrainn eile tha e air a dheanamh a cheart cho soilleir, ma mheas Dia ar peacaidhean-ne dhà-san, anns nach robh peacadh, gu 'm b' ann a chum gu 'm measadh e fireantachd Chrìosd dhuinne, aig nach robh fireantachd.

Is ann a chum gu 'm biodh an iomlaid ghràs mhor so air a dheanamh a rùnaich Dia aonadh diamhair coimhcheangail a bhi eadar Criosd agus an Eaglais. Tha esan a' gabhail a peacadh-se a chum gu 'm blais e air a shearbhas, agus gu 'n giùlan e a mhallachd, a chum gu 'm bi ise air a deanamh saoi bhir le fhìreantachd-san, agus gu 'm blais i

Getsemane

air aoibhneas-san, agus gu 'n seilbhich i a néamh-san. Tha an dà nì air an cur mu choinnimeh a chéile—an darna nì mar thoradh air an nì eile. Tha peacaich air am meas mar fhìreanaibh do bhrìgh gu 'n robh an t-Aon Naomh air a mheas mar pheacach.

Mar sin is e sochair a' pheacaich a tha creidsinn ann an Iosa—ged is peacach e—gàirdeachas a dheanamh 'n a fhìreantachd-san air a mheas dha, 's e air a sgeadachadh anns an trusgan ghlòrmhor anns nach fhaic naomhachd uile-leursainneach smal. Air an dòigh cheudna cha 'n urrainn Iosa—ged a tha e iomlan ann an naomhachd—gun a bhì làn bròin agus àmhghair, 's e air a sgeadachadh anns an trusgan salach a tha 'n a ghràin neo-chrìochnach do naomhachd uile-leursainneach.

Mar nach ruig a leas neo-airidheachd a' chreidmheich a ghàirdeachas a mhilleadh, 's fireantachd Chrìosd air a meas dha, mar sin cha shàbhail naomhachd iomlan an t-Slànuighir esan o bhròn do-labhairt, agus cionta uamhasach a' pheacaich air a mheas dha.

Cha 'n e mhàin gu bheil gàirdeachas mòr aig an fhìrean ann am fireantachd Immanueil, ach tha anan air a lionadh le iongantas -- iongantas anns a bheil togail mhilis aige—a thaobh a' ghràis a

Amhghar A' Bhròin

shaor e o fhearg 's o mhallachd, tre fhulangas neach eile. Mar sin, air a' làimh eile, ged a bha fhios aig Iosa air na bha aige ri fhulang, nach fhaod sinn a radh gu 'n robh e air a lionadh le iongantais ro phiantail an uair a dhòirt Athair gràidh fraoch fheirge air, mar fhear-ionaid a shluaigh. Is e sin am pian cianail a tha anns a' ghlaodh ud: “Mo Dhia! mo Dhia! c'ùime thréig *thusa* mi?”

Mar a tha aoibhneas agus sonas an fhìrean cho àrd ri néimh,—'g a thogail gu caithir na glòire—mar sin tha bròn agus pian an t-Slànuighir cho domhain ri ifrinn,—'g a chur troimh ifrinn. Mur biodh Iosa air gleachd ri cumhachdan an dorch-adais agus a' bhàis, agus air buaidh a thoirt a mach, cha bhiodh aon pheacach a chaoidh air a thogail gu Glòir. Mar sin cuideachd is e aoibhneas agus glòir an fhìrean—cha 'n e *aon* fhìrean, ach sluagh gun àireamh—na glaineachan leis an leur dhuinn agus an tuig sinn ni-eigin de dhoimhneachdan fulangais Chrìosd.

Anns an t-solus sin nach reub sinn ar cridheachan agus nach dean sinn caoidh—nach crom sinn ar ceann 's nach dean sinn aoradh—is sinn a' cluinn-tinn a ghuth tiamhaidh-san ag radh: “*An robh bròn a riamh coltach ri mo bhròn-sa?*”

Getsemane

III

CRUAIDH-GHLEACHD URNUIGH

“Agus air dha bhi ann an cruaidh-ghleachd anama, rinn e ùrnuigh na bu dùrachdaiche ; agus bha fhallas mar bhraonan mòra fala a’ tuiteam sìos air an talamh.”—LUC. xxii. 44.

Tha na Sgriobturan a’ toirt eòlas dhuinn air Iosa mar fhear-ùrnuigh—fear a bha gu tric anns an uaigneas, an gleachd ri Dia. Dh’fheumadh e bhi mar sin ’s e air a dheanamh anns na h-uile nithean cosmhuil r’a bhràithrean, a mhàin as eugmhais peacaidh. Dh’fheumadh e bhi mar sin e réir cumhachan a’ chùmhnannt a bha eadar e fhéin agus Athair. A réir a’ chùmhnannt sin bha e ’n a oighre air iomadh gealladh, ach bha an coimhlionadh an crochadh air ùrnuigh: “*Iarr orm ’s mar oighreachd bheir mi dhuit—*” Tha so a’ sealltuinn dhuinn fìor nàdur irioslachaidh-san. Tha ùrnuigh a’ gabhail a steach anmhuinneachd agus feum. Is e sin darna Pearsa na Diadhachd air e fhéin irioslachadh. Dh’fhalambaich e e fhéin agus dh’àicheadh e air fhéin an cumhachd a bhuineadh dha mar Dhia. Uime sin tha e air fhoillseachadh dhuinn ann an staid anmhuinneachd—staid irioslachaidh.

Cruaidh-ghleachd Urnuigh

An Urnuigh An Getsemane.

I. Iarrtus na h-ùrnuigh.

“O m’Athair, mur faodar gu ’n teid an copan so seachad orm gun mi ’g a òl, do thoil-sa gu ’n robh deanta.”

Dé tha so a’ ciallachadh? An e ùmhlachd na h-anmhuinneachd agus an eu-comais? An e mar a their daoine ann an cruaidh-chas freasdail: “Cha ’n ’eil leasachadh air—ùmhlaicheamaid do thoil an Fhreasdail?” Cha ’n e. Is e tha so *iarrtus dhùrachdach*: “Ma ’s e so do thoil-se, is e m’iarrtus gu ’m bi i air a deanamh.” Direach mar a theagaisg e dh’a dheisciobuil anns an ùrnuigh: “Ar n-Athair a ta air néimh . . . biodh do thoil air a dheanamh air an talamh mar air néimh.” “O m’Athair,” tha e *a’ guidhe*, “do thoil gu ’n robh deanta” “Feuch tha mi teachd chum *do thoil a dheanamh*, O Dhé.”

Dé bha anns an *toil* so? Bhà, gu ’m biodh Iosa air a dheanamh ’n a ìobairt air son peacaidh —’n a urras air ciontaich. B’ e toil an Athar gu ’m biodh an Eaglais air a naomhachadh—air a teàrnadh le slàinte shiorruidh.

Tha mar sin dà nì anns an iarrtus so:

Tha e ag iarraidh neart agus gràs a chum gu ’n

Getsemane

coimhlion e rùn agus toil Dhé 'n an iomlanachd le a bhàs—a chum gu 'n dòirt e mach anam gu bàs, mar ìobairt air son peacadh—am firean an àite nan neo-fhìrean. Tha eallach trom cionta na h-oighreachd air—tha neul dhubh corruich Iehobhah os a chionn—agus tha crith is uamhunn air nàdur na daonnachd air choinnimh na buille. Tha e ag ùrnuigh le athchuinge is àrd-éigheach is deuraibh, a chum gu 'm bi e comasach, ann an gràdh neo-chrìochnach, air ùmhlachd choimhlionta agus uile-naomh a thoirt do thoil Dhé—an ùmhlachd leis an toir e buaidh air cumhachdan ifrinn agus a' bhàis, agus leis am pàigh e fiachan na h-oighreachd.

Ann an darna h-àite: Tha e ag iarraidh gu faic e toradh fhulangais, eadhon glòir an Athar ann an teàrnadh a shluaigh—gu 'm bi toil Dhé air a coimhlionadh ann a bhi toirt mòran mhac agus nighean gu glòir. So crìoch fhulangais. So rùn na Comhairle shiorruidh anns a' chùmhnannt. Tha e ag iarraidh neart a chum, ann a bhi toirt ùmhlachd naomh d'a thoil, gu 'm bi an ìobairt 'n a h-éiric anns am bi luach neo-chrìochnach—'n a tobair gràs saoraidh cho iongantach 's gu 'n glaodh iadsan uile leis an toigh a shlàinte le aoibhneas, a' toirt glòir do Dhia.

Cruaidh-ghleachd Urnuigh

II. Nàdur na h-ùrnuigh.

B' e sud ùrnuigh a' chreidimh agus na liosdachd. B' e Mac Siorruidh Dhé, agus gidheadh, a thaobh na h-irioslachd a roghnaich e, bha e sonruichte a thaobh creidimh. B' e gné na h-irioslachd ud, nach seasadh e idir gun creideamh a bhi làidir agus am beò chleachdadh.

Far a bheil ùrnuigh a' chreidimh tha an dà chuid Spiorad agus Facal Dhé—ùrnuigh anns an Spiorad agus a réir an Fhacail. B'ann mar s' in a bha an ùrnuigh so—a réir facal neo mhearachdach a' gheallaidh:

“Feuch m'òglach a chumas mi suas; m'aon taghta, anns a bheil tlachd aig m'anam: chuir mi mo Spiorad air; foillsichidh e breitheanas do na cinnich. Cha tig fàilinn no briseadh air, gus an suidhich e breitheanas air an talamh; agus feithidh na h-eileanan air a lagh.”—ISA. xlii. 1, 4.

“Oir is e an Tighearna Iehobhah m'fhear-cuide-chaidh, air an aobhar sin cha chuirear mi gu ambluadh; uime sin shuidhich mi mo ghnùis mar chloich-theine, agus tha fios agam nach nàraichear mi.”—ISA. l. 7.

Mar sin bha geallaidhean mòra agus ro luachmhor aig a' Mhessias, agus iad uile 'n an seadh agus 'n an Amen ann fhéin.

Bha mar an ceudna an ùrnuigh so anns an

Getsemane

Spiorad—cha b'urrainn i bhi air a chaochladh, 's an Spiorad air a thoirt dha thar tomhais. Tha sinn a' leughadh an uair a bha Iosa aig uaigh Lasaruìs gu 'n d'thuirt e :

“Athair, tha mi toirt buidheachas dhuit gu 'n d'éisd thu rium.”

Cha 'n 'eil e air innseadh dhuinn gu soilleir c'uin a rinn Iosa an ùrnuigh sin, ach tha e air a radh ann an rann no dhà roimh 'n sin :

“Uime sin thainig Iosa *ag osnaich* a rìs ann féin a chum na h-uaighe.”

Nach fhaod sinn a ghabhail gur e ùrnuigh a bha 's an osnaich sin? Agus an uair a chuimhnicheas sinn gu bheil Pòl ag radh gu bheil an Spiorad Naomh a' deanamh eadar-ghuidhe air ar son le osnaibh do-labhairt, faodaidh sinn a cho-dhùnadh gu 'n robh Iosa ag ùrnuigh anns an Spiorad an uair ud—mur a b' ann le athchuinge agus àrd-éigheach co-dhiùbh le deuraibh. Agus uime sin tha e toirt buidheachas air ball do 'n Athair air son gu 'n d'éisd e ris.

Ach mar is e ùrnuigh a' chreidimh a tha so is e ùrnuigh na liosdachd a tha ann mar an ceudna—ùrnuigh nach gabh ri diùltadh. Bha i ann am mòr dhùrachd, le àrd-éigheach, le deuraibh, le

Cruaidh-ghleachd Urnuigh

fuil. “Bha fhallas mar bhraonan mòra fala a’ tuiteam sìos air an talamh.” An uair a ghleachd Iosa ’s an ùrnuigh bu shealladh e nach d’fhuair néamh roimhe no as a dheidh. Bha an dà chuid Lagh Athar agus teàrnadh mhiltean do-àireamh le slàinte shiorruidh an earbsa ris. Cha robh ach aon dòigh air sud a dheanamh: gu fuilingeadh e ’n a chorp ’s ’n a anam na buillean a riaraidheadh ceartas Dhé, agus a bhiodh ’n an làn-dhioladh air toillteanas na muinntir air son an d’thug e e fhéin, eadhon an darna bàs—am bàs siorruidh.

Cha b’iongantach, ’s e ’n a leithid sin a chàs, le corpanmhuinn, le anam naomh agus neo-lochdach, ged dheidheadh e sàs ann an gleachd ùrnuigh creidimh agus liosdachd, chum gréim a chur air cumbachd Dhé, air an robh còir cùmhnant aige, agus leis am b’urrainn e an t-iongantas siorruidh a choimhlionadh—ùmhlachd iomlan a’ Chrainn-cheusaidh.

Cha b’iongantach, ’s an gràdh siorruidh leis an do ghràdhaich e shluagh, am blas searbh agus an sealladh uamhasach a fhuair e nis, ann an nàdur na daonnachd, air truaighe nan uamhasan bho ’n d’thainig e g’an saoradh, ged a thilgeadh e e fhéin le cruaidh-ghleachd air neart Iehobhah.

Tha còraichean Ceartais r’an coinneachadh—

Getsemane

tha copan feirge an Dia shiorruidh r'a òl—tha a shluagh a ghràdhaich e 's ifrinn a' miaranaich le miann orra—agus tha esan a stigh anns an urras air an son—cha 'n iongantach ged bhiodh a spiorad agus fheòil agus fhuil air chrith. “Bha fhallas mar bhraonan mòra fala a' tuiteam sìos air an talamh.” Ach is leis an gealladh, agus le cruaidh ghleachd a' chreidimh agus na liosdachd cumaidh e Dia ri ghealladh agus bheir e buaidh. Saoraidh e a shluagh agus cuiridh e glòir neo-chrìochnach air uile bhudhan na Diadhachd.

III. Buaidh na h-ùrnuigh.

Bha dà nì 's an iarrtus: Ghuidh e an toiseach air son gràs, eud, gràdh, gu bhi umhail gu bàs, a chum gu 'n sgriosadh e am bàs, agus gu 'n ruigeadh e air àrd-oifig fhéin mar Phrionnsa na beatha. Ghuidh e a ris, gu faiceadh e de shaoithir anama, eadhon slàinte shiorruidh nan uile thug an t-Athair dha. Agus so na dearbh nithean a tha an Sgriobtur a' cur an céill a fhuair e.

“Ris an d'éisdeadh a thaobh an nì roimh an robh eagal air. Ged bu Mhac e, dh'fhoghlum e ùmhlachd o na nithean a dh'fhuiling e.”

Dh'fhoghlum e ùmhlachd, cha 'n ann le bhi a' cromadh gu sàmhach fo 'n bhuille, ach le bhi dol an coinnimh a' bhàis, agus e fhéin a thoirt suas

Luchd-faire Faoin

mar ìobairt gun smal do Dhia. Mar sin bha e air a shaoradh o 'n bhàs, agus thug e buaidh air a' bhàs.

Ach 's ann mar Cheann glòrmhor na h-Eaglais agus mar fhear-saoraidh a shluaigh a choisinn e an t-saorsa so. Cha b'ann air a shon fhéin gu pearsanta a bha ùrnuigh, ach mar urras a shluaigh—a chum gu 'm biodh aca-san saorsa ann-san agus maille ris. Uime sin tha e sgrìobhta :

“Agus air dha bhi air a dheanamh foirfe, rinneadh e 'n a ùghdar slàinte shiorruidh dhaibhsan uile a bhios umbail dha.”

Chì mòran e 's bidh eagal orra, agus earbaidh iad as an Tighearna.

IV

LUCHD-FAIRE FAOIN

“An ann mar sin, nach b'urrainn sibh faire a dheanamh aon uair a mhàin maille riùmsa?”—MAT. xxvi. 40.

Tha an t-eadar-dhealachadh as mò eadar an trìùir dheisciobuil agus Iosa. Tha iadsan anmh-uinn agus faoin—tha esan dileas agus buadh-mhòr—

Getsemane

anns a' chruaidh-chas. Cha robh triùir chreidmh-each air an talamh 'n an là cho ainmeil no cho inbheil ris an triùir a thug Iosa leis a chum faire a dheanamh còmhla ris, 's e fo sgàil Chalbhari. Ach dhearbhadh iad gu 'n robh gairdean feòla air bheag spionnaidh ann an cruaidh-ghleachd Ghetsemane. Bha Iosa an sàs ann an obair anns nach b'urrainn duine air bith cobhair air. An uair a thill Iosa a dh'ionnsuidh nan gaisgeach (?), air dha a bhi an cruaidh-ghleachd anama, fhuair e 'n an cadal iad. Cha bu pheacadh sin ann fhéin, ach an uair a ghabhas sinn beachd air an t-suidheachadh anns an robh iad aig an àm— an earbsa a chuir an Tighearna annta—'s e bha ann peacadh ro mhòr.

1. Rinn iad dearmad air an dleasdanas.

Nach d'thuirt am Maighistir riu, is anam ro bhrònach :

“Fanaibh an so agus deanaibh faire maille riùmsa?”

Bu leòr an dàimh ris mar dheisciobuil, agus an gràdh dha mar am Maighistir, gus an cumail 'n am faire, is e fo bhròn do-labhairt agus an cath ro chruaidh. Nach mòr gu mòr na sin an uair a *dh'àithn* e dhaibh faire a dheanamh maille

Luchd-faire Faoin

ris? Cha 'n e mhàin gu 'n robh an cadal gun leisgeul an uair sin, bha e 'n a pheacadh mòr.

2. Dhì-chuimhnich iad earail ro shònruichte.

“Gheibh sibh uile oibheum annamsa an nochd.”

Tha sibh ann an cunnart, agus tha e dlùth air làimh, eadhon *an nochd*. Ma rinn sibh faire a riamh deanaibh *an nochd* e. So uair agus cumhachd an dorchadais. Dh'iarr Sàtan sibh a chum 'ur criathradh mar chriothnachd, agus gabhaidh e an cothrom oirbh. Ach an deidh sin uile, chaidil iad—pheacaich iad peacadh mòr.

3. Dhiùlt iad fàbhor phearsanta do Iosa.

Dh'fhaodadh e bhì air labhart le ùghdaras mar an Tighearna agus am Maighistir. Nach bu leòr an cunnart fhéin aig an àm air son an cumail 'n an dùisg? Ach air dha creideas a thoirt dhaibh mar dhaoine aig an robh gràdh dha, dh'iarr e orra mar fhàbhor faire a dheanamh maille ris, 's e 'n a éigin. Sheall e dhaibh leòn a chridhe, agus ghuidh e orra air sgàth an gràidh dha aon uair a thide a chaithris maille ris. Ach a dh'aindeon sin chaidil iad—pheacaich iad peacadh mòr.

Getsemane

4. Bhrath iad a' mhuinghin a chuir Iosa annta.

Roghnaich e iad á measg an cinneach gu léir gu bhi aige mar chompanaich. Ghabh e steach iad ann an saorsa do dhiamhaireachd a chridhe 's a bheatha. Dhòirt e mach a chridhe dhaibh aig bòrd na Càisg le caomhalachd agus gràdh néamhaidh, air dòigh a tha 'n a iongantas do na naoimh o 'n oidhche ud. Bha an triùir ud còmhla ris ann an suidhichidhean anns an do leig e ris dhaibh a ghlòir agus a bhròn, air dòigh a dh'àicheadh e air càch. Chuir e urram orra nach do chuir e air duine eile. Chuir e muinghin annta nach cuireadh neach ach ann an càirdean dil. Gidheadh bhrath iad a mhuinghin mar gu 'm b'ann le tàir. Chaidil iad. Pheacaich iad peacadh mòr.

5. Rinn iad dearmad air sochair mhòr, agus eisimpleir Iosa fa chomhair an sùl. Ged a b'ann a dh'iarraidh tiota fois is sàmhchair fa chomhair deuchainn agus uamhas an là màireach a bha Iosa air a dhol do Ghetsemane, cha bu bheag an t-sochair dhaibh-san a bhi air an cur 'n an freiceadain air a shàmhchar. Ach cha b' ann mar sin a bhà. Dìreach fa chomhair an sùl bha Iosa an cruaidh-ghleachd anama—e fhéin an cruaidh-chath agus an àmhghair mhòr. Dh'iarr

Luchd-faire Faoin

e orra faire dheanamh còmhla ris, mar gu 'm biodh an companachas, anmhuinn 's mar a bha iad, 'n a thomhais de neart agus de ùrachadh dha anns an uair dhorch ud. Dh'fhaodadh na deisciobuil so fhaicinn, agus e bhi dhaibh 'n a mhisneachd agus 'n a ath-bheothachadh spioraid, a chum spéis shonruichte agus co-fhaireachdan a nochdadh dh'am Maighistir caomh, an uair na h-éigin. Ma dh'iarr e orra faire a dheanamh *maille ris*, nach fhaodadh iad a bhi cinnteach gu 'n robh gealladh beannaichte dhaibh-san anns an iarrtus sin air gu faigheadh iad gach neart feumail 'n a *làthaireachd* fhéin.

Ach a dh'aindeon sin rinn iad dearmad air an t-sochair, agus air a' ghealladh agus chaidil iad an uair bu chòir dhaibh a bhi 'n am faire. Pheacaich iad peacadh mòr.

Cha b'iongantach ged a gheibheadh iad ach-mhasan searbh, agus iad ciontach de leithid a pheacadh: cadal, 's am Maighistir ann an àmhghair—an eas-ùmhlachd d' a àithne—a dh'aindeon rabhadh sòluimte—ag àicheadh fàbhor phearsanta air Iosa—a' brath na muinghin urram-aich a bha aig an Tighearna annta—a' dùnadh an sùilean air an eisimpleir ro-iongantach, agus a' chomhluadair ghràs-mhor, a nochd an Slànuighear

Getsemane

dhaibh. Cha b'iongantach, 's o nach b'iongantach fhuair iad sin :

“Agus thainig e chum nan deisciobuil, agus fhuair e 'n an cadal iad, agus thuirt e ri Pheadair, An ann mar sin, nach b'urrainn sibh faire dheanamh aon uair a mhàin maille riumsa?”

Bha an t-achmhasan dhaibh gu léir, ach bha e ann an seadh àraidh searbh do Pheadair: esan a bha cho làidir agus cho dìleas 'n a bharail fhéin, agus gu 'n d'thuirt e o chionn tiota :

“Ged a gheibh na h-uile dhaoine oilbheum annad, cha 'n fhaigh mise oilbheum gu bràth.”

“Ged a b'éigin dhomh bàsachadh maille riut cha 'n àicheadh mi thu.”

A Pheadair, an e so do chruadal—an e so do ghràdh—a bha cho briathrach a chianamh? “A Shimon, a bheil *thusa* a'd' chadal? Nach b'urrainn *thusa* faire dheanamh aon uair?” Ach ged a labhair e mar so ri Pheadair air ainm bha an t-achmhasan searbh dhaibh uile, oir chuir iad uile an aonta ri briathran àrd-mhuinghineach Pheadair. Cha robh coguis shaor no ghlan aig aon aca.

Ach cha 'n ann a mhàin dha na deisciobuil a bha còmhla ris ann an Getsemane a tha Iosa a' toirt an achmhasain so. Tha e 'g a thoirt mar

Luchd-faire Faoin

an ceudna do dheisciobuil chadalach anns a' h-uile linn agus suidheachadh. “An ann mar sin, nach b'urrainn *sibhse* faire dheanamh aon uair a mhàin maille riumsa?”—sibhse a bha 'n 'ur companaich agam air mo thurus—sibhse a dh'fhuiling maille rium—sibhse dh'am bheil e 'n a bhuannachd na 's mò na 's aithne dhuibh gu 'n toir mi buaidh anns a' chath so? An e nach urrainn *sibhse* faire dheanamh maille rium, eadhon sibhse a rinn roghainn dhìom—a thréig na h-uile nithean agus a lean mi—aig a bheil 'ur n-uile dhòchas agus shonas annam?

Tha e 'n a achmhasan do na h-uile dheisciobuil a tha cùl-sleamhnachadh. Nach urrainn *sibhse* faire dheanamh, eadhon sibhse a chreid annam—a ghràdhaich mi—a mheas mi mar 'ur n-uile shlàinte agus mhiann. Bha sibh air 'ur gabhail a steach 'n a mo cho-chomunn. Chaidh urram m'ainme earbsa ruibh. Rinneadh sibh 'n 'ur luchd-compàirt dhe mo ghràdh. Is e 'ur dòchas gu 'n ruig sibh air rìoghachd m'Àthar shuas. Nach urrainn *sibhse* faire dheanamh maille rium a chum nach tuit sibh ann am buaireadh?

Ach tha taobh eile air an achmhasan: An e nach b'urrainn sibh faire dheanamh *maille riumsa* a mhàin aon uair? Cha 'n ann 'n 'ur n-aonar

Getsemane

ach *maille riumsa*—cha 'n ann 'n 'ur n-eòlas no 'n 'ur neart fhéin, ach anns a' h-uile seadh *maille riumsa*. Cha 'n 'eil mi 'g 'ur cur a chogadh air 'ur cosg fhéin—bidh mi fhìn mar cheannard air 'ur ceann, a' dol roimhibh anns a' chath—'n 'ur n-uile àmhghair bidh mise fo àmhghair, air mo bhuaireadh anns na h-uile nì cosmhuil ruibhse, agus a' fulang anns a' bhuaireadh. Ma 's e 's gu 'n dean sibh faire maille riumsa bheir sibh buaidh 'n a mo bhuaidh-sa—ma dh'fhuilingeas sibh maille rium rìoghaichidh sibh maille rium mar an ceudna. An e nach b'urrainn sibh faire dheanamh maille riumsa?

Ach a rìs: An e nach b'urrainn sibh faire dheanamh maille riumsa *a mhàin aon uair?* An do chaill sibh 'ur lùth mu thràth? Chuir mi 'n 'ur robhainn sibh gu 'm biodh feum air treubhantas agus faire air an oidhche *an nochd*—nach biodh cùisean mar bu chòir dhaibh maille ruibh roimh ghairm choileach. Ach a Shimon, nach b'urrainn dhuit faire dheanamh a mhàin *aon uair?* Is ioghnadh leam cho luath 's a chaill sibh 'ur seasmhachd. Tha mi toirt teist oirbh na 'm bu chomasach e gu 'n spionadh sibh a mach 'ur sùilean 's gu 'n tugadh sibh dhomh iad. Cò chuir druidheachd oirbh nach biodh

Luchd-faire Faoin

sibh umhail do 'n fhirinn, sibhse a chunnaic le 'ur sùilean Iosa air a bhuaireadh, a' deanamh faire chum ùrnuigh, le cruaidh-ghleachd? Cia mar nach b'urrainn sibh faire dheanamh maille riumse a mhàin *aon uair?*

Nach tric a tha feum air an achmhasan sin gus an là an diugh? Bha do chridhe-sa air a bhlàthachadh le gràdh Chrìosd, agus thug thu ùmhlachd do ghairm an t-soisgeil, agus fhuair thu aoibhneas cridhe tre bhì creidsinn. Rinn thu roghainn de Chrìosd agus thug thu bòid ged a gheibheadh na h-uile dhaoine oilbheum 'n a do Shlànuighear nach fhaigheadh tusa oilbheum gu bràth. Cha robh na deisciobuil uair a riamh na b'ionraice na bha thusa anns a' bhòid sin, ach, coltach rìusan, thainig thu fo bhuaidh na h-anmhuinneachd a bha ceangailte riut, agus air an robh thu ann an tomhais aineolach — fo bhuaidh saoghaltachd agus neospioradalachd. Dh'fhàs thu sgìth 's an fhaire agus 's an ùrnuigh agus thuit thu ann an suain cadail a bha 'n a pheacadh mòr. Riutsa a tha 'n a leithid sin a shuidheachadh tha achmhasan Iosa an Getsemane, “An e nach b'urrainn thu faire dheanamh maille riumsa a mhàin *aon uair?*”

Ach nach maith gu 'n d'thainig Iosa far an robh thu idir, 's tu 'n a do chadal, ged a b'ann le

Getsemane

achmhasan? Nach maith nach d'fhàg e 'n a do chadal thu far an d'fhuair e thu? Nach gràsmhor an t-achmhasan, searbh 's mar a tha e, leis a bheil e tighinn, agus 'g a do dhùsgadh, agus 'g a do ghairm gu bhì ag ath-nuadhachadh dleasdanas agus sochair, air an do rinn thu dearmad, “Deanaibh faire agus ùrnuigh a chum nach tuit sibh ann am buaireadh?” So an dearbh earal a thug e do na deisciobuil 's iad a' tighinn gu Getsemane:

“Agus air dha dol a mach, chaidh e, mar bu ghnàth leis, gu sliabh nan crann-ola; agus lean a dheisciobuil e. Agus an uair a thainig e do 'n àite, thuirt e riù: Deanaibh ùrnuigh, a chum nach tuit sibh ann am buaireadh.”

Tha e soilleir nach e teagasg nuadh, no earal nuadh, no slighe nuadh air nach d'fhug an treud ceum a riamh roimhe, tre 'n tig ath-bheothachadh air deisciobuil meagh-bhlàth. Cha 'n e. Tha an smuain sin a' falach ribe a tha ro chunnartach. Feumaidh tu na seann slighean maithe, air an do ghluais thu ann an làithean do cheud ghràdh, a ghabhail as ùr a chum gu faigh thu ath-fhrithalachd gràis agus fois anama. Le baisteadh as ùr dhe 'n Spiorad Naomh, leis a faigh thu irioslachd nuadh, mothachadh nuadh air do chunnart, beò-mhothachadh spioradail, bidh an t-seann àithne

Luchd-faire Faoin

air a deanamh dhuit 'n a h-àithne nuadh. Ged is seann àithne i, bheil innte ach seana charaid dileas? So an caraid leis a faigh thu buaidh air do mhi-chùram, air d'anmhuinneachd, air do neo-ghliocas spioradail, ann an còmhrag a' chreidimh. So an seana charaid leis a faigh thu buaidh air cealg an diabhuil, a tha gabhail brath air do laigse agus air do sgios. Cuimhnich mur faigh thu buaidh gu 'm bi thu *caillte*. Cuimhnich le gàirdeachas gu bheil barantas agad a bhi creidsinn gu 'n dion gliocas neo-chrìochnach, gràdh, cumhachd, dilseachd, Dhé thu o chumhachd agus o chall a' bhuaireadh, tre bhi toirt ùmhlachd le d'uile chridhe do 'n t-seann àithne so :

“Deanaibh faire agus ùrnuigh a chum nach tuit sibh ann am buaireadh.”

“Agus na nithean a tha mi 'g radh ruibhse, tha mi ag radh ris na h-uile dhaoine, Deanaibh faire.”

Dean faire : seas gu dileas coltach ri freacadan 's e an ceann dleasdhanais. Biodh sùil a' chreidimh agus a' ghliocais spioradail gu mion air do chor, agus chì thu mòran nach fhaic an saoghal, agus is maith dhuit mur a bi thu dall orra. Dean faire ort fhéin : gléidh do chridhe—ceus d'anamiann agus am peacadh a tha gu furasd ag iadhadh

Getsemane

umad. Feuch nach mill iad sud do cho-chomunn ris an Aon Naomh.

Dean faire air do ghairm làitheil—air do chompanachas—air do dhàimh ris an t-saoghal—air do chàirdeas.

Dean faire air aobharan do mhì-dhìlseachd agus do chall spioradail. Dean faire air a' nàmhaid, oir atharraichidh e a chruth gu aingeal soillse. Na bi aineolach air ìnnleachdan.

Dean faire air do ghràsan—air an cor—air an neart no an anmhuinneachd — air an cunnart. Feuch gu 'm bi d'aithreachas agus do chreideamh an còmhnuidh fo bhlàth. Dean faire air na sionnaich bheaga a mhilleas na fion-dhearcas.

Dean faire air ionmhas a' chridhe 's e air athnuadhachadh, a chum 's gu 'm bi thu an còmhnuidh comasach air nithean sean agus nuadh a thoirt a mach as. Bi air tùr na faire còmhla ri Iosa—fan annsan agus dean faire *maille ris*.

Dean ùrnuigh mar an ceudna : dean ùrnuigh gu 'n toir Dia dhuit gràs na faire, 's gu 'n aithnich thu am buaireadh cho luath 's a thig e faisg ort. Iarr gu 'm bi do shùilean air an ungradh le sàbhshùl a chum gu 'n aithnich thu am maith o 'n olc—a chum gu 'n aithnich thu freagradh Dhé do d'ùrnuigh. Dean ùrnuigh gu 'm bi thu

Luchd-faire Faoin

air do chumail 'n a d'fhaiceall air tùr na faire, air eagal gu 'n glac an diabhuil thu gun fhios duit.

Dean ùrnuigh leis gach uile ùrnuigh agus asluchadh gu 'n sìr-bhuannaich thu 's an ùrnuigh. Iarr gràs a chum do chumail o bhuaireadh, no a chum gu 'm bi thu air do neartachadh a chum buaidh a thoirt anns a' bhuaireadh. Guidh air Dia gu 'n toir e rabhadh dhuit an uair a bhios am buaireadh am fagus, agus gu 'n cleachd thu thu féin gu glic an uair a tha thu an cunnart—gu 'n tuig thu innleachdan an diabhuil, agus gu 'n coimhlion thu le tlachd toil an Tighearna. Iarr air Dia gu 'n dean e làidir thu ann fhéin agus ann an glòir a chumbachd.

Mar sin dean “faire agus ùrnuigh”—faire chum ùrnuigh, agus ùrnuigh chum faire.

Ann an caomhalachd a ghràis tha Iosa a' gabhail leisgeul nan deisciobuil. Ged a smachdaicheas athair a chlann cha 'n ann gun truas 'n a chridhe. B' ann mar sin a rinn Iosa. Tha e a' gabhail ri 'n ionracas ged a tha e cruaidh air an anmhuinneachd. “Tha an spiorad togarrach ach tha an fheòil anmhuinn.” Tha an fheòil a' miannachadh an aghaidh an spioraid agus an spiorad an aghaidh na feòla, agus cha 'n urrainn

Getsemane

sibh na nithean a b'àill leibh a dheanamh. Agus tha so uile a réir briathran Lucais :

“Agus air dha éirigh o ùrnuigh, thàinig e chum a dheisciobuil, agus fhuair e 'n an cadal iad *troimh thùirse.*”

Bha co-fhaireachdan aca ri Iosa 'n a bhròn, ach gu h-amaideach, cha robh iad air am faiceall roimh chunnartan an doilghis, agus chuir dearbh chudthrom am bròin as am faire iad, agus thuit iad ann an suain pheacach. Sin mar a ni Sàtan le innleachdan: gabhaidh e brath air trom-chudthrom bròin, mar a ni e air faoineas a' chridhe, a chum call an anama.

Ach ged a chriathras Sàtan na naoimh cha teid aon ghràinne cruithneachd leis a' mholl. Tha sùil an Tighearna an còmhnuidh air a' ghràs a tha anns a' chridhe nuadh, agus cha toir neul air bith as a shealladh e. Chunnaic Iosa bròn a dheisciobuil, agus ghabh e sin mar dhearbhadh air spiorad togarrach, eadhon an uair a bha e fo neul aig anmhuinneachd na feòla. B' ann mar dhaoine a bha spioradail, 'n am fìor chreidmich, a thug e achmhasan dhaibh. “Nach b'urrainn sibh faire dheanamh maille riumsa a mhàin aon uair:” cha laigheadh na briathran sin idir ri daoine andiadhaidh. Agus mar a bha an tachmhasan bha

Luchd-faire Faoin

an t-earal. Cha 'n ann ris na h-an-diadhaich a tha e ag radh: “Deanaibh faire agus ùrnuigh a chum nach tuit sibh ann am buaireadh.” Tha iadsan air am beò-ghlacadh a cheana aig a' bhuaireadh—tha iad fhathast 's an fheòil, marbh 's a' pheacadh. Is e their e ris a' mhuinntir sin: “C'arson a bhàsaicheas sibh?” “Dùisg, O thusa tha 'n a do chadal, agus éirich o na mairbh, agus bheir Criosd solus dhuit.” Cha 'n urrainn faire bhi air a dheanamh leis an dall, no ùrnuigh an aghaidh buairidh leis a' mharbh.

Ach ma tha sibh togarrach a thaobh an spioraid—amhuinn a thaobh na feòla—tha an t-earal so ro-chothromach. Faodar ùmhlachd a thoirt di do bhrìgh gu bheil “an spiorad togarrach”—tha an ùmhlachd ro-fheumail do bhrìgh gu bheil “an fheòil amhuinn.”

Gabhamaid robhainn, uime sin, o chor nan deisciobuil. Thuit iad a ris agus a ris, gus an d'thug Iosa thairis iad gu bhi foghlum gliocais o fhéin-fhiosrachadh searbh.

“Caidilìbh roimhibh a nis, agus gabhaibh fois: feuch, tha an uair air druideadh, agus tha Mac an duine air a bhrath thairis do làmban pheacach. Eiribh, imicheamaid: feuch, tha an tì a bhrathas mise am fagus.”

Getsemane

Choinnich Iosa, a bha a' faire agus ag ùrnuigh, a' bhuidheann ud, 's Iudas air an ceann, le uaisleachd agus sìth agus treubhantas a bha neo-glhuasadach. Ach, a thaobh nan deisciobuil, dh'ulluich an cadal iad air son tuiteamas bu mhò agus bu nàr: dh'àicheadh iad uile e agus theich iad. Thuit iad ann an cionta peacaidh agus an doimhneachd bròin, o nach do thog iad ceann gus an d'fhuair iad maitheanas agus aiseag gu sìth, o bhilean an t-Slànuighir, air dha éirigh o na mairbh.

Ach cò is urrainn a radh dé nì a dh'fhaodadh iad a bhi na 'm biodh iad air a bhi faire agus ag ùrnuigh mar a bha Iosa? Cha robh an creideamh air a mharbhadh buileach—chaidh iad as mar tre theine—oir bha faire agus ùrnuigh Iosa, air an do rinn iad dearmad cho nàr, air an sonsan cho cinnteach 's air a shon fhéin. Gheibh am firean anam leis air a' cheann mu dheireadh, ged a b'ann mar spùill, ach mur a dean e faire agus ùrnuigh, 's ann le bhi 'g imeachd air slighe air nach bi mòr aoibhneas aige—slighe anns an téid iomadh gath bròin troimhe—anns an cuir Dia iomadh copan dombhlais agus seirbhe 'n a làimh, agus a dh'fheumas e òl.

Uime sin deanaibh faire agus ùrnuigh a chum nach tuit sibh ann am buaireadh.

Seòmar-Urnuigh

V

SEÒMAR-URNUIGH

“Thainig Iosa gu tric an sin maille r’a dheisciobuil.”—EÒIN xviii. 2.

Is mòr duais an anam a their: Is e Getsemane mo sheòmar-ùrnuigh uaigneach. Gheibh e trì nithean beannaichte ann an sin: barantas beannaichte gu ’n éisd Dia r’a ùrnuigh—an ùrnuigh as freagarraiche r’a chor—an companachas as glòrmhora.

1. Ann an sin gheibh am firean barantas beannaichte air gu ’n éisd Dia r’a ùrnuigh. Tha am barantas sin aige ann an ùrnuigh Iosa, agus mar a dh’éisd Dia ris-san. B’ e “slàinte ’ brìgh na bha e ag iarraidh air Dia, le cruaidh-ghleachd, le àrd-éigheach, agus deuraibh. Ghlaodh e “ris-san a bha comasach air a *shaoradh* o ’n bhàs.” Còmhla ri slàinte bha e ag iarraidh gu ’n gabhadh Dia ris mar am Fìrean coimhlionta. B’ e an dà nì sin eallach na h-ùrnuigh anns an do ghleachd e ri Dia an Getsemane: fireanachadh, no gu ’n gabhadh Dia ris mar a’ Sheirbhiseach fireanta; agus slàinte, no saorsa o chumhachd a’ bhàis. Agus fhuair e iad le chéile.

Bha e air a shaoradh o ’n bhàs—thug e buaidh

Getsemane

air a' bhàs—le e féin *ùmhlachadh* gu bàs. Bha e air gabhail ris—air “fhìreanachadh 's an Spiorad,” le bhì fulang gu toileach an àite a shluaigh a ghràdhaich e. Mar so labhair Dia uime tre 'n fhàidh, Isaias :

“Mar so deir an Tighearna, fear-saoraidh Israeil, a Thì naomh ; ris-san a tha air a dhìmeas le daoine, ris-san d'an do ghabh an cinneach gràin ; ri seirbhiseach an luchd-riaghlaidh. . . . Ann an àm taitneach chuala mi thu, agus ann an là na slàinte chuidich mi thu ; agus gléidhidh mi thu, agus bheir mi thu mar choimh-cheangal do 'n t-sluagh ; a dhaingneachadh na tìre, agus a thoirt air na h-oighreachdaibh fàsail a bhì air an sealbhachadh ; a radh ris a' mhuinntir a tha ceangailte, Rachaibh a mach ; agus riu-san a tha ann an dorchadas, Thigibh am follais.”

Ghabh Dia ris. Dh'fhìreanaich e e. Rinn e e 'n a ùghdar slàinte shiorruidh. Fhuair an gealladh cùmhnant ud coimhlionadh ann an Getsemane, an uair a thàinig aingeal o néimh g' a neartachadh. An sud bha e air a lionadh le uile ghràs agus ghràdh, fhoighidinn agus mhisneach, gus an Crann fhulang, a' cur na nàire an neo-shuim.

So far a bheil barantás an fhìrean gu 'n éisd Dia ris, eadhon gu 'n dh'éisd e ris an Urras a bha stigh air a shon.

Agus dé their sinn ris an fhear nach dean

Seòmar-Urnuigh

ùrnuigh idir? Ma bha Iosa am firean an cruaidh-ghleachd anama—brònach eadhon gu bàs—is e ann an làmhan Ceartais, ciamar a sheasas an t-andiadhach ann an là na feirge. Nach dean thusa a tha 's an t-suidheachadh sin roghainn—cia dhiùbh a ni thu cruaidh-ghleachd ùrnuigh an àm taitneach—spàirn chruaidh gu dhol a steach air a' gheata chumhang, ann an là na slàinte, agus glòir shiorruidh 'n a dhéidh—no cruaidh-ghleachd bròin, gun ni ach dùil eagalach ri breitheanas, agus feirg theinntich, a sgrìosas na h-eascairdean.

Choisinn Iosa cath ùrnuigh a' chreidimh ann an Getsemane. Thigibh uime sin gu Getsemane agus biodh 'ur n-iarrtuis air an deanamh aithnichte do Dhia. Ann an sin gheibh sibh toradh na buadha bheannaichte ud.

2. Ann an sin gheibh am firean an dearbh ùrnuigh as freagarraiche r'a chor. Mar shuim agus mar bhrìgh na 's urrainn dhuit iarraidh air Dia, gabh ùrnuigh Ghetsemane: “M' Athair, do thoil-sa gu robh deanta.” Cha 'n e sin a mhàin a bhi réidh ri toil Dhé anns gach nì a tha sinn ag iarraidh. Tha reuson agus Sgrìobtur a' deanamh sin soilleir gu leòr, oir cò ghabhadh air nì sam bith iarraidh a bhiodh an aghaidh a thoil-san? Tha so a' gabhail a steach, cha 'n e mhàin a bhi

Getsemane

réidh ri thoil, ach miann a bhi *deanamh* a thoile. Sin an ùrnuigh a gheibh sinn air bilean Iosa an Getsemane, mar a tha e sgrìobhta: “Feuch, tha mi teachd; ann an rola an leabhair tha sud sgrìobhta ormsa; is e mo thlachd do thoil a dheanamh, O Dhé.”

Dean gréim air an toil sin, agus bidh tu air do dheanamh saobhir leis gach uile bheannachadh spioradail ann an ionadaibh néamhaidh, an Iosa Crìosd. Leis an toil sin tha thu air do chur air leth do Dhia—air do dheanamh 'n a do mhac do Dhia. Tha i 'g a do sgaradh o do pheacaidhean, mar a tha an àirde an ear o 'n àirde an iar—'g a do chur air leth mar ionmhas sònruichte do Dhia.

Is e so toil ghràs-mhor Dhé, eadhon:

“Gach nì a bheir an t-Athair dhomhsa, thig e a m'ionnsuidh; agus an tì a thig a m'ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach.”

Agus is e aoibhneas Chrìosd a bhi coimhlionadh na toile sin. Tha dà thaobh na firinn ghlòrmhor so air an daingneachadh, 's air an coimhlionadh, ann an teachd agus ann an ùmhlachd Chrìosd, mar a tha e ag radh:

“Oir thainig mi a nuas o néimh, cha 'n ann a chum gu 'n deanainn mo thoil féin, ach toil an tì a chuir uaithe mi.”

Seòmar-Urnuigh

Tha e a' ceangal na firinn so ri toil bheannaichte Dhé, a thainig e fhéin a dheanamh Thig iad so uile d'a ionnsuidh, *oir* thainig e fhéin o néimh a dheanamh a thoile. Cha thilg e mach aon a thig, *oir* thainig e fhéin a dheanamh toil Dhé.

Uime sin thig gu Getsemane a chum gu 'm foghlum, agus gu 'n gabh thu, ùrnuigh Iosa. Dean gréim còmhla ris-san air toil naomh agus ghràs-mhor Dhé, agus bi *gnìomhach* a chum gu 'm bi i air a coimhlionadh dhuit.

Ach a ris: Is e so toil Dhé, eadhon 'ur naomhachadh—a bhi araon air 'ur cur air leth agus air 'ur deanamh *naomha*, iomlan agus coimhlionta, 'n a iomhaigh.

“Leis an toil so tha sinn air ar naomhachadh, tre toirt suas corp Chrìosd aon uair”;

“Oir le aon iobart rinn e a chaoidh foirfe iadsan a tha air an naomhachadh.”

Cuiridh Iosa sibh an làthair Dhé, 's 'ur cionta uile air a thoirt air falbh—is sibh air 'ur gabhail a steach do theaghlach a' chreidimh, is sibh air 'ur deanamh iomlan ann an naomhachd shiorruidh. Oir thainig e a dheanamh *toil* Dhé.

3. Ann an sin gheibh am fìrean an companachas as glòrmhora anns a' ghleachd naomh. An sud

Getsemane

bidh Iosa aige mar a chompanach. Bidh co-chomunn aige 's an ùrnuigh maille ris-san, agus còmhla ris gheibh e steach do dhiamhaireachd cridhe gràidh an Athar. Mar a tha co-chomunn agad maille ris air Calbhari, 'n a bhàs—mar a tha co-chomunn agad maille ris an Golgota, 's an uaigh—mar sin tha co-chomunn agad maille ris an Getsemane, 's an ùrnuigh.

Thig a chum na h-uaighe agus faic far an robh an Tighearna 'n a laighe. Thig agus faic mar a chaill an uaigh a h-uamhas—mar a thug e an gath as a' bhàs. Thig mar an ceudna gu Getsemane agus faic far an robh an Tighearna ag ùrnuigh, le asluchadh, le deuraibh, le fuil, agus analaich an aer naomh, agus theid thu steach d'a ghlòir. Thig gu Getsemane far an do ghleachd e air do shon, agus far an d'thug e buaidh tre thoil Dhé. Tha glòir na buadha an sud romhad agus is leatsa i. An sud tha do Thighearna a' dol air thoiseach anns an ùrnuigh, agus tha e ag iarraidh ort com-pàirt a ghabhail *maille* ris anns an dearbh ùrnuigh ud 's an d'thug e buaidh maille ri Dia, am fìor Israel agus Prionnsa Dhé—Prionnsa na beatha—Prionnsa na sìth—Prionnsa na h-ùrnuigh. Dean faire agus ùrnuigh *maille ris-san*, agus crùnaidh an Rìgh thu le ghràdh.

Seòmar-Urnuigh

Is ann tre 'n chompanachas so a thig thu gu bhi cleachdadh, le saorsa agus le cumhachd, do shochair ann a bhi ag ùrnuigh an ainm Iosa. Nì thu ùrnuigh 'n a airidheachd agus 'n a neart, agus bidh am freagradh cinnteach. Biodh com-pàirt agad 'n a ghleachd agus 'n a dheòir, 'n a chreidimh agus 'n a liosdachd, agus bidh com-pàirt agad 'n a bhuidh. Cho cinnteach 's a ghabhas tu do chuid dhe àrd-éigheach, dhe dheòir, dhe fhuil, gheibh thu do chuid, agus sin gun dàil, dhe 'n ghlòir do-labhairt anns a bheil e deanamh eadar-ghuidhe air son nan naomh. Bi air d'irioslachadh maille ris, an dorchadas Ghetsemane, agus bidh tu air do ghlòrachadh maille ris mar an ceudna, ann an glòir na h-eadar-ghuidhe, 's an t-Athair ag éisdeachd riut an còmhuidh, do bhrìgh gu bheil e ag éisdeachd ri Mhac gràdhach, a tha air a dheas-làimh, beannaichte gu sìorruidh.



AN GLACADH

I

URNUGH 'S AN UAIGNEAS AIR A FREAGAIRT
'S AN FHOLLAIS

“An sin air do Iudas buidheann agus maoir fhaotainn o na h-àrd-shagairt agus na Phairisich, thainig e do 'n àite sin le leusan, agus lòchrain, agus airm. Uime sin air do Iosa fios a bhi aige air na h-uile nithean a bha gu teachd air chaidh e mach, agus thubhairt e riu, Cò tha sibh ag iarraidh? Fhreagair iadsan e, Iosa o Nasaret. Thubhairt Iosa riu, Is mise e. Agus sheas mar an ceudna Iudas, a bhrath esan maille riu. An sin co luath 's a thubhairt e riu, Is mise e, chaidh iad air an ais, agus thuit iad air an làr. An sin dh' fheòraich e dhiubh a rìs, Cò tha sibh ag iarraidh? Thubhairt iadsan, Iosa o Nasaret. Fhreagair Iosa, Thubhairt mi ruibh gur mise e. Uime sin ma 's mise tha sibh ag iarraidh, leigibh leò sin falbh: chum gu 'n coimhliontadh am facal a labhair e, An dream a thug thu dhomh, cha do chaill mi aon diubh.”—EÒIN xviii. 3-9.

CIAMAR a thuigeas sinn an diamhaireachd a tha timchioll air bàs Iosa? Bha e naomh is neo-chiontach, is gidheadh tha e air a bhrath do làmhan pheacach, agus air a ghlacadh mar fhear-

An Glacadh

reubainn. Bha e air a chuirteachadh le fearg dhaoine agus dheamhan. Mur biodh ann ach sin cha bhiodh e cho dorch air daoine. Bha e air a thoirt thairis a réir comhairle chinnteach Dhé. Sin far a bheil an diamhaireachd. Ciamar a b'urrainn Dia ceart nàire agus peanas a leagadh air a' neo-chiontach. Sin oilbheum a' Chrainn-cheusaidh. Thoir faineir nach ann an làmhan na corra-mhargaidh a thuit Iosa Cha do thachair nì dha nach robh a réir an lagha—lagh nan Iudhach agus lagh na Ròimh. Bha e air a ghlacadh le ùghdarras Philait. Bha e air fheuchainn le cùirt nan Iudhach agus le cùirt na Ròimhe, agus, ged a bha e neo-chiontach, air a dhìteadh gu bàs nàr a' Chrainn-cheusaidh. Cha robh ceum nach robh laghail.

A nis is e cheisd, ciamar a chuir Dia a Mhessias fhéin 'n a leithid sin a shuidheachadh? Ciamar a b'urrainn e bhi réir a chomhairle-san gu 'm biodh Iosa neo-chiontach air a chur gu bàs cho nàr, fo pheanas cho uamhasach, agus sin an deidh dha bhi air a mheas ciontach le lagh na h-Eaglais agus lagh na h-Impireachd? C'arson a shuidhich a' Chomhairle naomh gu 'n rachadh Iosa neo-chiontach a mach as an t-saoghal le bàs ciontaich, 's e air a dhìteadh le lagh?

An Urnuigh 's a Freagart

An leòr a radh, mar a tha na Sosianaich a' teagasg, gu 'n dh'fhuiling e bàs *marturaich*? Cha leòr. Cha 'n 'eil an sin ach toibheum do ainm Dhé, agus ana-cothrom do choguis an duine. Cha 'n fhaod sinn a radh gu bheil e réir comhairle chinnteach an Dé naomh an neo-chiontach a chur gu bàs air an dòigh sin.

No an leòr a radh, mar a tha na h-Arminianaich a' teagasg, gu 'n bhàsaich Iosa air son nan uile? Cha leòr. A bheil an sin ach mar gu 'm biodh Dia a' toirt cothrom as ùr do dhaoine cumhachan as fhèrr a dheanamh a chum gu 'n saor iad iad fhéin? Feumaidh gu bheil aobhar air as cothrom-aiche na sin—aobhar a shluigeas an t-oilbheum ann an glòir, agus a nì an Crann-ceusaidh 'n a fhoillseachadh air òirdhearcas na naombachd, agus, an àite a bhi cur sgàil air fireantachd, a' cur glòir oirre.

Is e an teagasg a tha co-sheasamh ri Iosa bhi neo-chiontach agus Dia a bhi ceart: gu 'n d'fhuiling Iosa mar urras agus mar fhear-ionaid a shluaigh, is am peacaidhean air am meas dhà-san. Tha an teagasg sin a' cruth-atharrachadh na sgannail gu glòir, agus na nàire gu maise na naombachd.

Mar sin tha Iosa fhéin a' teagasg ann a bhi

An Glacadh

ag ullachadh nan deisciobuil fa chomhair na buille a bha gu tuiteam orra an oidhche ud :

“Oir tha mi ag radh ruibh, gur éigin fhathast an nì so tha sgrìobhta a choimhlionadh annamsa, *Agus bha e air àireamh am measg nan ciontach* : oir tha crìoch aig na nithean ud a tha mu mo thimchiollsa.”

So *crioch* na nithean ud : gu 'm bi mi air m'aireamh am measg nan ciontach—gu 'm bi mi air mo dheanamh 'n am pheacadh, 's gu 'n giùlan mi peacadh mhòrain— gu 'm bi am peacadh uile air a leagadh orm, mar an urras anns a' chùmhnannt, agus gu fuiling mi am bàs air an son.

Tha an Sgrìobtur cuideachd a' cur an céill so, air do Iosa bhi air a chrochadh eadar dà ghaduiche :

“Agus cheus iad maille ris dà ghaduiche ; fear air a làimh dheis agus fear air a làimh chli. An sin choimhlionadh an Sgrìobtur, a thuirt, *Agus bha e air àireamh am measg nan ciontach.*”

Ann an so fhuair an Sgrìobtur coimhlionadh : gu 'n bhàsaich Iosa am bàs mallaichte an àite nan ciontach. Tha so uile air a dheanamh soilleir *do 'n t-sùil* an uair a tha Iosa air a dhìteadh anns a' chùirt, agus air a chrochadh air a' Chrann mhallaichte còmhla ris na gaduichean. B'ann a

An Urnuigh 's a Freagart

chum an fhirinn spioradail so a dheanamh *follaiseach* a chleachd Dia na meadhonan leis an robh a Mhac air a ghlacadh, air fheuchainn a réir lagh na tìre, air a cheusadh mar fhear-droch-bheart.

Mar sin rinn e an nì a bha, ann an làmhan an luchd-brath agus an luchd-casaid, cho an-ìochdmhor, 'n a sgàthan anns am faic sùil a' chreidimh dearbhadh agus glòir a' chùmhnannt leis an robh Iosa—an t-Aon Naomh agus am Firean—air a dheanamh 'n a pheacadh air son a shluaigh, a' cur crìoch air peacadh, a' deanamh réite air son aingidheachd, a' toirt a steach fir-eantachd shiorruidh.

B' e am miann bu doimhne a bha an cridhe Chrìosd an Getsemane, gu 'm biodh *toil* Dhé deanta. Anns an toil sin bha an dà nì so: (1) gu 'n tugadh Iosa e fhéin suas mar iobairt deagh-fhàile do Dhia, agus (2) gu 'm biodh sin mar éiric thaitnich chum saorsa na thug an t-Athair dha. Anns an dà nì sin fhuair e freagradh. “Ged bu Mhac e dh'fhoghlum e ùmhlachd o na nithean a dh'fhuiling e.” Leis an ùmhlachd ghniomhach iomlan sin, leis an d'thug e e fhéin suas tre 'n Spiorad shiorruidh bha e air a dheanamh iomlan mar Ard-Shagart,

An Glacadh

agus tre 'n sin bha slàinte a shluaigh air a thoirt dha. “Agus air dha bhi air a dheanamh foirfe, rinneadh e 'n a ùghdar slàinte shiorruidh dhaibhsan uile bhios umhail dha.”

Bha co-chòrdadh iomlan eadar ùrnuigh Iosa agus toil Athar, agus air an aobhar sin fhuair an ùrnuigh freagradh follaiseach. Tha ann an sin coimhlionadh air a' chùmhnannt dhiamhair a bha eatorra: a thaobh a' Mhic, gu 'm biodh e umhail gu bàs—éiric agus fireantachd na h-Eaglais. A thaobh an Athar, gu faiceadh am Mac de shaoithir anama—an Eaglais air a deanamh 'n a fireantachd Dhé annsan. A nis, so an dà nì a tha sinn a' faicinn ann an glacadh an Urrais.

Tha e soilleir o 'n chòmhradh a bha eadar Iosa agus na h-oifigearan, gu 'n robh e 'n a rùn e fhéin a thoirt suas gu saor. Cha 'n e mhàin gur e Uan Dhé—gu bheil e air a thoirt mar uan a chum a' chasgraidh, ach is e an t-Ard-shagart cuideachd, a tha ag iobradh an uain, is e sin 'g a iobradh fhéin gu toileach air altair neo-fhaicsinneach Dhé. O 'n uair a ghabh e an copan 'n a làimh ann an Getsemane, bha e air a mheas mar chiontach am fianuis Dhé, agus, ged a bha eucoir mhòr air a dheanamh air le làmhan dhaoine, dh'fheumadh Lagh Dhé gréim

An Urnuigh 's a Freagart

a dheanamh air a chum toilteanas na h-oighreachd a bhi air a dhioladh air. Mar sin, air dha fhéin a bhi faicinn anns na h-oifigearan na meadhonan tre an robh Lagh Dhé a' deanamh gréim air, tha e gu toileach 'g a thoirt fhéin suas. “Cò tha sibh ag iarraidh?” “Iosa o Nàsaret.” “Is mise e.” Mar sin fhuair ùrnuigh Ghetsemane freagradh anns gu 'n d'fhuair e gràs a chum e fhéin a thoirt suas an ùmhlachd shaor iomlan do thoil Dhé. Chunnaic e le sùilean anama Lagh Dhé a' tighinn g'a ghlacadh. Cha d'fhan e gus an do chuir teachdairean an lagha gréim air—chaidh e fhéin 'n an coinnimh, agus thug e e fhéin suas. “Cò tha sibh ag iarraidh?” thuirt e ris. “Iosa o Nàsaret.” “Is mise e.” Thug e e fhéin suas air ainm, gu follaiseach, “Iosa a shaoras a shluagh féin o am peacaidhean.” Bha Iudas 'n a sheasamh còmhla riu. Bha e 'n a fhianuis air gach nì a thachair. Cha b'ioghnadh ged a leaghadh a ghruaidh le nàire. Thug e comharra do na saighdeirean leis an aithnicheadh iad Iosa. Thug e earal dhaibh gréim cruaidh a chur air agus a thoirt leò. Ach cha robh feum air a' chomharra no air an earal—thug Iosa e fhéin suas gu saor. Cha b'ann na b'aotroma a chuir sin peacadh Iudais. Ach bu Mhac e ged a dh'fhoghlum e

An Glacadh

ùmhlachd—Mac siorruidh Dhé. 'N a làthair thuit a' bhuidheann, ged a bha iad fo armachd, sios gu làr. Cha b'urrainn iad làmh a chur air. Cha robh e 'n an comas a thoirt leò mar phrìosonach gus an d'thug e e fhéin suas—cha b'ann do chumhachd dhaoine, ach do Lagh 's do cheartas Dhé. Thug e e fhéin suas do *thoil* Dhé, mar òbart thoileach. Ann an sin a ris fhuair ùrnuigh Ghetsemane freagrach: “Do thoil-sa gu robh deanta.”

Tha dàimh àraidh aig a' chuid eile dhe 'n chòmhradh a bha aige ris na h-oifigearan ris an darna nì a bha anns an ùrnuigh, eadhon slàinte a shluaigh :

“An sin dh'fheòraich e dhiubh a ris, Cò tha sibh ag iarraidh? Thuirt iadsan, Iosa o Nàsaret. Fhreagair Iosa, Thuirt mi ruibh gur mise e. *Uime sin ma 's mise tha sibh ag iarraidh, leigibh leò sin falbh*: Chum gu 'n coimhliontadh am facal a labhair e, An dream a thug thu dhomh, cha do chaill mi aon diubh.”

Bha dàimh na ceud chuid dhe 'n chòmhradh a' beantainn ri iomlanachd na h-ùmhlachd leis an d'thug e e fhéin suas. Ach, air an làimh eile, cha robh an smuain bu lugha aig Iosa e fhéin a thoirt suas ach mar urras a shluaigh, mar bhuachaille a threud. “Leigidh am buachaille

An Urnuigh 's a Freagart

maith a bheatha sìos air son nan caorach.” Cha robh aona chuid còir no cumhachd aca làmh a chur ann mar a bha e ann fhéin. Ach a chionn gu 'm b' e toil an Athar nach rachadh aon dhe 'n mhuinntir bhig a dhìth—gu 'm biodh iad uile air an saoradh o mhallachd an Lagha le Iosa e fhéin a thoirt suas 'n an àite—leag Iosa a chridhe fhéin air an toil sin. B' e so an t-aobhneas a chuireadh roimhe, geall agus gealladh ùmhlachd a bheatha agus fulangas a bhàis.

Tha dà sheadh anns am faodar sealltuinn air luchd-casaid Chrìosd :

Mar a tha iad gu mothachail a' riarachadh am miann olc fhéin, air an darna làimh, agus mar a tha iad gu neo-mhothachail a' coimhlionadh rùn diamhair Dhé, air a' làimh eile. Air an darna làimh tha iad a' cruadhachadh an cridhe anns an olc mhòr, ged a tha iad air am bacadh le cumhachd dhiamhair naombachd Chrìosd—nì a tha 'n a dhearbhadh air an doille a tha tighinn orra mar pheanas, agus a' treòrachadh air slighe a' pheacaidh a tha chum bàis. Bu mhòr gu 'm b'fhearr dhaibh a bhì air gabhail ris a' bhacadh ud, agus tilleadh air an ais o 'n droch ghniomh as aonais am prìosonach. Ach air an làimh eile tha e soilleir leis mar a thuit na fir ud—na meadhonan a

An Glacadh

chleachd Dia a choimhlionadh a rùin—nach b'urrainn eadhon Ceartas naomha gréim a chur air Iosa, no ghlacadh mar phrìosonach, gus an tugadh e e fhéin suas gu saor, agus air chumha gu 'n gabhadh e ris mar éiric air son a dheisciobuil. Cha toir e e fhéin suas ach air chumha *saorsa a shluaigh*. Gus am bi e soilleir do na h-uile gu 'm bi na caoraich saor cha dàna le teachdairean Ceartais làmh a chur air. Gus an sin tha seirbhisich an lagha gun lùth's air an làr. Ach an uair sin agus gun mhoille, air dha a chumha fhaotainn leis, tha Iosa 'g a thoirt fhéin suas. Air chumha saorsa shiorruidh dh' a shluagh, le làn chumhachd air a bheatha fhéin, tha e gu toileach air “àireamh am measg nan ciontach.”

Oh! cha do bhàsaich Iosa is e aineolach air toradh a bhàis—ciamar a b'urrainn sin a bhi? Tha neach an sud a their: “bhiodh obair agus bàs Iosa glòrmhor ged nach tigeadh aon anam gu bràth a chleachdadh creideamh beò anns an urras.” Cha 'n fhaca e sin a riamh mòran de fhirinn agus de ghlòir a' chùmhnannt shiorruidh. Tha esan a' cur eas-urram mhòr air obair Iosa agus air fireantachd Dhé, a tha cumail a mach gu 'n robh bàs Iosa an aon nì dhaibh-san a theàrnar agus dhaibh-san a theid a dhìth. Ma

An Urnuigh 's a Freagart

bhàsaich e air son a' mhuinntir a chaidh a dhìth, agus nach do chum a bhàs iad á ifrinn, feumaidh gur e ni-eigin eile seach bàs Iosa a shaor a' mhuinntir a fhuair slàinte. Ma tha sin mar sin cha robh a dh'éifeachd 'n a bhàs ach gu 'n rinn e slàinte comasach do na h-uile. Cha b'ann mar sin a dh'fhoghlum sinne Criosd. Cha b'ann mar sin a thuig Iosa fhéin brìgh na h-ìobairt ghlòrmhor : “Ma 's mise tha sibh ag iarraidh leigibh leò sin falbh.”

B' e so toil an Athar, eadhon slàinte a shluaigh. B' e so tiodhlac an Athar. Air son na toile so agus an tiodhlac so chruaidh-ghleac anam Iosa 's an ùrnuigh an Getsemane. Agus a nis, fhuair an ùrnuigh freagradh follaiseach. Tha toil Athar a thaobh so deanta.

“Gach nì a bheir an t-Athair dhomhsa, thig e a m'ionnsuidh ; agus an ti a thig a m'ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach. Oir thainig mi a nuas o néambh, cha 'n ann a chum gu 'n deanainn mo thoil féin, ach toil an ti a chuir uaithe mi. Agus is i so toil an Athar a chuir uaithe mi, nach caillinn a bheag sam bith de 'n uile thug e dhomh.”

O! m'anam, cionnus a theid thusa as ma nì thu dimeas air an t-slàinte mhòr so?

An Glacadh

II

AM PRÍOSONACH A' TOIRT BREITH

“Agus air dha bhi fathast a’ labhart, feuch, thainig Iudas, aon de ’n dà fhear dheug, agus maille ris cuideachd mhòr le claidhean agus bataichean o na h-àrd-shagartan agus o sheanairean a’ phobuill. An nis bha an ti a bhrath esan air toirt comharraidh dhaibh, ag radh, Ge b’ e neach a phògas mise, is e sin e ; deanaibh gréim air. Agus air ball thainig e chum Iosa, agus thuirt e, Fàilte dhuit, a Mhaighistir ; agus phòg e e ; Ach thuirt Iosa ris, A charaid, c’arson a thainig thu? An sin thainig iad, agus chuir iad làmh ann an Iosa, agus ghlac iad e. Agus, feuch, shìn aon dhiubhsan a bha maille ri Iosa a làmh, agus tharruing e a chlaidheamh, agus air dha seirbhiseach an àrd-shagart a bhualadh, ghearr e a chluas dheth. An sin thuirt Iosa ris, Cuir a rìs do chlaidheamh air ais ’n a ionad féin : oir iadsan uile a ghlacas an claidheamh, tuitidh iad leis a’ chlaidheamh. An saoil thusa nach faod mise a nis m’Athair a ghuidhe agus bheir e dhomh tuilleadh na dà legion dheug a dh’ainglean? Ach cionnus an sin a bhiodh na Sgriobturan air an coimhlionadh, a tha ag radh gur ann mar so is éigin tachart? Anns an uair sin féin thuirt Iosa ris an t-sluagh, An d’thainig sibh a mach mar gu ’m b’ann an aghaidh gaduiche, le claidhean agus bataichean chum mise a ghlacadh? Bha mi gach là am shuidhe maille ruibh ’s an teampull a’ teagasg, agus cha do chuir sibh làmh annam.”—
MAT. xxvi. 47-55.

Am Prìosonach A' Toirt Breith

Tha am prìosonach a' tionndadh gu bhì 'n a bhreithimh agus gu bhì toirt a mach binn na tha timchioll air: am fear-brath seòlta; a' bhuidheann de chàirdean lag seachranach; na nàimhdean follaiseach.

I. Tha e an toiseach a' tionndadh air a' bhrath-adair agus a' toirt a mach a bhinn. B' e so an duine a reic a charaid air deich buinn fhichead airgid. B' e so am fear a ghabh na h-oifigearan— daoine a b' àbhais a bhì fo dheagh chliù—mar an ceann-iùil, an dòchas gu 'n réiticheadh e an t-slighe dhaibh, agus gu 'n sàbhaileadh e iad o chus dragha. Ach cha bu luaithe a thainig an ceann-iùil an làthair a' phrìosonaich, agus a thug e an comharra dhaibh mar a chòrd iad, na thionndaidh Iosa air, agus a thug e binn eagalach air 'n am fianuis: “A charaid, c'arson a thainig thu?” “A Iudais, a bheil thu le pòig a' brath Mhic an duine?” Cha robh aobhar air dàil a chur anns a' bhinn. Tha là a ghràis air a dhol seachad. Dhiùlt e an t-saoithir thruasail a ghabhadh ris a chum a theàrnadh, agus tha nise fireantachd agus gliocas siorruidh air a thoirt thairis dh' a roghainn. Cha 'n 'eil àite aithreachais air fhàgail ann, agus cha 'n 'eil air ach leigeil leis, 's e abuich air son na binn shiorruidh. Cha 'n 'eil Iosa a' toirt earail

An Glacadh

dha, agus a' cur a chunnart roimhe, mar a rinn e air Peadair. Tha an t-eadar-dhealachadh as mò eadar an dithis. Tha *cridhe* Pheadair ceart agus gheibh e gràs gu tilleadh. Ach sheulaich Iùdas e fhéin mar mhac an sgrios—tha e tur cailte, agus cha 'n 'eil a Thighearna ag radh ach na tha nochdadh gu bheil làn fhios aige-san air a cheilg ifrinneil. Foghnaidh sin gus am bi a' chaithir mhòr gheal air a suidheachadh. Thuirt e gu leòr a chum cionta Iudais a chur ann an solus na dealanaich: “A charaid” — càirdeas aideachail air a thionndadh gu ceilg—gu seirbhis an diabhuil. “A bheil thu brath Mhic an duine?”—a thainig a ghairm pheacach gu aithreachas agus beatha. “Le pòig”—an seula caomh air gràdh. Agus tha an dealanaich sin, cha 'n ann a' dol as mar phrìobadh, ach a' laighe air gun charuchadh a' ceangal a chionta air a choguis gu sìorruidh.

Nach 'eil a' bhinn obann so a' toirt dhachaidh oirne, le cumhachd nuadh, brìgh agus buaidh an fhacail air a bheil sinn ro thrì a' deanamh dearmad: “Iarraibh an Tighearna, *am feadh a tha e r'a fhaotainn*; gairmibh air, *am feadh a tha e am fagus*.”

II. Tha Iosa a' toirt breith air na deisciobuil— a chàirdean lag seachranach. An uair a chunnaic

Am Prìosonach A' Toirt Breith

iad gu 'n robh am Maighistir gu bhi air a ghlacadh rinn iad air son a dhion le lamhachas-làidir. Tharruing Peadair a chlaidheamh agus bhuail e seirbhiseach an àird-shagart. A réir coltais bha so ion-mholta. Am fuilingeadh e a mhaighistir tuiteam ann an làmhan a nàimhdean gun làmh a thogail g' a dhion? Nach 'eil gluasad 'n a fhuil 's e faicinn Iudais a' deanamh gnìomh diabhuil? An urrainn e gun a bhi fo nàire air son mar a chaidil e fhéin an uair bu chòir dha bhi faire maille ri Mhaighistir? Cha 'n iongantach, 's an gràdh a bha dha-rìreadh a' losgadh 'n a chridhe do Iosa, ged a rùisgeadh e chlaidheamh.

Ach a dh'aindeon sin cha b' e so àm claidheamh a tharruing. Cha 'n ann air an dòigh sin a gheibh sinn air ais an neart 's an t-sochair a chaill sinn le dearmad is cadal peacach. Cha sheas an claidheamh àite an aithreachais agus a' chridhe bhrùite.

“Cuir a rìs do chlaidheamh air ais 'n a ionad féin : oir iadsan a ghlacas an claidheamh, tuitidh iad leis a' chlaidheamh. An saoil thusa nach faod mise a nis m'Àthair a ghuidhe, agus bheir e dhomh tuilleadh is dà legion dheug de dh'ainglean? Ach cionnus an sin a bhiodh na Sgrìobturan air an coimhlionadh, a tha 'g radh gur ann mar so is éigin tachart.”

An Glacadh

Tha Peadair a' dol colg-dhìreach an aghaidh riaghailt Dhé, agus a' tighinn tarsuinn air cumhachdan riaghlaidh an t-saoghail; air gealladh Dhé dh' a Mhac; air na Sgriobturan naomha; air toil Dhé. Cha robh coire r'a fhaotainn aig an àm ud do 'n riaghladh laghail leis an robh Iosa air a dheanamh 'n a phrìosonach. Air an aobhar sin cha 'n fhaodar a choinneachadh le claidheamh rùisgte. Na 'm biodh sin a réir toil Dhé, agus gu 'm biodh e iomchuidh do Iosa e fhéin a dhion le airm is le feachd bheireadh Athair dha dà legion dheug aingeal—legion mu choinnimh gach fear dhe dheisciobuil. Tha Peadair a' dì-chuimhneachadh gur e Ceann gach uile uachdranachd agus chumhachd air son a bheil e tarruing a chlaidheamh bochd. Na 'm biodh feum aige air armachd bhiodh trì fichead is deich mìle aingeal an sud air ball. Ach cha 'n ann mar sin a bheir e buaidh. Feumaidh gu 'm “blais e bàs” air son nan uile. Uime sin is e tha ann aineolas agus aimideachd do Pheadair a chlaidheamh a tharruing.

Agus a thuilleadh air an sin, ciamar a bhios an Sgriobtur air a choimhlionadh? Tha e a' foillseachadh mar a bhios Uan Dhé air iobradh a chum peacadh an t-saoghail a thoirt air falbh. Ma 's e so am meadhon air an t-Uan a ghlacadh

Am Prìosonach A' Toirt Breith

's a thoirt a chum a chasgraidh ciamar a sheasas firinn Dhé 'n a fhacal ma gheibh Peadair leis?

Ach os cionn so uile, bha toil Dhé: “An copan a thug m' Athair dhomhsa r'a òl an e nach òl mi e?” So toil m' Athar. Uime sin cuir air ais do chlaidheamh 's an truail. Na faigheadh Peadair a thoil dé dh'éireadh do thoil Dhé—eadhon saorsa na h-Eaglais?

Uair is uair thuit Peadair anns an dearbh bhuaireadh so. Uair is Iosa a' nochdadh d'a dheisciobuil gu 'm b'éigin dha dhol gu Ierusalem agus mòran nithean fhulang agus a bhi air a chur gu bàs, “ghabh Peadair e agus thòisich e air achmhasan a thoirt da, ag radh, Gu 'm bu fada sin uait-sa, a Thighearna; cha tachair sin duit-sa.” A ris air beinn a' chruth-atharrachaidh, far an d'fhuir e sealladh air glòir Iosa thuirt e, “A Thighearna, is maith dhuinn a bhi an so; ma 's àill leatsa, deanamaid trì pàilliunan an so: aon dhuit-sa, aon do Mhaois, agus aon do Elias.” Agus a ris aig Getsemane, far an do rùisg e a chlaidheamh. Gach uair dhiubh so bha e air a bhuaireadh gu dhol eadar Iosa agus toil Athar—eadar e agus an Crann-ceusaidh—eadar e agus an ìobart mhòr leis an robh e toirt a steach fireantachd shiorruidh agus tèarnadh a shluaigh.

An Glacadh

Ach thug am Maighistir breith air agus chronuich e e. Thug e ùmhlachd do thoil an Athar an uair a chuir e e fhéin ann an làmhnan a nàimhdean, agus a thug e buaidh air buaireadh Shàtain a thainig air as ùr ann an eud aineolach Pheadair.

III. Tha e toirt breith air a nàimhdean mar an ceudna :

“An sin thuirt e ris na h-àrd-shagartan, agus ri ceannardan an teampull, agus ris na seanairean, a thainig d’a ionnsuidh, An d’thainig sibh a mach le claidhean agus le bataichean, mar gu ’m b’ann an aghaidh fir-reubainn? ’N uair a bha mi gach là maille ruibh ’s an teampull, cha do shìn sibh a mach ’ur làmhnan am aghaidh : ach is i so ’ur n-uair-se, agus cumhadh an dorchadais.”

Tha Iosa a’ gearan orra ann an so a chionn gu bheil iad a’ deanamh oidhirp air a chur fo chliù fiar, agus air casaid bhreugach a dheanamh air. Tha iad a’ tighinn air a thòir le claidhean agus le bataichean mar gu ’m bu ghaduiche e. Theagamh gu ’n robh so mar choimhlionadh air an Sgriobtur a tha ag radh, “Agus bha e air àireamh am measg nan ciontach,” agus anns an t-seadh sin rinn e ùmhlachd thoileach. Ach b’fhada o rùn an cridheachan-san a bhi coimhlionadh Sgriobtur, agus air an aobhar sin bha làn chòir aige gearan orra. Is e bha ann uatha-san gnìomh a bha

Am Prìosonach A' Toirt Breith

cealgach agus an-ìochdmhor. Dh'fhaodadh iad a ghlacadh uair sam bith anns an teampull, ach bha eagal an t-sluaigh orra. Cha bu dàna leò a ghlacadh mur a cuireadh iad e fo chliù fir-reubainn, is tha iad a' deanamh sin, oir "is i so an uair-san agus cumhachd an dorchadais."

Ach is e so an còmhnuidh dòigh na geur-leanmhuinn. Cha dean an saoghal uair air bith geur-leanmhuinn air daoine mar dhaoine diadhaidh. Feumaidh samhla casaid a bhi aige an toiseach, a chur falach air an fhuath a tha aige dhaibh. Cha b'ann mar dhaoine naomh a rinneadh geur-leanmhuinn air criosduidhean na ceud linn, ach mar luchd-àimhreit—mar luchd-leanmhuinn dhiathan coimheach—mar nàimhdean na h-Impir-eachd. Fo 'n chliù sin thilgeadh iad gu fiadh-bheathaichean anns an Ròimh. Mar sin ghlacadh Iosa air dhaibh a chur fo chliù gaduiche agus fir-reubainn.

Ach ged a bha e fo nàire, 's e air a ghlacadh mar fhear-reubainn tha e nochdadh a ghlòir mar bhreitheamh. Le thrusgan dearg le fuil a chruaidh-ghleac, agus salach le ùir na talmhainn, tha e toirt geall air a ghlòir 's air a bhuidh leis am foillsichear e fhathast, an uair a thig e le culaidh dhaithe o Bhosrah, sgiamhach 'n a

An Glacadh

éideadh, a' siubhal ann am mòrachd a neairt—
an uair a dh'fheumas na h-uile bhi air an nochdadh
ann an làthair Caithir-breitheanais Chrìosd.

III

AM BRAIGHDEANACH A' TOIRT BRUID AM BRAIGHDEANAS

“An sin rug a' bhuidheann agus an ceannard agus
maoir nan Iudhach air Iosa, agus cheangail iad e,
agus thug iad leò e air tùs gu Annas . . . agus chuir
Annas e ceangailte gu Caiaphas.”—EOIN xviii. 12,
13, 24.

Rug iad air—cheangail iad e—thug iad leò e!
Cò tha so air a ghlacadh mar gu 'm b'fhear-
reubainn e? Cha neach eile e ach esan as e
dealradh glòir an Athar agus fìor ìomhaigh a
phearsa—neach a bha aig an dearbh àm ud a'
cumail suas nan uile nithean le facal a chumhachd.
B' e an Dia beò, an Tighearna Dia uile chumh-
achdach, a bha aig na daoine borb ud fo chuibh-
reach. “Neach air dha a bhi ann an cruth mar
Dhia, nach do mheas e mar reubainn e féin a bhi
co-ionnan ri Dia: ach chuir e e féin ann an
dimeas.” Nach 'eil so uile a' dol os cionn cainnt
agus smuain? Rug iad AIR-SAN—cheangaill iad
ESAN—thug iad leò ESAN, ceangailte.

Toirt Bruid am Braighdeanas

Tha nì no dhà eile timchioll air glacadh Iosa a tha 'n a chùis smaoinich.

1. Tha, an toiseach, cruas is diorrais nan oifigearan. Tha iad mar dhaoine air bhoil. Bhuail cumhachd dhiamhair a' phrìosonaich ris an talamh iad, mar le cumhachd na dealanaich. Dhealraich glòir a thròcair ann am miorbhuil leighis fa 'n comhair. Ach a dh'aindeon foillseachadh air cumhachd agus air caomhalachd an Tighearna cha do thionndaidh iad aona cheum as an slighe. Tha iad a' toirt dùbhlán do 'n chumhachd dhiamhair a leag iad agus a' mùchadh a bhuidheann air an coguis agus a' saltart air a' mhiorbhuil gràis a thaisbean e—a dh'aindeon sin uile tha iad a' ceangal a làmhnan agus 'g a thoirt leò. Nach mòr an nàire e bhì air a dheanamh 'n a phrìosonach le daoine a tha cho borb agus cruaidh!

2. Tha, a ris, mì-mhodh agus an-ìochd na cuideachd. Cha bu luaithe thug Iosa e fhéin 'n an làmhnan na thug a' bhuidheann iad fhéin thairis do ainneart nàr agus mhi-choltach, mar gu 'm biodh ifrinn fhéin air briseadh a mach mar thuil. Chuir iad gréim eucorach air òganach a bha leantuinn 's e an ion 's a bhì lomnochd. Bha ùghdaras aca Iosa a ghlacadh, ach cha robh còir no ùghdaras aca làmh a chur ann an neach eile. B' ann am

An Glacadh

meadhon corra-mhargaidh mar so a bha esan a chunnaic Isaiah air caithir glòire anns an teampull air a ghiùlan gu cùirt. Sud far an robh an irioslachd agus am masladh do-labhart! Cha b' ioghnadh ged e theireadh Iosa, ann am briathran na sailm :

“ Is aithne dhuit mo mhasladh agus mo nàire agus mo mhì-chliu : a't'fhianuis tha mo nàimh-dean uile.”

3. Tha, a ris, an aonaranachd anns an robh Iosa air fhàgail. An sin thréig na deisciobuil uile e agus theich iad. Gun teagamh lean Peadair e fad as, ach 's ann a thionndaidh sin fhéin a mach a chum an tuilleadh nàire agus maslaidh do Iosa—oir an uair na h-éigin dh'àicheadh e le mionnaibh gu 'm b' aithne dha Iosa a riamh. Bha Iosa air a thréigsinn—air fhàgail 'n a aonar. An sin choimhlionadh an sgrìobtur :

“ Tha e air a dhìmeas agus air a chur air chùl le daoinibh ; 'n a dhuine dhoilghiosan agus eòlach air bròn ; agus mar neach a dh'fhalaicheadh aghaidh uainn, tha e air a dhìmeas, agus cha'n 'eil suim againn dheth.”

“ Dh'amhairc mi air mo dheis is dh'fheuch,
'S cha robh fear m'eòlais ann ;
No neach do m'anam bheireadh spéis,
Thréig cobhair mi 's an àm.”

Toirt Bruid am Braighdeanas

Tha e air a thréigsinn le chàirdean uile,—’n a aonar, ’n a nàire, ’n a mhasladh. Feuch Uan Dhé! Tha e air a thoirt mar uan a chum a chasgraidh. Feuch meud a ghràidh do chlann ’n an daoine is iad fo ’n mhallachd. Tha e deònach a bhi ’n a phrìosonach air an son. Tha e fo chuibhreach fir-reubainn air an son, a chum an tarruing le “ceanglaichean gràidh agus le còrdaibh duine,” eadhon ged a tha e air a thréigsinn leò uile. An sin rug iad air agus *cheangail* iad e, agus thug iad leò e gu Annas, agus chuir Annas e *ceangailte* gu Caiaphas. Dé their sinn mu na nithean so? Tha an irioslachd so a rinn Dia na glòire a’ dol seachad air tuigse; agus tha an gràdh leis an do rinn e e a’ dol seachad air eòlas agus air moladh!

Ach “dh’irioslaich e e fhéin, agus bha e umhail gu bàs . . . air an aobhar sin dh’àrdaich Dia e gu ro-àrd.” Tha ceartas Dhé air fhoillseachadh ann an àrdachadh Iosa ionnan ’s mar a tha e ’n a irioslachadh. Tha e toirt duais dha a tha làn agus saobhir a réir ’s mar a bha fhulangas searbh agus nàr. Cha robh ceum ’n a irioslachadh nach robh duais dh’a réir ’n a àrdachadh—anns an aoibhneas a chuireadh roimhe. A bheil e air a dheanamh ùin bheag na ’s isle na na h-aingil? Is

An Glacadh

e a dhuais gu bheil an sàoghal ri teachd air a chur fodha, agus gu bheil e air a dheanamh, anns an dearbh nàdur anns an d' fhuiling e, 'n a cheann air uile uachdranachd agus chumhachd. A bheil e fo mhasladh—air a cheangal ann an slabhraidhean—agus air a thoirt 'n a phrìosonach gu mòd? Mu choinnime sin tha an duais ghlòrmhor :

“Is chaidh thu suas air ionad àrd,
Thug bruid am braighdeanas ;
Do dhaoineibh fhuair thu tiodhlacan,
Le 'n dean thu toirbheartas.”

Tha an dol suas so a' ciallachadh foillseachadh glòrmhor Dhé Israeil an uair a thug e seachad an lagh air Sinai. Mar sin cha 'n 'eil teagamh nach e Crìosd—aingear a' chùmhnannt—mu bheil an Spiorad Naomh a' labhart anns an t-sailm. B' e “*masladh* Crìosd” a roghnaich Maois—an seirbhiseach dìleas a bha maille ris an Eaglais 's an fhàsach—an àite ionmhas na h-Eiphit. B' e Crìosd, mar a tha Pòl a' togail fianuis, a bha air a bhuaireadh le Israel an uair a chaidh am peanasachadh leis na naithrichean teinnteach.

A nis, dé is ciall do 'n bhuaidh so a fhuair Rìgh Israeil leis an deach e suas—leis an d'thug e bruid am braighdeanas? D'é, ach a' bhuaidh a chuir e

Toirt Bruid am Braighdeanas

an céill 'n a dhol suas, eadhon saorsa dh'a shluagh?

“Chunnaic mi gu cinnteach àmhghar mo shluaigh a tha 's an Eiphit . . . agus *thainig mi nuas* g'an saoradh á làimh nan Eiphiteach. Agus a nis thig agus cuiridh mi thu dh'ionnsuidh Pharaoh, a chum as gu 'n toir thu mach mo shluagh, clann Israeil, as an Eiphit.”

Mu 'n teid e suas a ris gu glòrmhor air Sinai coimhlionaidh e saorsa a shluaigh, agus rinn e sin an uair a thug e mach iad le làimh làidir :

“Cànaidh mise do 'n Tighearna, oir thug e buaidh gu glòrmhor ; an t-each agus a mharcach thilg e 's an fhairge. Rinneadh do dheas làmh, O Thighearna, glòrmhor ann an cumhachd, bhris do dheas làmh, O Thighearna, an nàmhaid 'n a bhloighdean.”

Chaidh e suas le caithream glòire, is feachd ainglean a' toirt coimhreachd dha. “Tha carbad Dhé 'n am fichead mìle de mhiltibh aingeal; tha an Tighearna 'n am measg, mar ann an Sinai, 's an ionad naomh.” Chaidh e suas mar Cheann is mar Rìgh na h-Eaglais—mar Mhac os cionn a thighe féin—agus dheasaich e dhe mhaitheas air son nam bochd. Thug e mach iadsan a bha “ceangailte le cuibhreachaibh,” agus mar sin fhuair e tiodhlacan do dhaoine, eadhon do

An Glacadh

dhaoine ceannairceach, a chum gu 'n gabhadh Dia còmhnuidh 'n am measg.

Ach cha 'n e mhàin gu bheil an t-sailm so a labhairt air nithean a chaidh seachad—tha i mar an ceudna a' labhairt air nithean a tha ri teachd. Tha dol suas agus buaidh air beinn Shioin mar air Sinai—dol suas agus buaidh a tha toirt barrachd ann an glòir. Bha an dol suas air Sinai mar shamhla agus mar ullachadh air glòir Shioin.

“Oir roghnaich an Tighearna Sion ; mhiannaich e i mar ionad-còmhnuidh dha féin, ag radh, Is e so mo shuaimhneas gu sìorruidh ; an so gabhaidh mi còmhnuidh, oir mhiannaich mi i.”

Is e bha an sud sgàile nithean maithe ri teachd, eadhon dol suas an Tighearna air dha éirigh o 'n bhàs, agus a dhol a steach do 'n ionad naomh, nach do rinneadh le làmhan.

Tha co-chòrdadh iongantach eadar an samhla so agus obair Chrìosd. Anns an t-samhla thainig Dia a nuas agus ghabh e còmhnuidh anns a' phreas a chum gu 'n saoradh e a shluagh as an Eiphit. Thainig Iosa agus ghabh e còmhnuidh ann an coltas feòla peacaich, agus chaidh e gu doimhneachdan a' bhàis, a chum gu 'n saoradh e a shluagh, cha 'n ann o rìgh Eiphiteach no talmhaidh. Shaor e iad, cha 'n ann le cumhachd

Toirt Bruid am Braighdeanas

a mhàin, ach le luach fhala. Anns an t-samhla tha e air a chuirteachadh le mìtibh de ainglean. Mar sin tha Iosa air a ghabhail a steach dh'a ionad naomha le caithream glòire agus aoibhnis.

“Togaibh, a gheatachan 'ur cinn, agus bithibh air 'ur togail suas, a dhorsaibh siorruidh; agus thig Rìgh na glòire steach.”

An glòir Shinai thug Dia a lagh do Eaglais an fhàsaich. Mar sin tha Iosa o ionad a ghlòire shuas a' riaghladh Eaglais an Tiomnaidh Nuaidh le reachdan as glòrmhora:

“Ma bha ministrealachd a' bhàis, ann an sgrìobhadh air a ghearradh air clachan, glòrmhor . . . cionnus nach mò na sin a bhios ministrealachd an Spioraid glòrmhor?”

Thug thu bruid am braighdeanas: Cò iad na nàimhdean a cheangail Slànuighear nam buadh ri cuibhleachan a charbaid? Cha b' e rìgh talmhaidh mar rìgh na h-Eiphit, ach am prìomh nàmhaid—an seann nathair—air an do rinn e sgrìos.

“Chum tre 'n bhàs gu 'n claoidheadh e esan aig a bheil cumhachd a' bhàis, is e sin an diabhl; agus gu 'n saoradh e iadsan a bha tre eagal a' bhàis ré am beatha uile fo dhaorsa.”

Mar sin thug e bruid am braighdeanas. Tre

An Glacadh

anmhuinneachd a' Chrainn-cheusaidh thug e buaidh air a nàmhaid. Chreach e uachdranachdan agus cumhachdan, agus eadhon ann an uair cumhachd rìoghachd an dorchadais rinn e ball-sampuill dhiubh gu follaiseach, a' deanamh buaidh-chaitream os an cionn tre a Chrann-ceusaidh.

Thainig e nuas do 'n phreas 's an fhàsach a shaoradh Israel o bhraighdeanas Pharaoh. Chaidh e suas air Sinai a' toirt bruid am braighdeanas—thug a dheas làmh 's a ghàirdean naomh a mach a' bhuidh. Thainig e nuas gu inbhe a bha gu neo-chrìochnach na b'isile na sin an uair a ghabh e nàdur na daonnachd—cha do ghabh e gràin de bhroinn na h-òighe, de phrasach Bhetlehem, de Chrann Chalbhari, de uaigh Ioseiph—a chum gu 'm bruthadh e ceann na naitheach, agus a chum gu 'n cuireadh e an céill saorsa do na braighdeanaich o chumhachd ifrinn. Chaidh e suas mar Cheannard buadh-mhor na slàinte, air dha a shàil a chur air amhaich a nàimhdean fhéin agus nàimhdean a shluaigh. Thug e bruid am braighdeanas.

Ach dé a b'aobhar gu 'n d'thug a bhi toirt bruid am braighdeanas air Sion a steach saorsa a bha toirt mòran a bharrachd ann an glòir na an t-saorsa a chuir e an céill air Sinai?

Toirt Bruid am Braighdeanas

Bha glòir na saorsa, araon air Sinai agus air Sion a réir doimhneachd an irioslachaidh. Bha glòir na saorsa a chuir e an céill air Sion gu neo-chrìochnach na bu mhò a chionn gu 'n d'thug e bruid am braighdeanas le e fhéin a bhi fo 'n bhraighdeanas mar urras na h-Eaglais. Bha a fiachan uile, a daorsa, a geimhlean, air am meas dhà-san. 'N a h-ainmse bha e fo chuibhreach :

“An sin rug a' bhuidheann agus an ceannard agus maoir nan Iudhach air Iosa, agus *cheangail* iad e, agus thug iad leò e air tùs gu Annas . . . agus chuir Annas e *ceangailte* gu Caiaphas.”

An làmh-sgrìobhadh a dhìt an Eaglais gu bhi am braighdeanas agus fo dhaorsa, ghabh Iosa air fhéin. Thug e urram dha. Thug e ùmhachd dha. Choimhlion e e. Agus mar sin thug e as an rathad e. “Tha sibh 'g am iarraidh-sa,” thuirt e. Mar sin biodh e. Cheangail iad e. An uair a sheall Sàtan chunnaic e gu robh an aon slabhraidh anns an robh a dhòchas a chum na prìsonaich a ghleidheadh 'n a chumhachd air a briseadh, air dhi a bhi air a gabhail a chum a bhi ceangal an Urrais. Chunnaic e an aon iuchair leis an robh na braighdean gu bhi air an glasadh gu siorruidh, eadhon am mallachd, air a chur fodha ann an doimhneachd àmhghar an t-Slànuighir.

An Glacadh

An sin chuala e nì a lion e le feirg gun lùths, Slànuighear nam buadh a' cur a mach a ghuth :

“Dùisg, dùisg, cuir umad do neart, O Shion ; cuir umad do chulaidh sgiamhach, O Ierusalem ; crath thu féin o 'n duslach ; rach suas, dean suidhe, O Ierusalem ; fuasgail thu féin o cheanglaichibh do mhuineil, O nighean Shioin, a tha fo dhaorsa. Oir mar so deir an Tighearna, air neo-ni reiceadh sibh, agus cha 'n ann le airgiod a dh'fhuasgailear sibh.”

Chuala e an guth glòrmhor—an dearbh ghuth a thuir, “Tha e crìochnaichte”—a' cur an céill saorsa do na braighdeanaich agus fosgladh a' phrìosoin dhaibh-san a bha ceangailte. Ma chuala dh'fheuch e ri freagart :

“An toirear a' chreach o 'n fhear làidir, no an leigear a' chòbhartach dhligheach as?”

Ach mar so thuir an Tighearna glòrmhor, 's e labhart a mach á glòir charbad nan aingeal agus a dhol suas buadhmhòr :

“Bheirear eadhon còbhartach an fhir làidir uaidh, agus theid creach an fhir uamhasaich as ; oir gleacaidh mi ris-san a ghleacas ri Sion, agus a clann tèrnaidh mi.”

An uair sin chunnaic Sàtan nì a chuir e fo amhladh siorruidh, gur ann leis na geimhlean

Toirt Bruid am Braighdeanas

leis an d'thug e air a sheirbhisich, ann an uair agus an cumhachd an dorchadais, Iosa a cheangal, a bha an ceangal leis an robh na braighdeanaich air an cumail fo dhaorsa air fhuasgladh, agus a bha e fhéin a nis air a cheangal ri cuibhleachan carbad Immanueil. Le a cheanglaichean thug Criosd, a bha fo dhaorsa, bruid am braighdeanas.

Cò 'n ar measg a tha fo chuibhreach le dearbhadh peacaidh? Tha coguis ag innseadh dhuit gu bheil fiachan ort ann an leabhar-cuimhne Dhé—gu bheil peacaidhean gun àireamh a' falach aghaidh Dhé uait. Is e spiorad daorsa a tha anns a' mhothachadh sin air cionta. Cha 'n fhaigh thu saorsa gus an tig thu le aithreachas agus creidimh gu Iosa—neach a bha fo dhaorsa air do shon. Thig dh'a ionnsuidh-san le do dhaorsa agus gheibh thu fuasgladh 'n a dhaorsa-san. Cha 'n 'eil aona chuid dìteadh no daorsa dhaibh-san a tha ann an Iosa Criosd.

Cò 'n ar measg a tha fo chuibhreach aig cumhachd a' pheacaidh? Tha esan a ni peacadh 'n a thràill do 'n pheacadh. Cò a tha ag osnaich is e am braighdeanas do dhaorsa na truailhdheachd? Is e Criosd agus gràs Chrìosd, a tha araon saor agus cumhachdach, a choinnicheas ri do chor.

An Glacadh

Ma ni am Mac saor sibh tha sibh saor dha-rìreadh. Oir bha e air a dheanamh fo 'n lagh a chum gu 'n saoradh e iadsan a bha fo 'n lagh. Thig dh'a ionnsuidh-san a choisinn do shaorsa air dha fhéin a bhi fo dhaorsa air do shon.

Cò 'n ar measg a tha air a ghlacadh ann an ribe an diabhuil? Thig dh'a ionnsuidh-san a chreach uachdranachdan agus cumhachdan air dha e fhéin a thoirt thairis do thoil an Athar, agus a bhi air a dheanamh 'n a phrìosonach le seirbhisich an t-Sàtain. Creachaidh e an duine làidir air do shon, agus bruthaidh e Sàtan fo do chasan.

Cò 'n ar measg a tha “tre eagal a' bhàis ré am beatha uile fo dhaorsa”? Thigibh dh'a ionnsuidh-san a sgrios am bàs le bhàs fhéin. Nochdaidh e dhuibh mar a tha 'ur beatha falaichte maille ris fhéin ann an Dia, air dha a dhol suas do ionad a ghlòire.

Cò 'n ar measg a tha faireachadh le pian lagh 'n am buill a' cogadh an aghaidh lagh an inntinn agus e 'g an toirt am bruid do lagh a' pheacaidh? Deanamaid cruaidh-ghleac an aghaidh lagh sin a' pheacaidh agus a' bhàis. Na tugamaid géill dha, ach seasamaid air ar saorsa mar mhuinntir a fhuair maitheanas gu saor—a fhuair fireantachd

Toirt Bruid am Braighdeanas

iomlan—a tha air an uchd-mhacachd mar chlainn ann an teaghlach Dhé—tre obair agus airidheachd an t-Slànuighir—an Ti sin a bha air a chur ann an slabhraidhean a chum gu 'm biodh sinne saor. Thugamaid buidheachas do Dhia tre ar Tighearna, Iosa Crìosd.

AM MOD

I

CLIU A' BHREITHIMH

“A nis b' e Caiaphas a thug comhairle do na h-Iudhaich, gu 'm b'iomchuidh gu faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh.”—EOIN xviii. 14.

“An sin chruinnich na h-àrd-shagairt agus na Pharisich comhairle, agus thuir iad, Ciod tha sinn a' deanamh? oir tha an duine so a' deanamh mòran mhiorbhuilean. Ma leigeas sinn leis air an dòigh so, creididh na h-uile dhaoine ann; agus thig na Roman-aich, agus sgriosaidh iad ar n-àite, agus ar cinneach. An sin thuir fear àraidh dhiubh d'am b'ainm Caiaphas, air dha bh'i'n a àrd-shagart air a' bhliadhna sin, riu, Cha 'n aithne dhuibh ni sam bith, ni mò tha sibh a' toirt fainear, gur iomchuidh dhuinne gu faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh, agus nach biodh an cinneach uile air a sgrios. Ach cha b'ann uaithe fhéin a labhair e so: ach air dha bh'i 'n a àrd-shagart air a' bhliadhna sin, rinn e fàidheadaireach gu faigheadh Iosa bàs air son a' chinnich sin; agus cha 'n ann air son a' chinnich sin a mhàin, ach a chum mar an ceudna gu 'n cruinnicheadh e an ceann a chéile 'n an aon clann Dhé a bha air an sgapadh. Uime sin o 'n là sin a mach, chuir iad an comhairle r'a chéile chum esan a chur gu bàs.”—EOIN xi. 47-53.

CHUNNAIC sinn an Tighearna air a thoirt mar phrìosonach air beulaibh Ard-Chùirt nan Iudhach. Chì sinn an t-Ard-Shagart mòr—Mac Dhé—air a

Am Mod

thoirt gu bhì air fheuchainn le Ceann sagartachd Lebhi. Ach mu 's gabh sinn beachd air a' Mhòd so, tha e iomchuidh dhuinn eòlas a chur air cliù a' bhreithimh. Gheibh sinn tomhas de eòlas air an duine a tha gus binn a thoirt a mach air Iosa o fhacal a dh' fhàg an Soisgeulaiche againn m'a thimchioll:

“A nis b'è Caiaphas a thug comhairle do na h-Iudhaich, gu 'm b'iomchuidh gu faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh.”

Chì sinn air ball o na briathran so gu 'm bu bhreitheamh eucorach e, oir rinn e suas inntinn roimh 'n àm gu feumadh Iosa bàs fhaotainn. C'uin a thug e mach a' bhinn so? Tha an Soisgeulaiche so fhéin a' deanamh iomradh air (Eoin xi. 47-53). Tha Iosa air miorbhuil mhòr a dheanamh—thog e Lasarus o na mairbh—am fianuis chàirdean agus naimhdean. Cha 'n fhacas a riamh a leithid ann an Israel, agus tha sluagh Dhé agus clann an diabhuil air an gluasad 'n an spiorad. Tha luchd-riaghlaidh nan Iudhach air an gonadh is iad a' cluinntinn iomradh air teagasgan Iosa, agus am meas a tha aig an t-sluaigh air, agus tha iad o àm gu àm a' gabhail fàth air cùis-chasaid fhaotainn 'n a aghaidh. Tha iad a' cur dhaoine seòlta geur-chuiseach dh'a ionnsuidh, a

Cliù A' Bhreithimh

dh'fheuch an cuir iad glas-facail air, no an glac iad e 'n a chainnt, ach is e beagan a tha aca air a shon. Is ann a tha iad fhéin air an glacadh anns an lion a tha iad a' cur air a shon-san. Ach a nise tha an luchd-brath ag innseadh dhaibh gu 'n rinn e a' mhiorbhuil mhòr so, agus gu 'n chreid mòran dhe na h-Iudhaich ann, air dhaibh a' mhiorbhuil so fhaicinn. Tha iad a' dol air bhoil, agus air ball a' gairm coinneamh uaigneach dhe 'n Chomhairle, agus an sin tha iad a' labhart á gamhlas an cridhe :

“ Ciod a tha sinn a' deanamh, oir tha an duine so a' deanamh mòran mhiorbhuilean? Ma leigeas sinn leis air an dòigh so creididh na h-uile dhaoine ann; agus thig na Romanaich agus sgriosaidh iad ar n-àite agus ar cinneach.”

Dé bha r'a dheanamh? Cha robh tim ri chall. B' ann ri aghaidh càs mar sin a thug Caiaphas a bheachd 's a' chomhairle :

“ Cha 'n aithne dhuibh nì sam bith, nì mò a tha sibh a' toirt fainear gur iomchuidh dhuinne gu faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh agus nach biodh an cinneach uile air a sgrios.”

Tha againn ann an so, air an darna làimh, an càs; agus, air an làimh eile, am meadhon fuasglaidh— an t-saorsa—a dheilbh a' Chùirt.

1. Tha iad ann an cunnart am beatha mar

Am Mod

eaglais agus mar chinneach. Ma leigeas iad leis an fhear so creididh na h-uile ann, agus an lorg sin thig léir-sgrìos air teampull agus air cinneach.

Ach na 'n robh iad 'n an daoine cogaiseach cha b' e so a' cheisd a bhiodh 'n a uallach air an cridhe. Bha ceisd na bu chudthromaiche r'an aghaidh: An e so am Messias no nach e? Sin a' cheisd mhòr. Mar dhaoine treibhdhireach is còir dhaibh a' cheisd sin a réiteach an toiseach. Deanadh iadsan sin agus seallaidh gach ceisd eile as a deidh fhéin. Mar dhaoine a tha ann an dreuchd inbheil naomha am measg an t-sluaigh feumaidh iad a' cheisd sin a réiteach air eagal gu faighear iad a' cogadh an aghaidh Dhé. Ma bhios iad treibhdhireach riu fhéin agus ris na Sgrìobturan naomha is e an cuid an aghaidh a chur air a' cheisd agus a rannsachadh gu cùramach an solus na Fìrinn. Tha Iosa fhéin a' togail a chùis gu cùirt an Fhacail, agus is éigin dha luchd-casaid a leantuinn mur h-àill leò an eucoir:

“Rannsaichibh na Sgrìobturan . . . is iad sin a tha toirt fianuis mu mo thimchioll-sa. Na 'n creideadh sibh Maois chreideadh sibh mise, oir sgrìobh esan mu mo thimchioll.”

B' e so a' cheisd mhòr a bha ag agart ceartais os cionn agus air thoiseach air a' h-uile ceisd eile:

Clìù A' Bhreithimh

Is e so am Messias airneo cha 'n e. Is e an gliocas solus na firinn fhaotainn oirre, ge b' e taobh air an tionndaidh e.

(1) Abair nach b' e so am Messias. Nach bu mhòr a' neart dh'an coguis gu 'm b'urrainn dhaibh sin a dhearbhadh dh'an t-saoghal? An sin bhiodh Ard-Cheartas air an taobh is iad a' toirt mealltair agus fear-toibheum gu cunntas follaiseach. Ma 's e duine a mhàin a tha so cuiridh iad an saoghal fo chomain nach bi beag, agus ni iad seirbhis do Dhia na firinn, ma theid aca air sgàil a' mhealltair a reubadh dheth.

(2) Ach, air an làimh eile, ma 's e so dha-rìreadh am Messias, nach uamhasach dhaibh a bhí cogadh an aghaidh Dhé, is e coimhlionadh a gheallaidh air an do bheathaich e Eaglais an t-Seann Tiomnaidh? Cha 'n e sin a mhàin, ach nach diomhain an saothair—a' feuchainn ri Grian na Fìreantachd a chumail gun éirigh? Ma 's e so Aon Ungta Dhé, an àite sgrìos a thighinn air an cinneach, 's ann a bheir e steach buaidh is glòir dhaibh a réir a gheallaidh:

“Feuch m'òglach a chumas mi suas; m'aon taghta anns a bheil tlachd aig m'anam: chuir mi mo Spiorad air; foillsichidh e breitheanas do na cinnich. . . . Bheir mi thu mar choimhcheangal do 'n t-sluagh, mar sholus do na cinnich.”



Am Mod

Ma 's e so an Criosd, cha ruig a leas eagal a bhi orra roimh na Ròmanaich. Cha mhò ruigeas a leas eagal a bhi orra gu 'n sgapar an sluagh. Oir nach robh e sgrìobhta aca le deachdadh an Spioraid :

“Cha dealaich an t-slat rìoghail ri Iudah, no lagh-thabhartair o eadar a chasan, gus an tig Siloh, agus dhàsan geillidh na slòigh?”

Ma 's e so an Criosd, faodaidh iad tàir a dheanamh air gach eagal, ma 's e 's gu faighear iad treibhdhireach ri an coguis agus ri Fìrinn Dhé. Uime sin is e an gliocas a' cheisd so a fhreagart agus a réiteach air toiseach air a' h-uile ceisd eile.

Ach c'arson nach buin iad ris a' cheisd? A chionn nach 'eil iad deònach gabhail ris an t-solus. Tha amharus aca 'n an cridhe nach neach air bith so ach Messias. Na 'm biodh iad treibhdhireach agus amharus a chaochlaidh aca, b'aoibhneach a thogadh iad a' cheisd agus a chuireadh iad i an solus na firinn. Ach a chionn gu bheil eagal orra gu bheil an Fhìrinn 'n an aghaidh, is iad air roimh-bhreith a thoirt air an duine dh'a bheil fuath cho mòr aca, tha iad a' seachnadh na Fìrinn. Cha chòrd nì ri cruas agus ceilg an cridhe ach a radh nach e so am Messias idir—nach 'eil ann ach mealltair agus fear-toibheum

Cliù A' Bhreithimh

—agus air an aobhar sin thug iad a mach binn a bhàis 'n an Comhairle, 's na dorsan dùinte.

2. Ach abair gu 'n robh an t-aobhar ag iarraidh gnìomh cabhagach, an àite rannsachadh cùramach. Dé their sinn mu 'n aobhar a tha iad a' toirt air son an gnìomh :

“Ma leigeas sinn leis, thig na Ròmanaich agus bheir iad leò ar n-àite, agus sgriosaidh iad ar cinneach?”

(1) An robh iad gun cheilg anns a' nì so? An ann dha-rìreadh le eagal nan Ròmanach a thug iad a mach binn cho ana-cneasd air Iosa? A bheil iomradh sam bith air gu 'n robh na Ròmanaich a' fàs an-fhoiseil is Iosa a' cuairteachadh a mhinistrealachd? An àite sin, cha robh guth aig na Ròmanaich mu Iosa, no spéis aca dha, gus an d' thainig na h-Ard-shagairt thuca a ghearain air Iosa agus a dh'iarraidh an cuideachadh gu cur as dha. Tha fhios aig an t-saoghal cho fada 's a bha e an aghaidh càil Philait gnothuich idir a ghabhail ri Iosa. Cha robh ann ach leisgeul agus féin-mhealladh. Na 's miosa na sin, tha e ag an-tromachadh an cionta gu bheil iad a' deilbh sgàil mar so agus iad an comhairle a chéile *anns an uaigneas*. Feumaidh iad dreach reusoin a chur air an droch rùn, araon a chum samhla riarachaidh

Am Mod

a thoirt dh'an coguisan fhéin agus do shùilean an t-sluaigh. A chum na crìche sin tha iad a' deilbh leisgeul na ceilge. Ma 's fhìor! tha cùram mòr orra air son an teampuill agus a sheirbhis—air son an cinneach agus a shaorsa agus a sheasmhachd. Feumaidh iad eud dùthchais a ghabhail mar thrusgan. Cha 'n e mhàin gur cealgairachd a tha an so, 's e tha ann féin-mhealladh leis a bheil iad a' mùchadh an coguisan.

Is e nì diamhair a tha 's a' pheacadh. Feuch nach bi thu air do chruadhachadh le ceilg a' pheacaidh. Tha e cho cealgach 's gu 'n toir e air a' pheacach innleachd a ghabhail air e fhéin a mhealladh.

(2) Ach dé ma bha na daoine ud treibhdhireach—gu 'n robh dha-rìreadh eagal orra na leigeadh iad le Iosa nach b'fhada gus an coisinnadh e dilseachd an t-sluaigh—gu 'n gabhadh iad e mar rìgh—agus an sin gu 'n éireadh an Impireachd Ròmanach 'n a neart mòr, agus gu 'n tugadh i léir-sgrìos air a' chinneach Iudhach? Cuir iad anns an t-solus as fhearr as urrainn dhuit. Ach dé ged a chuireadh? Am fìreanaich sin iad ann a bhì mort a' neo-chiontaich? An gléidh iad fàbhor an Ròmanaich le bhì toirt fearg Dhé m'an claigneann? Agus nach tric a gheibhear daoine a'

Clìù A' Bhreithimh

deanamh an dearbh nì sin? Is àill leo géilleadh do eagal duine na do eagal Dhé. So am peacadh mòr a tha na comhairlichean ud a' cur an gnìomh. Is urrainn an Ròmanach an cuirp a mharbhadh agus tha eagal orra roimhe, ach cha 'n 'eil eagal Dhé orra, ged a tha cumhachd aige an cuirp agus an anaman a sgrìos ann an ifrinn.

Cha 'n 'eil aon chuid diadhachd no tearuinteachd far nach 'eil eagal Dhé. Ma tha eagal Dhé orm, tha mi saor am fianuis dhaoine agus dheamhan. Tha mi tearuinte an làmhan an Tì dh'am buin mi, agus dh'a bheil mi deanamh seirbhis. Ma tha Dia leam cò dh'fhaodas a bhi 'n am aghaidh? So a' cheud cheisd agus a' cheisd mu dheireadh: Thighearna, cìod is àill leat mise dheanamh?

“Is e an Tighearna mo sholus, agus mo shlàinte; cò chuireas eagal orm? Is e an Tighearna neart mo bheatha; cò chuireas geilt orm. Ged champaicheadh am aghaidh feachd, cha bhi eagal air mo chridhe: ged éireadh cogadh am aghaidh, á so nì mi mo bhun.”

Dé mar a chaidh leò? Chuir iad eagal dhaoine roimh eagal Dhé, a chum gu 'n sàbhaileadh iad an teampull agus an cinneach. Ach, mo thruaighe! Is ann a thug iad orra fhéin an dearbh lomchreach roimh an robh eagal orra. B' e an

Am Mod

dearbh ghnìomh leis an do rùnaich iad fàbhor na Ròimhe a ghleidheadh a thug iad thairis fadheòidh do léir-sgrìos an Ròmanaich. Thachair dìreach mar a thuirte beul na firinn :

“Nach faic sibh iad so uile? Gu fìrinneach tha mi ag radh ruibh, nach fàgar clach air muin claiche an so, nach tilgear sìos.”

Chunnaic sinn an càs mu 'n robh a' Chomhairle aon-sgeulach. Chì sinn a nise am meadhon-leasachaidh—an t-saorsa—mar a tha e air a thoirt am follais le Caiaphas :

“Cha 'n aithne dhuibh nì sam bith, nì mò a tha sibh a' toirt fainear gur iomchuidh dhuinne gu faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh, agus nach biodh an cinneach uile air a sgrìos.”

So a' bhinn—cha dean na 's lugha an gnothuich le Caiaphas. Ma tha neach a làthair a tha dhe 'n bheachd gu bheil e dol ro fhada, their Caiaphas : Cha 'n aithne dhuibh nì sam bith. Cha chuir nì ach am bàs crìoch air a' 'mhealltair' ud. C'arson a bhios iom-chomhairle mu 'n chùis? Cha 'n 'eil ann ach 'aon duine'. Nach fhearr cur as dhà-san na gu 'm biodh an cinneach air a sgrìos?

1. Tha e soilleir ged a tha binn an Ard-shagart a' dol fada—mort an neo-chiontaich—gu bheil

Cliù A' Bhreithimh

Caiaphas air an aon bhonn ri càch : Is iomchuidh gu faigheadh aon duine bàs. Tha iad gu léir dhe 'n bheachd gu feumar a' nì a tha *iomchuidh* a dheanamh. Air an aobhar sin, ged a tha Caiaphas a' dol na's fhaide na 's dàna le cuid, cha 'n 'eil neach as urrainn cur 'n a aghaidh. Tha iad gu léir ag iarraidh a' nì a tha *iomchuidh* a dheanamh, a chum nach tig an Ròmanach air am muin. Ma thogas neach a ghuth idir 'n a aghaidh, is ann a chionn e bhi dol air ais air a bhreitheanas, airneo e bhi 'n a dheisciobuil aig a' 'mhealltair'.

2. Cha 'n 'eil dòigh air a dhol air ais air a' nì a tha air a mheas *iomchuidh* mur a togar a' chùis gu solus na fìrinn agus gu 'n rannsaichear an sin i. C'àit an robh Nicodemus? B' e so an dòigh anns an do thog esan a ghuth anns a' Chomhairle air uair eile. Theagamh nach robh e làthair, oir is iongantach mur an robh a cho-chomhairlichean 'g a sheachnadh is amharus aca gu 'n robh taobh aige ri Iosa.

Cha 'n 'eil dòigh aig duine air e fhéin a shaoradh o neach a tha 'g a thoirt na 's fhaide na tha a choguis deònach, ach a' chùis a thoirt fo sholus na Fìrinn : Is e so an Criosd airneo cha 'n e. Dé tha an Sgriobtur ag radh air a' cheisd sin? Air a' bhonn sin a mhàin tha thu sàbhailt. Ma tha thu

Am Mod

deònach a bhi air do riaghladh leis a' ni a tha air a mheas *iomchuidh* is deisciobuil thu do Chaiaphas. Ach dé ma thig na Ròmanaich? Dé ma thig? Is treise Dia na na Ròmanaich. Is leòr do 'n là olc féin. Biodh eagal Dhé ort.

Ach ged nach robh mothachadh aige fhéin air labhair an Spiorad tre bhilean Chaiaphais — is e bha ann fàidhdearachd mhòr air saorsa ghlòrmhor clainne dhé. Tha oibribh Dhé iongantach. Cha b' e so a' cheud uair a labhair e firinnean mòra tre bhilean coimheach. Thainig Balaam a mhallachadh Israel, ach 's ann a bha a bheul air a lionadh le beannachadh. Tre bhilean Chaiaphais tha Dia a' cur an céill beannachadh mòr saorsa a chinnich tre bhàs a Mhic fhéin. Is ann le peacadh a bhi air a mheas do Chrìosd, am fear-ionaid, agus le peanas a' bhàis a bhi air a leagadh air, a tha Israel Dhé air a shaoradh. Anns an t-seadh so cha b'ann uaithe féin a labhair Caiaphas, ach “air dha bhi 'n a Ard-shagart air a' bhliadhna sin, rinn e fàidhdearachd gu faigheadh Iosa bàs air son a' chinnich.”

Tha mar sin Caiaphas a' cur an céill—ged a tha e 'n a dhombhlas 'n a chridhe fhéin—fìor fhear-ionaid, fìor iobairt, fìor Ard-shagart Israeil. Bu cheart an uair a tha Iosa air àicheadh le sagartachd

Cliù A' Bhreithimh

Lebhi gu 'm biodh sin air a dheanamh ann am briathran a tha an Spiorad a' gabhail gu bhi 'g a dhaingneachadh 's 'g a chur an céill—a shagartachd shiorruidh.

Gabhamaid earal no dhà o na teagasgan so :

1. Bi air d'fhaiceall o eagal an-diadhaidh. Is ann tre eagal an-diadhaidh a tha leth nam breugan a tha air an labhart, agus leth nan gnìomharran eucorach a tha air an deanamh, anns an t-saoghal ag éirigh. A bheil eagal uile no calla air duine? Faodaidh e bhi cinnteach nach ann le ceilg is peacadh a shàbhaileas e e fhéin. Cha 'n ann le bhi dùnadh a shùilean air eagal Dhé a bheirear buaidh air eagal duine. 'Thug Saul suas iobairt—nì nach robh còir aig air a dheanamh—gun fuireach ri Samuel, agus eagal air gu 'n cailleadh e a rìoghachd. An uair a thainig Samuel dh'innis e dha gu'n robh a rìoghachd air a reubadh uaithe do bhrìgh a chuid aingidheachd. Bhrath na h-Iudhaich Criosd air eagal nan Ròmanach. Thainig na Ròmanaich agus chuir iad an crann-treabhaidh troimh Shion agus troimh làrach an teampuill.

2. Bi air d'fhaiceall roimh chompanachas an-diadhaidh. Is ann le companachas mì-naomh a tha gu tric an ribe air a suidheachadh leis a bheil

Am Mod

an t-eagal an-diadhaidh air a pheanasachadh. Rinn Caiaphas crochairean dhe chompanaich, agus cha robh e 'n an comas iad fhéin a chur saor o a chumbachd. Seas thusa air bunait na Fìrinn, agus na cum companachas ris an fhear a ni tàir air an fhacal, agus nach gabh an Sgrìobtur mar a riaghailt. Bha Caiaphas fhéin air a chur a mach á dreuchd na sagartachd roimh cheann thrì bliadhna leis an Uachdran Ròmanach.

“Chunnaic mi an duine aingidh ann am mòr chumbachd, agus e 'g a sgaoileadh féin a mach mar ùr-chraoibh uaine. Ach chaidh e seachad, agus, feuch, cha robh e ann ; agus dh'iarr mi e, ach cha d'fhuaras e.”

II

“BHEIREAR DHUIBH 'SAN UAIR SIN FEIN”

“Ach an uair a bheir iad an làimh sibh, na biodh e 'n a ro-chàs oirbh cionnus no ciod a labhras sibh ; oir bheirear dhuibh 'san uair sin féin an nì a labhras sibh.”—MAT. x. 19.

B' e so gealladh Chrìosd dh'a dheisciobuil. B' e so an gealladh a bha air a choimhlionadh

'San Uair Sin Féin

do Stephen, an uair nach b'urrainn a nàimhdean “cur an aghaidh a' ghliocais agus an spioraid leis an do labhair e.” Bha e air a choimhlionadh mar an ceudna do Pheadair agus do Eòin agus do Phòl. Tha e cinnteach gu 'm bi an gealladh ceudna air a choimhlionadh gu saoi bhir do Cheann glòrmhor na h-Eaglais. Tha an Spiorad air a ghealltainn do chlann nan gràs a chum còmhnaidh orra anns gach càs, ach do Iosa bha e air a thoirt thar tomhais. Chì sinn an gliocas agus an ciùneas leis an do ghiùlan Iosa e fhéin an làthair na Cùirte, co dhiùbh bha e labhart no sàmhach.

An *oidhche* anns an do bhrathadh e thug na h-oifigeirean Iosa gu Annas, agus chuir Annas gu Caiaphas e. Chaidh fios a chur gun dàil air buill àird-chùirt nan Iudhach iad a thighinn air ball a chumail Mòd. Bha an là air a thighinn mu 's do chruinnich iad, oir tha Lucas ag radh:

“Agus an uair a bha an là air teachd, chruinnich seanadh an t-sluaigh, agus na h-àrd-shagairt, agus na sgrìobhaichean, an ceann a chéile, agus thug iad esan chum an comhairle.”

Tha e coltach gur ann eadar Iosa a bhi air a thoirt gu lùchairt an àird-shagart agus cruinneachadh na Comhairle a bha e air a cheasnachadh le Caiaphas, an làthair cuid de

Am Mod

oifigeirean a thighe. B' ann aig an àm sin cuideachd a dh'àicheadh Peadair e ann an dòigh cho nàr.

Cia iongantach an sealladh! An dorchadas na h-oidhche tha teachdairean a' ruith a' bhaile a lorg buill na Cùirte agus g'an gairm a chum Prionnsa na beatha fheuchainn agus a dhìtheadh. Tha am prìosonach, is e air a thréigsinn le a chàirdean uile ach le aon fhear a lean e chum beag urram, gu ciùin a' feitheamh gus an suidh a' Chùirt. An so tha Iosa air a chur gu tuilleadh bròin le àicheadh agus mallachadh Pheadair agus fo nàire le ceisdean tàmailteach Chaiaphais :

“An sin dh'fheòraich an t-àrd-shagart de Iosa mu thimchioll a dheisciobuil, agus mu thimchioll a theagasg.”

Am freagair Iosa e? Freagraidh e a thaobh a theagasg, ged nach abair e mòran a thaobh a dheisciobuil. Tagraidh e an cùis-san aig Cùirt Athar, far am faigh e dhaibh falach air am peacaidhean agus maitheanas air son an cionta (Eòin xvii. 6, 8, 19). Tha Caiaphas mar gu 'm biodh e tilgeadh athais air a theagasg. Cha 'n fhuiling Iosa sin dha. Bha e teagasg smior na firinn gu follaiseach—cha b' ann ann an cùil. Cha 'n 'eil aobhar nàire aige air son aon fhacal

'San Uair Sin Féin

a labhair e. Cha 'n ann le teagasgan dorcha diamhair a tha e cur aobhair air adhart:

“Labhair mi gu follaiseach ris an t-saoghal; theagaisg mi a ghnàth anns an t-sionagog agus anns an teampull, far a bheil na h-Iudhaich a' cruinneachadh as gach àit: agus am falach cha do labhair mi ni air bith. C'arson a tha thu fiosrachadh dhiomsa? Feòraich dhiùbhsan a chuala ciod a thuir mi riu; feuch, tha fhios acasan ciod a thuir mi riu.”

Theagaisg e an fhìrinn agus cha toigh leis an fhìrinn a bhi 's an dorchadas. Do 'n mhacanta, do 'n bhochd, do 'n chridhe bhrùite, shearmonaich e maitheanas agus sìth ri Dia. Chuir e an céill saorsa do na braighdeanaich, agus fosgladh a' phrìosoin dhaibh-san a bha ceangailte. Rinn e so uile anns an fhollais—anns an t-sionagog—anns an teampull. B' ann mar sin a rinn e deisciobuil. Ma theagaisg e an dà fhear-dheug is iad leò fhéin b' ann anns na dearbh theagasgan a bha e toirt anns an fhollais. Cha robh aon duine a riamh air a ribeadh no air a ghlacadh le seòltachd gu bhi 'n a dheisciobuil aige. Fiosraich dhiùbhsan. Fiosraich dhe do chuid oifigeirean a thill 's a thog fianuis nach do labhair duine a riamh mar an duine ud.

Mar so tha e a' labhart—a' fireanachadh a theagasg. Tha e fhéin gu bhi air a dhètheadh—

Am Mod

tha e gu bhi air a dheanamh “’n a iobairt air son peacaidh,” ach cha ’n fhuing e gu ’n teid a dhèadh air son a theagasg. Seasaidh sin ann an sùil na gréine—’s ann is glòrmhor’ e. A theagasg! Sin beatha dhaoine—soisgeul na slàinte. Theid néamh agus talamh thairis ach cha teid aon lide a thuirte esan thairis, ’s gur e barantas creidimh nam bochd.

Mar so labhair e, agus ma labhair cha bhi an còrr r’a radh air a’ phuinc. Cha ’n ann mar fhear-teagasg air nithean dorcha diamhair an-amharusach a bhios e air a dhèadh. Feumar cuis-chasaid eile a thogail ’n a aghaidh ma bhios binn air a thoirt a mach ’n a aghaidh.

Mar sin chì sinn gliocas Iosa ann a bhi labhart aig an àm, ’s gun fuireach ’n a thosd.

Cho luath ’s a fhreagair Iosa agus a ghlas shuas air Caiaphas thog fleasgach mì mhodhail thràilleil a làmh agus bhuail e Iosa, ag radh,

“An ann mar so a fhreagras tu an t-àrd-shagart?”

Ciod e ceum a’ ghliocais a nise? An gabh Iosa an tarcuis so ann an sàmhchar? Ma labhras e dé their e? Tha e a’ gabhail na buille ann an spiorad na macantachd. “An uair a chàineadh e cha do chàin a ris; an uair a dh’fhuing e cha

'San Uair Sin Féin

do bhagair.” Ach cha 'n 'eil macantachd an còmhnuidh a' ciallachadh neach a bhi 'n a thosd. Is ann an uair sin a tha feum air gliocas. Is furasd a bhi sàmhach an coimeas ri gliocas a labhras facal an deagh àm ris-san a tha airsneulach, no ris-san a tha mach as an t-slighe. Is còir olc a ghiùlan gun chorruch, ach an còir a ghiùlan gun chronachadh? Nach còir do mhacantas criosdail agus do charthannachd dhiadhaidh a bhi cosmhuil ri facal Dhé fhéin?—

“Tarbhach chum teagaisg, chum spreigeadh, chum leasachadh, chum oilean ann am fìreantachd.”

Cha 'n e bhi sàmhach a tha duilich—faodaidh neach a bhi sàmhach agus fearg a' lasadh 'n a chridhe. Is e tha duilich tarcuais a ghiùlan, agus, ann an spiorad ionracais agus gràidh, briathran a labhart a bheir an ciontach gu mothachadh air olc a pheacaidh—a bheir solus dh'a inntinn—a bheir dùsgadh air a choguis—a bheir leaghadh air a chridhe—a chum aithreachas agus ùmhlachd. Is e so a' nì a tha ag iarraidh gliocas agus caomh-alachd. B' ann air an dòigh so a labhair Iosa, a chronuchadh an uile, a dhearbhadh peacaidh :

“Ma labhair mi gu h-olc, dean fianuis air an olc : ach ma 's ann gu maith, c'arson a tha thu 'g am bhualadh ?”

Am Mod

Mar so, ann an spiorad na macantachd agus a ghràidh, labhair e ri tuigse agus cridhe fear a' mhì-mhodh. Agus cò aige a tha fios nach do ghiùlan an cronuchadh caomh ud a thoradh beannaichte, agus nach robh am fear ud fa-dheòidh air àireamh nan creidmheach a “bhvanaich gu seasmhach ann an teagasg nan abstol, agus ann an co-chomunn, agus ann am briseadh arain”? Co-dhiùbh, nochd Iosa gliocas mòr agus naomh, araon ann a bhi dìon a theagasg, agus ann an cronuchadh an uilc.

Ach a nise, is a' Chomhairle air cruinneachadh, tha e air beulaibh na Cùirt, agus a' cheisd so air a cur air le ùghdaras :

“An tu an Criosd? innis dhuinn.”

Ciod e ceum a' ghliocais a thaobh na ceisde sin? Sin ceisd nach freagair e mar a tha iadsan ag iarraidh, agus c'arson? Tha e a' diùltadh an teagasg a chionn nach 'eil iad ionraic 'n an rùn.

“Agus thuirt e riù, Ma dh'innseas mi dhuibh cha chreid sibh : agus ma dh'fheòraicheas mi ni air bith, cha toir sibh freagradh dhomb, agus cha leig sibh as mi.”

Cha daoine iad a tha gu h-ionraic ag iarraidh solus a chum gu 'n toir iad breith chothromach.

'San Uair Sin Féin

Tha an inntinn agus an cridhe dùinte an aghaidh firinn agus ceartas. Tha iad suidhichte air an olc, agus am binn air a toirt a mach a cheana an aghaidh a' neo-chiontaich. Cha 'n 'eil càil a rùn orra nì a their e riu a chreidsinn. Ma their e gur e dha-rìreadh an Criosd cha chreid iad. Ma chuireas e fhéin ceisd cha fhreagair iad, ach le ceilg. Ghlac iad e a dh'aon ghnòthuich a chum cur as dha, agus air an aobhar sin cha 'n 'eil 'n an ceasnachadh ach fanoid. Cha 'n 'eil càil a rùn orra a leigeadh as—biodh e ceart no mì-cheart.

Freagraidh e a' cheisd so do 'n bhan-Samaritanach, is tart an uisge bheò air a h-anam bochd. Foillsichidh e e fhéin mar an Criosd do 'n duine a rugadh dall, is e a' miannachadh cuspair a bhios airidh air a chreidimh agus a ghràdh. Ach ri daoine mar sud cha bhi comhludair no reusonachadh aige. Mar nach éisd Dia ri ùrnuigh a tha tighinn o chridhe a tha toirt spéis do 'n olc, mar sin tha freagradh air a dhiùltadh orra-san a tha cealgach agus neo-ionraic.

“Tha rùn an Tighearna aig an dream d'an eagal e; agus foillsichidh e *dhaibh* a choimh-cheangal.”

Tha dà sheòrsa dhaoine nach leig Iosa as, aon uair 's gu faigh iad gréim air: iadsan dh'a bheil

Am Mod

e sonruichte am measg deich mìle agus gu léir ionmhuinn—cha sgar plàigh no claidheamh iad sin o Fhear an gràidh—agus iadsan a chruadhaich an cridheachan le ceilg agus gamhlas ifrinneil 'n a aghaidh—cha leig iad sin as e gus an ceus iad e.

A Chaiaphais! a shagart an Dé as àirde, a chealgaire! cha leig *thusa* as Criosd gus an ceus thu e. Cha mhò leigeas *tusa* as e, O shaoghalt-aich! gus an ceus thu as ùr e.

Iacob! a phrionnsa a bhuaidhaich maille ri Dia! cha leig *thusa* as e gus am beannaich e thu. Cha mhò leigeas *tusa* as e, fhior Israelich! gus am beannaich e *thusa* mar an ceudna.

III

“LEAGAIBH AN TEAMPULL SO.”

“Agus dh'iarr na h-àrd-shagairt agus na seanairean agus a' chomhairle uile, fianuis bhréige an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs, ach cha d'fhuair iad i: seadh ged a thainig mòran fhianuisèan bréige, cha d'fhuair iad i. Fa dheòidh thainig dà fhianuis bréige, agus thuirt iad, Thuirt am fear so, Is urrainn mise teampull Dhé a leagail, agus a thogail a rìs ann an trì làithean. Agus air do 'n àrd-shagart éirigh, thuirt e ris, Nach freagair thu bheag? Ciod e a tha iad sin a' toirt am fianuis ad aghaidh?”—MAT. xxvi. 59-62.

Leagaibh An Teampull So

“An sin fhreagair na h-Iudhaich, agus thuirt iad ris, Ciod an comharra a nochdas tu dhuinne, d’ò bhrìgh gu bheil thu a’ deanamh na nithean sin. Fhreagair Iosa agus thuirt e riu, Leagaibh sios an teampull so, agus ann an trì làithean cuiridh mise suas e. An sin thuirt na h-Iudhaich, Sé bliadhna agus dà fh chead bha an teampull so ’g a togail, agus an cuir thusa suas ann an trì làithean e? Ach labhair esan mu theampull a chuirp. Uime sin an uair a bha e air éirigh o na mairbh, chumhnich a dheisciobuil gu ’n d’thuirt e so : agus chreid iad an Sgr. obtur, agus am facal a thuirt Iosa.”—EOIN ii. 18-22.

“Agus thug iadsan a bha dol seachad toibheum dha, a’ crathadh an cinn, agus ag radh, Thusa a leagas an teampull, agus a chuireas suas an trì làithean e, foir ort féin : Ma ’s tu Mac Dhé, thig a nuas o ’n chrann-cheusaidh.”—MAT. xxvii. 39-40.

Chunnaic sinn anns a’ chaibdil mu dheireadh cho glic ’s a ghiùlan Iosa e fhéin air beulaibh Chaiaphais agus a chùirt. Chì sinn an gliocas ceudna anns a’ chaibdil so. Seach nach b’urrainn dhaibh Iosa a ghlacadh ’n a chainnt, no cùis-ditidh fhaotainn ’n a aghaidh as a bheul fhéin ghairm iad fianuisean-bréige ’n a aghaidh.

“Agus dh’iarr na h-àrd-shagairt agus na sean-airean, agus a’ chomhairle *uile*, fianuis bhréige an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs.”

A’ chomhairle *uile*—an robh duine idir ’n am measg anns an robh a dhuinealas gu ’n togadh e

Am Mod

a ghuth an aghaidh na h-eucoir sin, gun a bhì tighinn air a chronachadh? Ach tha e coltach nach robh na fianuisean bréige furasd am faotainn. Cha b'ann a chionn nach robh gu leòr am measg an t-sluaigh a bha deònach gu leòr agus dona gu leòr, ach a chionn nach robh dol aca air còrdadh mu 'n bhréig. Mu dheireadh fhuair iad dithis a thog fianuis :

“Agus dh'éirich dream àraidh, agus thug iad fianuis bhréige 'n a aghaidh, ag radh, Chuala sinne e ag radh, leagaidh mi sìos an teampull so, a rinneadh le làmhan, agus ann an trì làithean, togaidh mi teampull eile, nach do rinneadh le làmhan. Agus mar sin féin cha robh am fianuis a' teachd ri chéile.”

Gus an tuig sinn so gu ceart, thigeamaid gu ar cuimhne air an t-suidheachadh anns an d'thuirt Iosa cainnt mar so. Là is e an cùirt an teampull chunnaic e ni a lion a spiorad le bròn agus a chuir diùmbadh mòr air. Is ann a bha e coltach ri àite féille—reic is ceannach—crodh is caoraich—ceithir thimchioll. Dhùisg a spiorad agus ghabh e sgiùrsadair agus dh' fhuadaich e mach na bha làtnair, agus thilg e thairis bùird an luchd malairt agus thuirt e le ùghdaras rìoghail :

“Togaibh iad sin á so ; na deanaibh Tigh m Athar-sa 'n a thigh-marsandachd.”

Leagaibh An Teampull So

Chuir sin iongantas mòr air an t-sluagh, agus dh'iarr iad comharra air a dhearbhadh dhaibh gu 'n robh ùghdaras aige air so uile a dheanamh. Tha iad ag iarraidh comharra—miorbhuil—a chuireas seula néimh air an ùghdaras a tha e a' cleachdadh a chum 's gu 'n creid iad ann. Bha an t-iarrtus so cho tric 'n am beul 's gu 'n ghabh Pòl e mar chliù sònruichte nan Iudhach: “Tha na h-Iudhaich ag iarraidh comharra.”

So mar a fhreagair Iosa iad: “Leagaibh sios an teampull so, agus ann an trì làithean cuiridh mise suas e.” Tha e soilleir gu 'n rùnaich Iosa diamhaireachd spioradail leis na briathran so—diamhaireachd a chuireadh dearbhadh air breithneachadh spioradail dhaoine. Cha 'n e mhàin gu 'n labhair e so mar chomharra agus mar sheula air a theachdaireachd—bha e mar an ceudna 'n a mheadhon dearbhaidh air cliù spioradail nan daoine ris an do labhair e.

Mar sin is e Criosd e fhéin, 'n a phearsa agus 'n a oifig, an comharra—a' tarruing chridheachan a bha fo bhuaidh gràis d'a ionnsuidh, agus a' toirt buille-thilgte do 'n mhuinntir a bha neo-iompaichte. Dhaibh-san bha e mar “fhreumh a talamh tioram” —do chàch is e “Meangan an Tighearna, sgiamhach agus glòrmhor.”

Am Mod

B' e so an sealladh a fhuair Simeon diadhaidh air a phearsa an uair a thuir e, agus an leanabh Iosa aige 'n a uchd, “Feuch chuireadh an leanabh so chum tuiteam agus as-eirigh mhòran ann an Israel, agus 'n a chomharra an aghaidh an labhrar, chum gu 'm foillsichear smuaintean chridheachan mhòran.” Is comharra e eadhon a chionn gu 'n labhrar 'n a aghaidh, 'n a chumhachd air smuaintean chridheachan fhoillseachadh, agus sin le bhi toirt gu solus am maith agus an t-olc a bha ann an cridheachan dhaoine—cha 'n ann le uil'-fhiosrachd, ach le bhi tighinn ann an dàimh riu a bha 'g an co-éigneachadh iad fhéin fhoillseachadh ann a bhi gabhail tlachd ann airneo ann a bhi labhart 'n a aghaidh.

Mar a bha pearsa Chrìosd 'n a chomharra an là ud tha a shearmonachadh 'n a chomharra an diugh. Tha e 'n a cheap-tuislidh do na h-Iudhaich, do na Greugaich 'n a aimideachd, ach dhaibh-san a chreideas is e gliocas Dhé agus cumhachd Dhé. Do chuid tha e 'n a fhàileadh bàis a chum bàis agus do chuid eile 'n a fhàileadh beatha chum beatha. Tha an dà bhuidh sin leis an t-soisgeul, coltach ris a' mheall o shean, a bha 'n a sholus do Israel, ach 'n a dhorchadas agus 'n a uamhunn bàis do na h-Eiphitich.

Leagaibh An Teampull So

Air an dearbh dhòigh 's a bha pearsa Chrìosd agus soisgeul Chrìosd 'n an comharra bha na briathran a labhair e an là ud 'n an chomharra. Bha dà thaobh orra—do 'n iriosal bha iad làn brìgh agus teagasg, ach do 'n uaibhreach bha iad a' brosnachadh nàimhdeas agus truailidh-eachd—'g an cruadhachadh 'n am fòirneirt agus 'g am peanasachadh leis an tuilleadh doille.

Air an dòigh cheudna, an uair a bheathaich e na còig mìle leis na còig builinnean agus leis an dà iasg, a dh'aindeon a' mhiorbhuil sin dh'iarr an sluagh comharra air a chum gu 'm faiceadh iad agus gu 'n creideadh iad. Fhreagair e gu 'm b'e e fhéin aran na beatha—gu 'n tugadh e fheòil air son beatha an t-saoghail—gu 'm bu bhiadh gu fìrinneach fheòil agus gu 'm bu dheoch gu fìrinneach fhuil—mur a h-itheadh iad fheòil agus mur a h-òladh iad fhuil nach b'urrainn beatha a bhi annta. Rinn na briathran sin fasgnadh air ball. Thréig am mòr-shluagh e, oir is e bha iad ag iarraidh aran nàdurach. Ach is ann a chuir e irioslachd an aon fhear-deug na bu doimhne, oir bha na briathran ud dhaibh 'n an spiorad agus 'n am beatha—is ann a cheangail iad ris e na bu dlùithe mar thobair am beatha. “Cò dh'ionnsuidh

Am Mod

an téid sinn? agad-sa tha briathran na beatha maireannaich.”

“Tha rùn an Tighearna aig an dream d’an eagal e.” Ach is ann a bha na briathran so air an labhart ri dream air nach robh eagal an Tighearna idir, agus air an aobhar sin is ann a tharruing iad a mach am mì-riarachadh a thaobh an ath-leasachadh a bha air a dheanamh air Tigh agus air aoradh an Tighearna. Cha ’n ’eil miann creidimh orra, no miann air comharra a chum a bhí air an neartachadh anns a’ chreidimh. Is ann a tha iad a’ cruadhachadh an cridhe an aghaidh creidimh. Uime sin tha an comharra air a thoirt dhaibh gu cothromach ann am briathran diamhair agus dorch a chum gu ’n tuislich iad ’n am mì-chreidimh.

Ghabh na h-Iudhaich am facal so mar gu ’m biodh iad a’ ciallachadh an teampull claiche a bha air beinn Shioin, agus mar sin labhair iad le tàir agus le toibheum: “Sia agus dà fhichead bliadhna bha an teampull so ’g a togail agus an tog thusa e ann an trì làithean?” Ach ma ’s e miorbhuil a bha iad ag iarraidh dé b’iongantaiche na gu ’n togadh Iosa an teampull a thug ùin cho fada ’g a togail ann an trì làithean. Na ’m biodh e air a radh gu ’n togadh e e ann an ùin ’s an togadh

Leagaibh An Teampull So

duine eile e is cinnteach nach biodh e 'n a chomharra mòr dhaibh. Gidheadh is e an dearbh ghnìomh a bhiodh 'n a fhìor mhiorbhuil agus 'n a chomharra dhaibh a tha iad a' gabhail mar aobhar tàir agus fanoid—ni a tha a' nochdadh foill agus cealg an cridhe.

B' e sin an comharra a rinn iad mar fhàileadh bàis dhaibh péin. Gun a bhi riarichte le bhi toirt call an anama as air tùs—le bhi 'g a dheanamh 'n a aobhar toibheum agus tàir an aghaidh Iosa aig toiseach a mhinistrealachd—tha iad 'g a thoirt air aghaidh a ris aig a' Mhòd, a chum a dheanamh 'n a mheadhon bàis dha. Ach mo thruaighe! is ann a tha e air a dheanamh 'n a mheadhon cruadhachaidh dhaibh péin tre an eas-ùmhachd—'n a chumhachd a tha dha-rìreadh 'g an ullachadh a chum léir-sgrìos agus fearg.

Cò shaoileadh, an uair a rinn na daoine ud fanoid air Crìosd anns an teampull, is e a' cur an céill a bhàis agus as-eirigh, agus le an cuid fanoid a' toirt sgrìos spioradail orra fhéin, cò shaoileadh gu 'n deanadh iad fhéin cuimhne air am fanoid agus an call, an déidh thrì bliadhna, a chum a bhi ag ath-nuadhachadh, agus a' cur na bu doimhne air an anamaibh truailidh, a' bhuaidh mhallaichte leis an do leig iad le dia an t-saoghail so an inntinn

Am Mod

a dhalladh, tre 'n fhìrinn bu chòir a bhi dhaibh 'n a tobair creidimh agus slàinte? Cò chreideadh gu'm biodh daoine a' tarruing orra fhéin an tuilleadh bàis, is Iosa an crochadh air a' chrann, is cumhachd an dorchadais aig àirde, agus toibheum agus nàimhdeas an t-saoghail chiontaich so air ghoil, le bhi tionndadh ris na briathran so a ris? An uair nach do ghabh iad ris an fhacal le urram agus macantachd—an uair nach do ghabh iad ris le miann gu'm biodh a dhiamhaireachd air fhoillseachadh a chum slàinte—an àite sin, an uair a thionndaidh iad e gu bhi 'n a inneal-fanoid, an uair sin chuir iad e ann an làimh Shàtain gu bhi aige mar chlaidheamh lìobhta leis an tionndaidheadh e orra fhéin. Rùisg esan an claidheamh sin a ris agus a ris agus dh'fhàg e lotan bàis aca leis. Bha iad an dùil gur ann 'n an làimh fhéin a bha e gu bhi gus a thoirt a nuas air ceann Iosa, ach is ann a chuir iad e ann an làimh Shàtain, a shàth e 'n an *cridheachan fhéin*.

“Agus air do 'n àrd-shagart éirigh, thuirt e ris, Nach freagair thu bheag? Ciod e a tha iad sin a' toirt am fianuis ad aghaidh? Ach dh'fhan Iosa 'n a thosd.”

“Dh'fhan Iosa 'n a thosd.” C'arson? “Feuch cuiridh mi ann an Sion clach-thuislidh agus carraig-

Leagaibh An Teampull So

oilbheum,” agus ann an sud feumaidh i laighe. Dh'fhan e 'na thosd. Na 'n robh e air cur an aghaidh na casaid, agus air fìor bhrìgh nam briathran a dheanamh soilleir bha e leis an sin air crìoch nam briathran diamhair a mhilleadh—briathran a bha air an labhairt a chum fìor chliù nan daoine a thoirt am follais. Air an aobhar sin feumaidh e bhì 'n a thosd. An uair a bha a theagasg air a thoirt fo mhì-chliù, agus mealladh falachaidh air a chur as a leth, an sin labhair e, a dh'fhìreanachadh a theagasg agus a chur dìon air a dhreuchd mar *fhàidh*. Ach anns na briathran so tha e a' labhart air a dhreuchd mar *shagart*, is e gus e fhéin a thoirt suas mar an t-Uan a chum peacadh a ghlanadh air falbh, agus fàbhor a chosnadh tre dhòirteadh fala—tre ùmhlachd gu bàs. Is ann a nis a tha e an làthair Dhé mar an t-Uan, agus air an aobhar sin feumaidh e bhì 'n a thosd. An uair a tha e air a thoirt mar uan a chum a chasgraidh agus mar chaora an làthair an luchd-lomairt cha 'n fhosgail e a bheul.

Ach nach fhaod sinn a radh gu 'n robh comh-fhurtachd aig Iosa, is e 'n a thosd, air nach robh fhios aig a luchd-casaid? Ann an seadh fìor bha iadsan a' togail fa chomhair, mar ann an sgàthan, glòir as-eirigh fhéin, agus an t-aoibhneas a chuireadh

Am Mod

roimhe. An uair a bha e air a' Chrann, agus a chual' e guth a' ghamhlais agus na fanoid, a' tilgeadh a bhriathran fhéin 'n a aodann: Thusa a leagas an teampull agus a thogas i ann an trì làithean, saor thu féin, nach 'eil e cinnteach gu 'n dheoghail anam mil asda, is iad a' cur 'n a chuimhne comhfhurtachd an Spioraid anns an fhacal:

“Uime sin ni mo chridhe aoibhneas, agus ni mo ghlòir gàirdeachas: gabhaidh m'fheòil mar an ceudna fois ann an dòchas. Oir cha 'n fhàg thu m'anam anns an uaigh: cha leig thu le d'Aon naomh truailidheachd fhaicinn.”

B'ann mar so a dh'ullaich gràdh caomh agus gliocas neo-chriochnach an Athar dha, gu 'm blaiseadh e an uair a bhàis, eadhon ann am fanoid a nàimhdean an-ìochdmhor. mìlseachd agus buaidh as-eirigh

Facal no dhà ann an rathad earail:

1. Thoir an aire nach iarr thu cothrom na 's fhèarr, no barantas as cinntiche, na tha agad a chum creidsinn ann an Crìosd. Ma tha thu ag iarraidh barrachd air na tha agad anns an fhacal is ann a tha e 'n a chomharra gu bheil thu ag iarraidh an tuilleadh leisgeul air son d'as-creidimh. Thoir an aire an uair a tha thu ag iarraidh an

Leagaibh An Teampull So

tuilleadh dearbhaidh nach ann a tha thu a' cur dàil gus an cail thu am beagan a tha agad.

2. Thig gu diamhaireachd an fhacail le inntinn iriosal. Ma 's àill le neach a bhi glic biodh e 'n a amadan a chum gu 'm bi e glic. Tha teagasgan mòra na slàinte na 's àirde na gu 'n urrainn buadhan nàdurra ruighinn orra. Do'n inntinn uaibhreach tha iad diamhair agus aimideach. Is e an t-eu-comas so air a bhi faicinn an glòir agus am maise a tha cur caise air an inntinn fheòlmhor.

3. Bi cinnteach ma tha thu a' diùltadh Chrìosd an diugh gu 'n coinnich sin riut fhathast ann an dòigh a bheir sgrios uamhasach ort. Bidh do thàir agus d'fhanoid air Chrìosd no air aon dhe naoimh air an tasgaidh suas le Sàtan air do choinnigh gus an tig an là anns am bi do chridhe air a thruailleadh buileach, agus an toir e ort gnìomh magaidh as oillteile a dheanamh na rinn thu riamh, agus am bi thu air d'abuchadh fa chomhair dòruinn agus truaighe shiorruidh.

4. Leig le do chridhe foiseachadh, tre chreidimh, le aoibhneas agus sìth air bàs agus as-eirigh an t-Slànuighir. Beathaich air diamhaireachd agus

Am Mod

lànachd na fìrinn ghràs-mhor so: Leagaibh an teampull so agus togaidh mise i ann an trì làithean. Is e Iosa a bha marbh agus a tha beò aon dòchas d'anam fa chomhair siorruidheachd.

IV

GIDHEADH . . . 'N A DHEIDH SO

“Agus fhreagair an t-àrd-shagart agus thuir e ris, Tha mi 'g a do mhionnachadh air an Dia bheò, gu 'n innseadh tu dhuinn an tu Criosd, Mac Dhé. Thubhairt Iosa ris, Thubhairt thu: gidheadh tha mi ag radh ruibh, 'N a dheidh so chì sibh Mac an duine 'n a shuidhe air deas-làimh cumhachd Dhé, agus a' teachd air neoil néimh.”—MAT. xxvi. 63-64.

Tha an t-àrd-shagart air a theannachadh le iom-chomhairle, agus na fianuisean bréige air eas-còrdadh. Tha a' chasaid a thog iad a thaobh leagadh an teampull a' tuiteam as a chéile, agus tha iad an cunnart a bhì air am fàgail le prìosonach 's gun chùis-dìtidh 'n a aghaidh. An sin tha an t-àrd-shagart a' cur Iosa fhéin air a mhionnan:

“Fhreagair an t-àrd-shagart agus thuir e ris, Tha mi 'g a do mhionnachadh air an Dia bheò, gu 'n innseadh tu dhuinn an tu Criosd, Mac Dhé.”

Gidheadh—'N a Dheidh So

Air ball tha Iosa a' freagart, is e fo àithne Athar e fhéin a thoirt suas gu bàs :

“Thuit thu : gidheadh tha mi ag radh ruibh, 'N a dheidh so chì sibh Mac an duine 'n a shuidhe air deas-làimh cumhachd Dhé, agus a' teachd air neòil néimh.”

Tha ann an sin gathan glòire a' soillseachadh an dorchadais, agus a' sealltuinn dhuinn, air an darna làimh, irioslachd agus masladh Iosa, mar phrìosonach aig Mòd dhaoine, agus air an làimh eile, deàlradh a ghlòire an uair a thig e 's a shuidheas e mar bhreitheamh air cathair Athar, agus a bhios na h-uile chinnich air an toirt air a bheulaibh chum breitheanais. Faodaidh binn a' phrìosonaich a bhí air a thoirt a mach an tiota, “gidheadh” tha e a' togail a chùis gu cùirt as àirde, far am bi a luchd-mort air am feuchainn agus am binn air a thoirt a mach. Faodar beachd a ghabhail air freagradh Chrìosd mar a tha e beantuinn ri Iosa fhéin agus ri Caiaphas.

I. A thaobh Iosa: Is e so a chomhfhurtachd an uair a dhitidh. 'Tha e an sud fo mhasladh aig a luchd-casaid--Mac an Aon bheannaichte air a mheas mar gu 'm b'e Mac Bheilial. Ach tha a dhuais a' feitheamh air, an uair a bhios e air a dheanamh 'n a bhreithimh a thoirt breith air uile

Am Mod

chinnich an t-saoghail. An là sin bidh crùn glòire air a chur air an àite a' chrùn droighinn. Bidh an Crann air an d'fhuiling e air a dheanamh 'n a charbad buadha. Leis an t-slabhraidh leis an robh e air a cheangal tha e creachadh uachdranachd agus chumhachd—a' toirt bruid am braighdeanas—a' toirt na creiche o 'n aon làidir—a' briseadh slabhraidhean Shàtain agus a' pheacaidh bhar anamaibh a shluaigh. Tha Mòd nàr Chaiaphais a' toirt àite do Chaithir glòrmhor a' bhreitheanais. A' smaoinichadh air an aoibhneas so tha e deònach an nàire so fhulang.

Cha 'n ann a mhàin mar Mhac Dhé a bhuineas a' ghlòir so dha, tha i gu bhi aige mar *Mhac an duine*. Is e *an duine* Iosa Criosd a bheir breith air na beothaibh agus air na mairbh an là ud :

“Agus thug e mar an ceudna dha ughdarras chum breith a thabhairt, do bhrìgh gur e Mac an duine.”

Sud far an robh an uair iongantach do Iosa! Bha e aig Mòd Chaiaphais, air a dhìmeas agus air a chur air chùl, air a chur fo mhasladh agus àmhghair, air tì a bhi air a dhìteadh agus air a chur gu bàs! Ach smaoinich e air fìreantachd Athar agus air a dhuais fhéin—air an aoibhneas a chuireadh roimhe. Thog e inntinn, ann an

Gidheadh—'N a Dheidh So

cleachdadh a' chreidimh, o chùirt Chaiaphais gu glòir agus rìgh-chaithir Athar, far an robh e fhéin gu suidhe mar bhreithimh na talmhainn uile.

II. Ach cha b'ann dh'a thaobh fhéin a mhàin a labhair e na briathran so—tha iad a' buintinn gu sonruichte ri cor Chaiaphais.

1. Anns a' cheud àite: tha solus annta air son Chaiaphais anns am faod e mòr thròcair fhaicinn. Thug Iosa ceap-tuislidh as a' rathad air. A dh'easbhuidh an t-soluis so dh'fhaodadh e radh, le tomhas de riarachadh dh'a choguis, nach e bha anns a' phrìosonach ud ach mealltair, a bha 'g a mhealladh fhéin agus a' mealladh an t-sluaigh, is e a' cumail a mach gu 'm b'e fhéin Mac Dhé. Oir ciamar a b'urrainn neach a bha air a thoirt cho iosal a bhi 'n a Mhac Dhé? Ciamar a b'urrainn an Criosd, Rìgh Israeil, tuiteam fo leithid a mhasladh—gun urram gun saoihbreas, gun chàirdean gun chumhachd? Na 'm b'e Mac Dhé nach tugadh Athair dha legionan de ainglean g'a chumail á làmhan nan oifigeirean? Mar gu 'n canadh Iosa: Faodaidh mi bhi fo mhasladh agus air mo thoirt glé iosal, gidheadh *is mi* Mac Dhé, agus bidh sin air a dheanamh soilleir fhathast. 'N a dheidh so chì sibh Mac an duine

Am Mod

'n a shuidhe air deas-làimh cumhachd Dhé, agus a' teachd air neòil néimh.

Nach fhaodar fhaicinn ann an so oidhirp ghràs-mhor air fear-na-fòirneirt a shàbhaladh o thuisleadh? Na 'n robh Caiaphas air a shùilean fhosgladh, agus inntinn a chleachdadh air an fhirinn mhòr agus ghlòrmhor so, bha e air a fhéin a shaoradh a ribe an diabhuil. Ma thuit e cha b'ann a chionn nach d'fhuair e solus. Chaidh a shealltuinn dha, iosal agus fo àmhghair 's mar a bha Iosa, "gidheadh" gu 'm b'e dha-rìreadh Mac Dhé, agus gu faiceadh e dearbhadh air an sin le shùilean 'n a dheidh so.

2. Ach cha 'n e mhàin gu 'n do chuir Iosa, 'n a thròcair, solus air a' chùis, a chum cothrom sàbhalaidh a thoirt do Chaiaphas—tha e toirt robhainn shòluimte dha mar an ceudna. Faodaidh tu smaoineachadh, mar gu 'n canadh Iosa, gu bheil an cumhachd a tha agad thairis orm a' dearbhadh nach 'eil 'n a mo bhriathran ach mealladh. Na 'm bu mhi Messias dha-rìreadh, their thu nach fuilingeadh m'Àthair dhuit cron a dheanamh orm—gu 'n co-éignicheadh e thu mo leigeadh as. 'Thoir an aire. Cha 'n ann *a nise* a bhios a' chùis air a dearbhadh air an dòigh sin. Ma 's àill leat faodaidh tu do chumhachd thairis

Gidheadh—'N a Dheidh So

orm a chur an cleachdadh—faodaidh tu Tigh-earna na glòire a dhìteadh 's a cheusadh, ach bi cinnteach gu 'n coinnich e riut fhathast. Tha do rìgh a' tighinn *a nise* macanta agus iriosal :

“Cha dean e strì, agus cha ghlaodh e ; ni mo chluinneas neach air bith a ghuth air na sràidean.”

Cha d' thainig an uair fhathast anns am bi thu air d'fhàgail gun leisgeul, ach *thig* e. Saoilidh tu an diugh nach dean ach cumhachd faicsinneach Dhé do chumail gun do làmhan a dhath ann am fuil Mhic Dhé. Thoir an aire. Cha'n ann an diugh a mhothaicheas tu an cumhachd sin. An diugh gheibh thu do thoil fhéin leat. Faodaidh tu mo dhìteadh agus mo cheusadh. “Gidheadh '*n a dheidh so* bidh sgeula eile agad. Gheibh thu mothachadh air a' chumhachd *an uair sin*. Ged nach gairm mise an diugh air deas-làmh a' chumhachd gus mo chur saor, gidheadh tha mi ag radh riut, is mì an Criosd, Mac Dhé. Tha mi a' togail fianuis ort.”

3. B' e sud uair agus là an dearbhaidh do Chaiaphas. Is mò gu mòr a bha esan aig Mòd na bha Iosa. Is cinntiche a bha Iosa a' toirt breith air Caiaphas na bha Caiaphas air Iosa. An

Am Mod

uair a tha Caiaphas a' dìteadh agus a' cuairteachadh bàs Chrìosd is ann a tha e 'g a dhìteadh fhéin agus 'g a chur fhéin gu bàs. Fhuair e là nan sochairean. Ma rinn e mì-fheum dhiubh dhìt e e fhéin. Tha e deanamh uaill as a chumhachd—tha e mùchadh a sholuis, a choguis, strìth an Spioraid, agus tha Dia a' leigeadh leis. Cha tig Dia eadar e agus a pheacadh. Cha toir Dia air ùmhlachd a dheanamh a dheòin no dh'aindeon—tha a shaorsa aige. Tha e air a chuaiirteachadh le solus agus le sochair. Is e so là a dhearbhaidh dh'fheuch an toir e ùmhlachd do Dhia no nach toir. “Gidheadh, tha mi ag radh riut *'n a dheidh so*. Cuimhnich Balaam! Sheas an t-aingeal roimhe. Labhair an t-ainmhidh, is e air an t-slighe gu féin-dhìteadh agus sgrios. A dh'aindeon sin ghabh e roimhe: gidheadh *'n a dheidh so*.”

Ah, a Chaiaphais! Tha thu an dùil na 'm b'e so an Chrìosd gu faiceadh tu gathanan glòire timchioll a chinn agus claidheamhan lasrach feirge o néimh a chum do bhacadh o 'n pheacadh mhòr. Cha 'n fhaic thu sin *an dràsda*. Gheibh thu do thoil gu dhol cho fada 's is dàna leat anns a' pheacadh: gidheadh *'n a dheidh so* chì thu an dearbh Iosa so a' teachd air neòil nan speur.

Gidheadh—'N a Dheidh So

O anam a tha cur dàil, is tu feitheamh ri àm iomchuidh, no ag iarraidh dearbhadh as soilleire gur e Iosa an Crìosd, no gus an tachair ni miorbhuileach air chor-eigin, gus nach urrainn thu dàil a dheanamh na's fhaide: thoir an aire. Cha 'n fhaigh thu solus no dearbhadh as soilleire na tha agad anns an fhacal. Is e Iosa an Crìosd *a nise*. Faodaidh tu a dhiùltadh—faodaidh tu dearmad a dheanamh air an t-slàinte mhòr—gidheadh *'n a dheidh so*. Ma tha thu glic cha chuir thu dàil na's fhaide ann a bhi 'g a dhlùth-ghabhail thugad mar a tha e air a thairgse gu saor anns an t-soisgeul.

Ma thig thu dh'ionnsuidh Chrìosd le do chridhe brùithte agus le creidimh bidh an t-eadar-dhealachadh as mò dhuit anns an fhacal shòluimte so: *'n a dheidh so*. A bheil thu dha-rìreadh ag iarraidh an Tighearna? A bheil thu ag iarraidh a bhi ag aideachadh còraichean Chrìosd, mar do Rìgh agus do Thighearna? A bheil thu gu h-ionraic ag iarraidh ùmhlachd a thoirt do 'n ghairm: “Thig agus faic”? Ma thà, bi cinnteach gu bheil cridhe Iosa a' dol a mach dh'a d'ionnsuidh. Tha e' g a d'fhaicinn is tu fo 'n chrann fhìge—anns an uaigneas 'g a iarraidh le dùrachd agus

Am Mod

le deòir. A bheil thu a' creidsinn a bhriathran gràs-mhor? Ma thà, their e riutsa cuideachd :

“Gu deimhin, deimhin, tha mi ag radh riut, *'n a dheidh so* chì thu néimh fosgailte agus ainglean Dhé a' dol suas agus a' teachd a nuas air Mac an duine.”

'N a dheidh so! An t-àm beannaichte do 'n chreidmheach—gun aobhar uamhais, gun teagamh. “Le do chomhairle stiùiridh tu mi, agus fa dheòidh gabhaidh tu mi chum glòire.”

Feumaidh tu taobh Chaiaphais a ghabhail ann a bhi diùltadh Chrìosd, no taobh Natanaeil ann a bhi gabhail ris. Tha *'n a dheidh so* aca le chéile. Cò an taobh as àill leat? “An diugh, an uair a ghoirear an diugh” tha do roghainn agad. “Feuch *a nis* an t-àm taitneach; feuch *a nis* là na slàinte.”

V

AIR A DHÌTEADH

“An sin reub an t-àrd-shagart aodach ag radh, gu 'n do labhair e toibheum; ciod am feum tuilleadh a tha againn air fianuisean? feuch a nis chuala sibh a thoibheum. Ciod i 'ur barail-se? Fhreagair iadsan agus thuirt iad, Tha e toillteanach air bàs.”—MAT. xxvi. 65, 66.

Air A Dhìteadh

“An sin reub an t-àrd-shagart aodach agus thuirt e, Ciod am feum a tha againn tuilleadh air fianuisean? Chuala sibh an toibheum: ciod i 'ur barail-se? Agus thug iad uile breth 'n a aghaidh gu 'n do thoill e am bàs.”—MARC. xiv. 63, 64.

Thug freagradh Iosa—a' togail a chùis, agus 'g an gairm gu coinneachadh ris aig a' Chaithir mhòr gheal—am Mòd gu ceann. Tha e ag aideachadh gur e Mac Dhé—'g a dheanamb fhéin co-ionnan ri Dia. Mur a h-é dha-rìreadh am Messias tha e leis na briathran so a' labhart toibheum. Ach cha dhearbh nì air an t-saoghal orra-san gur e am Messias, agus air an aobhar sin cha 'n urrainn iad gun a mheas ciontach de thoibheum.

Mar sin, mar neach aig a bheil mòr spéis do ainm Dhé—mar neach a tha làn eud air son naomhachd agus glòir Dhé—tha an t-àrd-shagart a' reubadh aodaich, mar chomharra follaiseach air bròn agus fearg naomh ri toibheum cho uamhasach, agus a' tionndadh ri buill na Comhairle, tha e ag iarraidh orra am breth a thoirt a mach. Air ball thug iad uile breth 'n a aghaidh, gu 'n do thoill e am bàs.

Mar sin tha Tighearna na glòire 'n a phrìosonach air a dhìteadh, agus fo bhinn a' bhàis. Tionndaidheamaid a thaobh gus am faic sinn an sealladh mòr so—ar Tighearna air a dhìteadh.

Am Mod

Abair gu 'n robh a bhreithimhean ceart ann a bhi diùltadh gabhail ris mar am Messias, bha am binn a réir an lagha. Mur a b' e an Crìosd bha e gun teagamh toillteanach air a' pheanas a labhair Dia le beul Mhaois an aghaidh luchd-toibheum: “Esan a mhaslaicheas ainm an Tighearna cuirear gu cinnteach gu bàs e.” Mar so tha sinn a' faicinn Iosa fo dhìteadh an lagha, agus gun a bhi tighinn air gnìomh eucorach a bhreithimhean, ach a mhàin mar a bha sin 'n a mheadhon fo chomhairle dhiamhair Dhé, amhairceamaid air mar a tha e dha-rìreadh, “air a bhualadh, air a smachdachadh le Dia.”

Dé as ciall do 'n t-sealladh mhòr so—Tighearna na glòire “air a dhìteadh” agus “toillteanach air bàs”? Dé am feum spioradail a dh'fheumas sinn a dheanamh dheth?

Is e a' cheud fheum: Gu 'n dean sinn gréim air tre chreidimh mar an aon mheadhon tre am bi sinne air ar saoradh o dhìteadh.

Tha barantas glòrmhor againn air son so. O m'anam! an robh Iosa airidh air an dìteadh so? Is maith a tha fhios agad nach robh—gu 'n robh e naomh, neo-lochdach, neo-thruaillidh, dealaichte o pheacaich. Agus ciamar a dh'fhìreanaicheas tu Breithimh na talmhainn uile ann a bhi toirt

Air A Dhìteadh

binn a' bhàis air Mac a ghràidh? Faodaidh tu a bhi cinnteach gu 'm fireanaich Dia a chliù fhéin agus a chùmhnannt shiorruidh ann a bhi deanamh a Mhic 'n a iòbairt, am Fìrean an àite nan neo-fhìrean, agus gu 'n deàlraich glòir fhìreantachd tre Chrann-ceusaidh Iosa. Bheir Dia a mach glòir ainme fa chomhair nan saoghal, ach, O m'anam! tha dleasdanas ortsa a bhi fireanachadh a Cheartais ann a bhi cur Chrìosd fo àmhghair air d' shon.

Tha peacadh ann roimh an còir eagal a bhi ort—peacadh leis a bheil daoine a' deanamh dìchill air falach siorruidh a chur air glòir a Cheartais. Is e sin peacadh an as-creidimh: peacadh na h-uair—peacadh a bhi seasamh a mach o Chrìosd, agus a bhi ag iarraidh gnothuich a dheanamh ri Dia 'n a d'anm fhéin—peacadh a tha 'g a do chur anns an t-suidheachadh nach iarr thu gnothuich idir a dheanamh ri Dia.

Am bi e air a radh, O m'anam: air dhuit am Fìrean fhaicinn air a dhìteadh, gu 'n d'fhàg thu Iehobhah gus a “chomhairle” fhìreanachadh mar a b'fhearr a b'urrainn e—gu 'n d'fhàg thu aig an Eaglais a ghabh ri Iosa Dia fhìreanachadh, ach air do shon fhéin nach 'eil diù agad dheth? Gu 'm bu fada sin uait, O m'anam! Thig air ball do 'n Chùirt so, mar pheacach toillteanach

Am Mod

air bàs, agus abair, mar nach biodh aona pheacach bochd eile ann gus a radh: Tha Iosa an so 'n am àite-sa agus mar m'Urras, agus is ann air an aobhar sin a tha an Dia cothromach agus ceart a' fulang gu 'm bi e air a dhìteadh. Leag do pheacaidhean air Uan Dhé—neach a tha e fhéin gun pheacadh idir—a chum gu 'm bi peacadh air a nì a dhìteadh cothromach, agus a chum gu 'm bi binn a bhàis 'n a ghniomh Ceartais.

Is e do dhleasdanas agus do shochair a thighinn tre chreidimh agus seasamh air beulaibh a' Bhreithimh ri taobh Iosa—Iosa am fear-ionaid naomh, agus d'anam peacach am fìor chiontach—a chum gu 'm bi thusa air do mheas 'n a d'aon maille ris-san, agus an sin their thu còmhla ris a' mhuinntir shaorta—iadsan a mhàin a tha fireanachadh dìteadh Iosa:

“Gu deimhin ar n-anmhuinneachd ghiùlan e, agus ar doilghiosan dh'iomchair e: lotadh e air son ar peacaidhean-ne, bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan: leagadh air-san smachdachadh ar sìth, agus le chreuchdaibh-san shlànuicheadh sinne. Chaidh sinn uile mar chaoraich air seacharan: thionndaidh sinn gach aon g'a shlighe féin; agus leag an Tighearna air-san aingidheachd gach aon dinn.”

Is e dleasdanas àrd agus glòrnìhor a thighinn mar pheacach cailte, air mo dhùsgadh agus fo

Air A Dhìteadh

dhearbhadh peacaidh, agus mi fhìn a thilgeadh gu saor, cridheil, le m'uille anam, anns an rùn ghràs-mhor so a tha air a thoirt gu solus ann an dìteadh agus ann am bàs an t-Slànuighir. Is e mo shochair e gu dearbh: ni a tha cho iongantach gu 'm bithinn air mo chuireadh gu saor le Dia—ni a tha sealltuinn gràdh agus truas neo-chriochnach, a tha dol os cionn mo smuaintean-sa mar a tha na néamhan os cionn na talmhainn. Is e mo shochair e, is mi air mo chuireadh le teachdaire na réite pilleadh ri Dia, a chum gu faigh mi sìth agus slàinte o mo thruaighe gu léir.

Ach cha 'n e mo shochair a mhàin e. Is e mo dhleasdanas àrd agus sòluimte cuid a bhì agam ann a bhì foillseachadh fireantachd Dhé gu soilleir—ann a bhì nochdadh gu 'n ròbh Dia fìrinneach agus ceart ann a bhì gabhail an Fhìrean an àite nan neo-fhìrean, agus a' dìteadh agus a' bruthadh Mac a ghràidh mar urras nam peacach. Ni mi sin le bhì creidsinn ann an Iosa: le bhì seasamh air beulaibh a' Mhòid, agus ag radh le féin-dhìteadh agus le gràin: Is mise an ciontach agus tha mi 'g a aideachadh. Ad aghaidh, ad aghaidh féin a mhàin pheacaich mi—gu mì-chéillidh a' toirt dùbhlàn do bhagradh d'fheirge—toilteanach air bàs agus sùil eagallach ri breitheanas. Ni mi sin cuideachd le bhì til-

Am Mod

geadh mo pheacadh, m'aideachadh, mo dhìteadh, air an Fhìrean, is binn a' bhàis, a réir rùn sìorruidh, a' tuiteam air a cheann, a chum gu 'm bi Dia ceart an uair a bheir e breth air Iosa agus ormsa le chéile—gu 'm bi e firinneach agus ceart ann a bhi toirt maitheanas dhomh.

Ma tha mi a' seasamh a mach o Chrìosd, a' diùltadh mo chionta aideachadh, a' diùltadh crìoch a chur air cionta le bhi tionndadh ri Crìosd 's a' gabhail ris mar fhear-ionaid, a chum gu 'm bi mo dhìteadh air a thoirt air falbh le dhìteadh-san, agus a bhàs a' toirt dhomh beatha shìorruidh—ma tha mi a' deanamh sin, tha mi ag radh gu bheil mi coma ged nach biodh Dia air fhìreanachadh a chaidh air son dìteadh agus bàs Iosa Naomh—ged a bhiodh neo-fhìreantachd agus aimideas air a chur as a leth.

Gu 'm bu h-àill leam Dia a ghlòrachadh le bhi creidsinn ann an Iosa. Cha 'n ann a mhàin mar shochair a bhuineas do pheacach bochd a ni aithreachas agus bròn air son peacaidh, ach a chionn gur àrd-dhleasdanas dìlseachd do Dhia a tha ann, agus gu bheil Dia 'g a iarraidh orm.

Na biodh eagal ort, O m'anam, do chionta uile a thoirt a steach fo dhìteadh an Tighearna Iosa. Iarr air Dia do mheas maille ri Iosa—a bhi air do dhìteadh agus air do cheusadh maille ris. Seas

Air A Dhìteadh

ann an Crìosd: is e do sgàil, do dhìdeann, d'àite-falaich. Seas ri thaobh anns a' Mhòd agus an sin bidh a bhinn-san cothromach, do bhrìgh e bhi ann an dàimh urrais riut-sa. Bidh a' bhinn air a toirt a mach gu cothromach *air-san* an sin, agus annsan bidh do *bhinn-sa* air a toirt air falbh. Leis an sin agus an uair sin bidh Dia air fhìreanachadh a thaobh dìteadh Chrìosd, agus tre dhìteadh Chrìosd tha Dia 'g a d'fhìreanachadh-sa.

Mar sin, mar a thuirt Pòl, feuch nach cuir thu gràs Dhé an diomhanas. Mhòthaich Pòl, agus e ag iarraidh fhìreanachadh, na 'n robh e air gabhail seachad air Crìosd, gu 'n robh e a' deanamh na b'urrainn e air bàs Chrìosd a mheas mar ùi diomhain—gun bhrìgh gun bhuidh. Bha sin an aon ùi agus a bhi meas rùn gràs-mhor Dhé mar aimideas agus mar dhiomhanas. A bheil peacadh ann as mò na Crann-cheusaidh Chrìosd a mheas mar aimideas Dhé? 'Tha mi a' deanamh sin an uair a tha mi a' gabhail seachad air Iosa a dh'iarraidh fhìreanachadh agus slàinte. Bidh Dia air a ghlòrachadh anns a' Chrann-cheusaidh, ach beag taing do 'n as-creidmheach air son sin: tha esan a' deanamh na 's urrainn e, is e a' deanamh tàir air Iosa, a chum nach bi glòir air bith aig Dia as an ìobairt mhòr a thug e suas air Calbhari.

Bu mhòr an gliocas agus a' bheannachd gu 'n

Am Mod

cuireadh sinn gu buil mhaith an sgeul aoibhneach a tha againn ann an casaid agus diteadh, ann am bròn agus ceusadh an Tighearna Iosa.

Ann an sin tha Dia agus am peacach a' coinn-eachadh agus air an deanamh réidh ri chéile—ann an sin tha am peacach a' blasad air mìlseachd gràs slàinteil, agus a' faotainn làn chòir air beatha shiorruidh—ann an sin tha na naoimh a' faotainn gràsan an Spioraid a chum an uidheamachadh air son dleasdanas agus sochair anns an t-saoghal—ann an sin tha na naoimh a' faotainn sealladh air tìr a' gheallaidh agus roimh-bhlas air a glòir—ann an sin tha na naoimh a' toirt buaidh air saoghal agus Sàtan—ann an sin tha na naoimh a' toirt buaidh air a' nàmhaid dheireannach, am Bàs—ann an sin tha na naoimh ag ionnsachadh an òrain dhe nach fhàs iad sgìth tre àlaibh na bithbhuantachd.

Rach ann an comhludair ris na naoimh anns a' Ghlòir agus nì iad sgeula dhuit air mar a thug Criosd á prìson iad agus a chaidh iad a steach do 'n t-saorsa a tha ann an Iosa Criosd.

Bha mi aon uair 'n am phrìosonach, their fear aca, ann am braighdeanas aig ana-miann agus aig Sàtan. Ach chuala mi gu 'n robh Criosd 'n a bhraighdeanach ann an slabhraidhean a chum gu 'n tugadh e bruid am braighdeanas. Ghuidh mi

Air A Dhìteadh

air mo chur saor, agus mo shlabhraidhean a bhriseadh le neart a shlabhraidh fhéin, agus tre chreidimh fhuair mi fois agus saorsa.

Bha mi aon uair 'n am dhìobarrach bochd, their fear eile, is m'anam air a thréigsinn, gun chompanach, gun chuideachd spioradail, gun Dia gun dòchas. Ach chunnaic mi gu 'n robh Crìosd air a thréigsinn, le dheisciobuil, le Athair. Chunnaic mi gu 'n robh sin a chum gu 'm biodh truaghan coltach riumsa air a "chruinneachadh" le tròcairean siorruidh, agus air a chur air àireamh teaghlach a' cheud-ghin.

Chunnaic mi Iosa, their fear eile, air a thoirt le an-ìochd gu lùchairt an àrd-shagart, far nach d'fhuair e truas no co-fhaireachdan an uair fheuma. Thuig mi gu 'n robh mar thoradh air an sin, anns an rùn shiorruidh, gu 'm biodh aig peacaich coltach riumsa, ach a bha deònach earbsa ris, ann an ionad naomh an Tì as Airde, Ard-shagart dileas agus tròcaireach, tre am faigheadh e tròcair agus gràs a chum cobhair ann an àm feuma.

Chunnaic mi Iosa air a thoirt gu Mòd, their fear eile, agus fianuisean bréige air an tuarasdalachadh 'n a aghaidh. Chunnaic mi gu 'n robh saoihbheas neo-chrìochnach ann am bochduinn Chrìosd dhaibh-san a ghabhadh ris, agus gu 'n robh so anns an t-saoibheas bheannaichte a bha

Am Mod

mi gus fhaotainn annsan, eadhon nach biodh fianuis air a ghairm 'n am aghaidh is mi 'n a mo sheasamh coimhlionta annsan.

“Agus anns an àm sin, deir an Tighearna, iarrar aingidheachd Israeil, agus cha bhi i ann ; agus lochdan Iudah, ach cha bhi iad r'am faotainn.”

Chunnaic mi Iosa air a dhìteadh agus air a cheusadh, tha fear eile ag radh. A chum gu 'n seasadh e 'n am àite gus a' chrìoch, agus gu 'm biodh e comasach air teàrnadh gu h-iomlan, chunnaic mi nach do thionndaidh e air falbh o dhìteadh. Cha do thionndaidh Tighearna na Glòire air falbh o dhìteadh. Thug Prionnsa na Beatha ùmhlachd do bhinn a' bhàis. Air dhòmhsa a bhi fo dhearbhadh peacaidh—peacadh air coguis agus cridhe—thug mi mo làmh agus mo chridhe do Chrìosd. An uair a dh'iarrar m'aingidheachd cha bhi iad r'am faotainn, mur a faighear iad air Chrìosd. Tha fhios agam nach 'eil dìteadh sam bith do 'n dream sin a tha ann an Iosa Chrìosd.

“Aig cur a Mhic féin do Dhia ann an coslas feòla peacaich, agus 'n a ìobairt air son peacaidh, DHIT F. AM PEACADH 'S AN FHEOIL ; chum gu 'm biodh fireantachd an lagha air a choimhlionadh annainne, a tha gluasad cha 'n ann a réir na feòla, ach a réir an Spioraid.”

S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,
Ar spionnadh e 's ar treis:
An aimsir carraid agus teinn,
Ar cobhair e ro dheas.
Mar sin ged ghluaist' an talamb tròm,
Cha 'n aobhar eagail duinn:
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'
Am builsgein fairg' is tuinn.—*S. xlv. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'
Cha bhi ort geilt no sgàth;
No fòs fa chùis na saighde bhios
A' ruith air feadh an là:
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh
Tha triall an dorchadas:
No fòs fa chùis an uilc a bhios
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xcl. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas
Na fuaim nan uisge garbh';
Is treise Dia na sumainnean,
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

"'N UAIR a rinn a' Roinn-Eorp' bagairt a' dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e 'na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d' éirich iad mar aon duine a' dhìon an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b'è ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

'N uair tha eud an t-saighdeir 'na theine le gràdh tìr' is teach', cha'n'eil crìochan aig dànachd a spioraid, agus cha'n'eil beart arma ris nach sìn e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Rìgh, agus cha'n'eil an coimeas an arm tìr air bith. Bu choir "Tìr nam beann 's nan gleann," bhi na "Tìr nan gaisgeach." . . .

'S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chrìosd bhithear neo-sgàthach anns a' chath. Bitheadh a Cheannard 'na chridhe agus cha bhi crìth ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho'n chòmhrag, oir tha beatha a' Chrìosduidh tèaruint agus tha 'bhuidh cinnteach. Roimh dha dhol 's a' chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir busidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri 'n dòghruinn anns a' bhuidh, agus bithidh sonas bith-bhuan 'nan cridheachan agus aoibhneas sìorruidh air an cinn 'n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar."

Dr Ceanaideach

bha'n Inbhir pheofharan.



HEW · MORRISON

EX · LIBRAIS



PRUDENTIA · PRAE · STAT

